



# LIST OF GAELIC BOOKS

*And Works on the Highlands*

PUBLISHED AND SOLD BY

**MACLACHLAN & STEWART,**

A lib

ation

M'Al

s. d.

M'Le

9 0

Macl

10 6

Mun

1 0

Read

1 0

Stew

3 6

Gaeli

3 6

Gaeli

0 4

GAE

0 6

Atho

USIC.

Celtic

42 0

Gaelic Song Book, "The Highland Minstrel," ...

0 6

Killin Collection of Gaelic Songs, with English translation, and music in both notations,

1 0

*folio*, ... .. 10 0

Macdonald's (Mac Mhaistir Alistir) Songs, 18mo.,

10 0

M'Intyre's (Duncan Ban) Songs, with an English translation of "Coire Cheathaich" and "Ben

2 0

Dorain," 18mo, ... .. 2 0

Mackay's (Rob Donn) Songs and Poems, ...

2 6

Mackellar's (Mrs M.) Gaelic and English Songs,

3 6


Macleod's (Niel) Poems and Songs, ... ..

3 6

Macpherson's "An Duanaire," a New Collection of Songs, etc., never before published, cloth,

3 6

2 0




	s.	d.
Munro's Selection of Gaelic Songs, ...	0	4
... Am Filidh, do., with music, ...	1	0
Ross's (William) Gaelic Songs, 18mo, cloth, ...	1	6
—		
Alleine's Alarm to the Unconverted, ...	1	6
An T-Oranaiche, by Sinclair, 8vo, cloth, ...	10	6
Assurance of Salvation, 18mo, sewed, ...	0	6
Baxter's Call to the Unconverted, 18mo, cloth, ...	1	6
... Saint's Rest, translated by Rev. J. Forbes,	2	6
Beith's Catechism on Baptism, 18mo, sewed, ...	0	1
Beuton, S. Dioghlumean, 'S Na H-Achaibh, ...	1	6
Bible in Gaelic, 8vo, strongly bound in leather, ...	7	6
Bonar's (Rev. Dr H.) Christ is All, 18mo, sewed,	0	3
... God's Way of Peace, cloth, ...	1	0
Buchan's Apples of Gold, 18mo, sewed, ...	0	3
Buchanan (Dugald) of Rannoch's Life and Con- version, with his Hymns, 18mo, cloth,	2	0
... The Hymns, separately, 18mo, sewed, ...	0	3
Bunyan's Come and Welcome, 18mo, cloth, ...	2	0
... World to Come, or, Visions from Hell, cl.,	1	6
... Pilgrim's Progress (three parts), cloth, ...	2	6
... Grace Abounding, 18mo, cloth, ...	2	0
... Water of Life, cloth, ...	1	0
... Sighs from Hell, 18mo, cloth, ..	2	0
... Heavenly Footman, 18mo, cloth, ...	1	0
Burder's Village Sermons, 18mo, cloth, ...	1	6
Catechism, Shorter, 1d. Gaelic and English, ...	0	2
Celtic Magazine, Monthly, ...	0	6
Clark's (Mrs) Three Gaelic Poems, with English translation by Kennedy, ...	0	6
Clarsach Na Coille; a Collection of Gaelic Po by Rev. A. M'Lean Sinclair, ...	6	6
Confession of Faith, fcap. 8vo, cloth, ...	6	6
Dewar's (Rev. Dr) Gaelic Sermons, 8vo, ...	4	4
Doctrine and Manner of the Church of Rome, ...	3	3
Doddridge's Rise and Progress, 12mo, cloth, ...	3	0
Dyer's Christ's Famous Titles, 18mo, cloth, ...	2	6
Earle's Sacramental Exercises, 18mo, cloth, ...	1	6
Edward's (Rev. Jonathan) Sermon, sewed, ...	0	2
Gael (The), a Gaelic Magazine, bound in cloth, for 1876 and 1877, in English and Gaelic, each	3	6
Gaelic Song Book, the Highland Minstrel, ...	1	0
Grant's (Rev. Peter) Hymns, 18mo, cloth, ...	1	6
Guthrie's Christian's Great Interest, 18mo, cloth,	2	0



H.M. 267.

CLEACHDAN

**LUCHD-COMANACHAIDH.**



CLEACHDAN

LUCHD-COMANACHAIDH :

ANN AN DA EARRAINN.

I.

CLEACHDADH A' CHREIDICH, ROIMH, AIG, AGUS AN  
DEICH SUIPEIR AN TIGHEARNA.

II.

GIULAN AGUS CAITHE-BEATHA A' CHREIDICH AN  
DEIGH DHA BHI AIG BORD AN TIGHEARN.

---

LE IABES EARLE, D.D.

---

AIR EADAR-THEANGACHADH O'N BHEURLA

LE

I. MAC DHONUILL.

---

DUNEIDIN :

CLODH-BHUAILTE LE I. & D. COLLIE.

1827.



LAURISTON CASTLE  
LIBRARY ACCESSION

41



# BEAG-EACHDRAIDH

MU THIMCHIOLL

I A B E I S   E A R L E, D.D.

---

BHA an *Leabhar* so mu thimchioll *Cleachdan luchd-comanachaidh* air eadar-theangachadh gu Gaelic air iarrrtus an Ollaidh Urramaich Iain Caimbeul, aon do mhinistearibh Dhuneidin, agus Rùn-Chleireach do'n Chomunn a ta chum eòlas Criosdaidh a sgaoileadh air feadh Gaeltachd agus Eileana na h-Alba. Mar Rùn-Chleireach do'n Chomunn so, thug a dhreuchd e gu dlùth-dhaimh a bhi aige r'a luchd-dùthcha sa' Ghaeltachd, agus gus gach cothrom a ghnàthachadh a smuainich e bhi chum an leas agus am buanachd spioradail; agus tha dòchas

gu'n cuidich an Obair a leanas chum na crìche ceudna a chur air aghaidh.

Chunncas feumail beagan a ràdh mu thimchioll Ughdair dhiadhaidh agus urram-aich an leabhair so. Ach do bhrìgh gu'n d' fhuair e bàs còir is trì fichead bliadhna air ais, agus nach deach meadhona a ghuathachadh ann an àm iomchuidh, chum na nithe sin a bhuineadh d'a Eachdraidh a sgrìobhadh, (nithe air an robh fhios aig cuid do na cairdibh a dh' fhàg e 'na dhéigh, agus a bhiodh taitneach dhoibhsan aig am bheil mòr-mheas d'a sgrìobhaidhean luachmhor,) cha'n 'eil e comasach a nis cunntas fhaotainn ach air ro-bheagan mu thimchioll.

Tha an t-aon chunntas a fhuair Eadar-theangair an Leabhair so d'a thaobh air a chur sìos ann am Foclair-Eachdraidh Mr. Chalmers: Cha'n 'eil an cunntas sin ach ro-ghoiriod, agus a thuille air sin tha e ro-fhàillneach, do bhrìgh nach 'eil e deanamh iomradh air na nithibh sin d'a bheatha bu taitniche leosan a leugh an Leabhar so, agus a fhuair an sòlas agus a' chomhfhurtachd sin uaith a ta e comasach air a thoirt seachad. Neo-iomlan mar a ta an cunntas

so, gidheadh tha na nithe a ta air an cur sios ann airidh bhi air an deanamh aithnichte, agus feudaidh iad bhi air an leugh le toil-inntinn.

San Fhoclair-Eachdraidh a chaidh ainmeachadh, tha e air aithris “ Gu’n d’rugadh an t-Olladh Urramach Iabes Earle sa’ bhliadhna 1676,—gu’n d’ fhuair e ’fhoghlum am measg an t-sluaigh sin aig an robh atharrachadh barail o luchd-aidmheil na creidimh Easpuig,\*—gu’n do shearmonaich e ann an Lunnain os ceann deich agus tri fichead bliadhna, agus gu’n d’ fhuair e bàs ann an 1768, anns an dara bliadhna deug thar ceithir fichead d’a aois.

Ged bha a bheatha ni’s fhaide na tha beatha mhic an duine am bitheanta, cha robh e car *aon mhionaid* a dh’ easbhuidh slainte; agus is gann gu’m biodh mothachadh air bith aig do chràdh, mur tachaireadh dha tuiteam agus a ghairdean a bhris air aon uair. Shearmonaich e gu ruig an t-

\* He was Minister of the Dissenting Meeting-house in Hanover Street, London, and Chaplain to his Grace the Duke of Douglas, who died in Queensberry-House in 1761.

sàbaid mu dheireadh d'a bheatha, agus bhàsaich e gu h-obann 'na shuidhe 'na chaithir, gun uiread caoidh no gearan a dheanamh. Dh'fhan cumhachdan 'inntinn ann am mòr-iomlaineachd gu crìch a làithean; ach dh'fhailnich a shealladh e beagan roimh sin. Bha e comharraichte air son beothalachd agus suilbhireachd a ghnè gu là a bhàis; bha a choladar an dà chuid taitneach, agus chum mòr-bhuanachd dhoibhsan a mheal e; agus bha a ghiulan agus a chaithe-beatha anns gach nì freagarrach do shoisgeul an Tighearn Iosa Crìosd.

“ Ann an toiseach a mhinistireileachd sgrìobh e coimhlion do shearmona aig amanaibh àraidh—cuid duibh air an Searmonachadh ann an Talla Shaltair an Lunnain:—Leabhar air cleachdan luchd-comanachaidh; agus beagan Dhàn ann an Laidinn agus am Beurla. Bha e ro-fhoghluinte anns na seana chananaibh. 'Nuair a bha e os ceann ceithir fichead bliadhna 'sa deich a dh'aois, dh'aithriseadh e cuig fichead ceithreamh, no tuille, o'n chuid a's mò do na filidhibh Greugach agus Romhanach, air dhoibh bhì air an ainmeachadh uair air bith 'na fhianuis.”

Bha e 'na chleachdadh aig searmonachadh air a' cheud là do gach bliadhna do'n mhuintir òg a bha suidhe fuidh a mhinistireileachd. An deigh dha a bhonn-teagasg a leugh air uair àraidh aig an àm so, beagan roimh a bhàs, thubhairt e riusan a bha 'ga éisdeachd, gu'n do shearmonaich e o'n cheart bonn-teagasg, anns a' cheart àite, air a' cheart là, trì fichead bliadhna 'sa deich air ais;—ni ro-chomharraichte ann an eachdraidh ministear; ach ni a b' aithne do'n duine so a thionndaidh gu ath-smuaineachadh iomchuidh, agus gu foghlum dhoibhsan, eadar shean agus òg, a bha 'g a eisdeachd.

O'n t-seanachas a sgrìobh e anns na duilleigibh a leanas, a ta nis air an eadartheangachadh chum Gaelic, tha e ro-shoilleir gu'n robh an t-Ughdar 'na dhiadhar dearbh-ta agus measail. F'had 'sa ghabhas e breithneachadh o'n leabhar so,—leabhar, a's còir a chuimhneachadh, nach 'eil a' tionnsgain air puingean cruaidh agus deacair mu thimchioll chùisean a ta do-thuigsinn,—tha e soilleir gu'n robh am beachd a ghabh e do phrìomh-theagasgan an t-soisgeil a réir nan Sgrìobtur. Tha an earrann sin diubh

a bhuineas gu h-àraidh do'n leabhar so, air an cur sios gu freagarrach, agus le aon-fhillteachd focal Dé. Tha iad air an cumail a mach, cha'n ann air dòigh thioram agus neo-bhrighmhor, ach mar chuspairean beò-chreidimh—a' neartachadh dòchais, agus a' cordadh ri féin-fhiosrachadh nan cridheacha sin d'an aithne ciod e cumhachd na diadhachd.

A thuilleadh air sin, tha deadh riaghailt air a leantuinn anns gach carrann do'n leabhar so; agus tha na reusain, leis am bheil a phrìomh-chùis air a mìneachadh, air an cur an ceill le mòr-eolas, le soilleir-eachd, agus air dòigh a ta ro-fhreagarrach. 'Nuair tha fìrinnean cudthromach an t-soisgeil air an cur sios, cha'n ann air dòigh chruaidh agus do-thuigsinn, ach a reir mar a ta iad air am mothachadh ann am féin-fhiosrachadh a' Chreidich; air an làimh eile, cha'n 'eil fìor-chreidimh air a chumail a mach mar gu'm biodh e co-sheasamh ann am mothachadh neo-chinnteach agus mi-riaghailteach, ach a ta e air a shuidheachadh air bunait fìrinnean sin an t-soisgeil a ta am Biobul a' teagasg, agus a ta

cordadh ri féin-fhiosrachadh an t-sluaigh sin a's mò a ta air an cleachdadh ri cumhachd na diadhachd. Cha'n 'eil teagamh nach iad na nithe sin, (agus buinidh iad gu sonraichte do'n leabhar so) a dh'fhàg e cho priseil aig Creidich do gach ainm fa leth, o na chaidh a chlodh-bhualadh sa' bhliadhna 1707, agus a dh' fhàgas feumail e, tha mi an dòchas, tre bheannachd Dhé, do iomadh linn ri teachd.

Tha Leabhar-cheisd an t-Sacramaint, leis an Olladh Urramach Aindrea Thomson, ro-uisseil dhoibhsan tha 'g ulluchadh a' cheud uair gu teachd air an aghaidh gu bord an Tighearn; agus bithidh e ro-iomchuidh agus gu mòr-fheum an cuideachd an *leabhair* so. Tha a' cheud aon diubh so air a shonrachadh gu bunait eolais a' Chreidich a shuidheachadh, le bhi teagasg do'n t-sluagh tha òg agus aineolach nadur Sacramaint Suipeir an Tighearn,—a mhòr-luach, agus an t-ughdaras leis an do chuireadh air chois e: 'Nuair tha an dara h-aon air a shonrachadh chum gach eagal agus imcheist fhuadachadh air falbh o chridhe an luchd-comanachaidh iriosail agus dhiadh-

aidh,—chum an dòchas a bheothachadh, le bhì cur fa'n comhair meud saobhreis gràis Dhé; agus chum an inntinn fhàgail ni's spioradail, le bhì meudachadh am miann an déigh comhchomunn ni's dluithe ris an Athair, agus r'a mhac Iosa Criosd. Uime sin, feudar a ràdh gu bheil dreuchd fa leth fa chomhair gach aoin do'n dà leabhar so; agus air an aobhar sin is còir dhoibh bhì'n lorg a cheile, chum's gu'm bi aig a' Chreid-each iriosal agus dhiadhaidh gach ni a ta feumail chum eòlas a thoirt da a thaobh an *orduigh* naoimh agus ghlormhoir so,—gach ni a ta feumail chum a threorachadh gu ulluchadh iomchuidh a dheanamh fa chomhair Sacramaint Suipeir an Tighearn, agus chum a stùireadh 'na dheigh sin gu bheatha a chaithe air doigh dhiadhaidh agus mheasarra—chum cliu d'a Shlanuighear beannaichte, agus maith d'a anam neo-bhasmhor féin.



## DO'N LEUGHADAIR.

---

Is muladach an ni r'a smuaineachadh cia mòr an àireamh tha deanamh aidmheil do'n chreidimh chriosduidh, agus gidheadh tha teachd beò an dearmad air Sacramaint Suipeir an Tighearn ; agus mar an ceudna cia tearc an luchd-comanachaidh tha 'g ulluchadh gudichiollach,—ag itheadh agus ag òl gu h-ìomchuidh,—agus a' teachd beò air dòigh tha cordadh ris an aidmheil a rinn iad.

Mu thimchioll na cùise so chaidh mòran a sgrìobhadh ; chuir mise mo chuibhrionn féin ris a' chuid eile, agus tha mi an dòchas gu'm feud mi an leabhar so a chur a mach, gun bhi gabhail mòran orm féin, agus gun bhi cur deadh-obair sluaigh eile an neo-bhrìgh.

Oir, 'nuair tha a' chùis a' luasachadh agus ag iarraidh comhnaidh, cha'n 'eil cron ann a bhi deanamh tuille dichioll,—gu h-àraidh ann an leithid so do ghnothuch, far nach e na meadhona a's cosmhuil a glnàth na meadhona a's éifeachdaich: Ach far am bheil soirbheas leantuinn a mhàin an lorg beannachd Dhé—beannachd nach 'eil air a thoirt seachad an còmhnuidh a reir luach nam meadhona, ach air dòigh shaor agus thighearnail, chum's nach deanadh feoil air bith uail am fianuis Dhé.

Tha e 'na ni do-àicheadh, gu bheil gach seòrsa gnè a ta ann an nadur an duine, agus gach mùth cleachdadh ris am bheil e togairt, a' deanamh caochladh leabhar iomchuidh,—mur 'eil feumail: agus a thuille air sin gu bheil iomadh ni a dh'-fheudas leabhar neo-iunnsaichte a dheanamh ni's fearr agus ni's iomchuidh gu cuid do shluagh a theagasg, na leabhar a's foghlumte agus a's deas-bhriathraich. Seadh, feudaidh e tachairt gu'n leugh neach aon leabhar, o aobhar eigin eile, a bhios

air a bheannachadh gu maith a dheanamh dha, nach b'urrainn do leabhraichean a's fearr agus a's iunnsaichte a choimhlionadh, air dha bhi gun suim no aineolach mu'n timchioll.

Air an aobhar sin sgrìobh mise na duilleigean a leanas, an dòchas ged nach 'eil iad ro-luachmhor annta féin, gu'm feud iad bhi gu mòr-fheum dhoibhsan a leughas iad gu cùramach.



# AN CLAR-INNSIDH.

---

## A' CHEUD EARRANN.

*A' nochdadh cleachdadh a' chreidich, roimh,  
aig, agus an déigh suipeir an Tighearn.*

### CAIB. I.

*An creideach a' faicinn gur e a dhleasdnas*  
*teachd gu bord an Tighearn, . . . 1*

Taobh-d.

### CAIB. II.

*An creideach a' cur roimh teachd gu bord*  
*an Tighearn, . . . . . 6*

### CAIB. III.

*An déigh do'n chreideach bhi air a mheas*  
*iomchuidh leis a' mhinisteir, agus comas*  
*fhaotainn gu Comanach a ghabhail, . 9*

### CAIB. IV.

*An creideach ag ulluchadh fa chomhair*  
*suipeir an Tighearna. . . . . 14*

## CAIB. V.

Taobh-d.

*Am fìor-chreideach aig bord an Tighearn,* 51

## CAIB. VI.

*Am fìor-chreideach an uaignidheas an déigh  
dha bhi aig bord suipeir an Tighearna,* 60

## AN DARA EARRANN.

*Far am bheil am fìor-chreideach air a sheol-  
adh mu thimchioll a' chaithe-beatha, an  
deigh dha Sacramaint Suipeir an Tigh-  
earn a ghabhail.*

## CAIB. I.

*Bhi gabhail atk-bheachd do'r giulan aig an  
t-sacramaint, . . . . .* 89

## CAIB. II.

*A thaobh ar dleasdnais an déigh fein-cheas-  
nachaidh, ma's e is gu'm faic sinn gu'n  
robh ar giulan sa' chuid a's mò iom-  
chuidh, . . . . .* 93

## CAIB. III.

*A' feuchainn ciod e ar dleasdna, ma bha ar*

*giulan uig bord an Tighearn neo-  
iomchuidh, no gun sòlas, . . . . 111*

## CAIB. IV.

*Ag iarraidh bhì gu minic a' gabhail ath-  
bheachd do na nithibh a thachair aig  
an t-sacramaint, chum's gu'n cuir e air  
aghaidh ar leas spioradail, . . . . 117*

## CAIB. V.

*A foillseachadh cìod an tairbhe a ta sruth-  
adh o'n chleachdadh a chaidh mholadh  
dhuinn,—gu h-àraidh a thaobh choth-  
roman ri teachd, &c. . . . . 130*

---

 AN COMH-DHUNADH.

## I.

*Urnuigh iomchuidh air son neach àraidh  
roimh Shacramaint Suipeir an Tighearn, 147*

## II.

*Urnuigh iomchuidh an déigh Sacramaint  
Suipeir an Tighearn, . . . . . 154*





## CLEACHDAN

# LUCHD-COMANACHAIDH.

---

---

### A' CHEUD EARRANN.

CLEACHDADH A' CHREIDICH, ROIMH, AIG, AGUS AN  
DEIGH SUIPEIR AN TIGHEARN.

---

#### CAIB. I.

*An Creideach a' mothachadh gur e a dhleasd-  
nas teachd gu bord an Tighearn.*

“**D**EAN so mar chuimhneachan ormsa!”  
(1 Cor. xi. 25.) 'Se guth mo Thighearn  
a ta ann: agus a chum nach smuainichinn  
gu'n robh an t-ordugh so air a thoirt seachad  
a mhàin d'a dheisciobluibh no do cheud luchd-  
aidmheil a' chreidimh chriosduidh, tha an  
t-Abstol Pol a' dearbhadh dhomh gu bheil e  
gu mairsinn gu crìch an t-saoghail; agus, le  
bhi frithealadh dha, gu bheil an Eaglais gu

bàs an Tighearn fhoillseachadh gus an tig e. Beachdaich, O m'anam! *air na nithibh so.* Am bheil an Tighearn am fagus? An tig e gu h-aithearr? Cia mar a fhreagras mi air mo shon féin san là sin a chionn gu'n do dhearmad mi àithne cho soilleir—àithne nach 'eil air a toirt seachad ann am briathraibh dorcha agus neo-chinnteach, ach a ta air a cur sìos ann am briathraibh cho so-thuigsinn agus cho soilleir ri aon a ta sna scriptionn. “Gun teagamh tha mi ni's amaidiche na duine air bith, agus cha'n 'eil tuigse duine agam.” Dh'aidich mi gu'n robh mor-mheas agam do ughdarras m' Fhear-saoraidh, agus mor-urram d'a lagh; ach cia amaideach mo ghiulan! *Ghluais mi* mar gu'm biodh comas agam an àithne sin a roghnachadh d'am miann leam géill a thabhairt, agus mar gu'm biodh cumhachd air a thoirt domh os ceann reachdan an Ti sin “d'an tugadh gach uile chumhachd air nèamh agus air talamh.” (Mata xxviii. 18.)

Biodh amhluidh ort, O m'anam, agus gabh nàire do d' ghiulan mi-fhreagarach. 'Se Criosd do phrionnsa agus do lagh-thabhartair, no cha'n e. Mur e,—aidich gur ana-creideach thu, agus cuir cùl ri d' bhaisteadh. Ach m'as e,—bi umhal da anns gach ni tha e cur fa d' chomhair, agus an dara cuid, creid nach d' orduich e mar dhleasdanas dhuit esan a chuimhneachadh, no géill gu toilleach dha san ni so cho maith agus ann an nithibh eile.

'Nuair a deir e DEAN so, aon chuid cha'n 'eil e a' ciallachadh a ni a tha e ag ràdh, no cha'n 'eil a' labhairt riutsa, no air doigh

eile tha t' eas-umhlachd gun leisgeul agus ro-amaideach.

An gabh na focail so bhi air am fiaradh? An urrainn innleachd air bith am brìgh a dhoirch-eachadh? Ciod is urrainn DEAN so a chiallachadh ni's lugha na àithne dearbh-chinnteach? no ciod an dòigh air an deanar toil mo phrionnsa aithnichte, chum's gu'n ceangail e mi gu bhi umhal da, ma's e is gu bheil na briathra so gu bhi air am fiaradh, no air an cur an neo-bhrìgh.

Ach am bheil e labhairt riumsa? Nam bithinn a'm' fhior-dheisciobul da, bhithinn gu deimhin an taobh a stigh do chuairt an lagha, agus dh' fheumainn aon chuid bhi a'm' fhear-comanachaidh, no a'm' cheannairceach.

Smuainich, O m'anam, agus na tilg do dhòchas air falbh gu h-obann, chum do dhleasdhas a sheachnadh. Tha e soilleir nach 'eil mi a'm' fhior-chreideach mar bu chòir dhomh a bhi; ach am bheil mi deònach gu'm biodh m'ainm air chall ann an leabhar na beatha? An urrainn domh le m' thoil mo chòir-bhreith a thoirt seachad, agus aideachadh nach 'eil cuibhrionn no crannchur agam ann am mac Dhé? Am b'àill leam gu'n gabhar seachad orm, " 'nuair a chomharaicheas agus a sgrìobhas an Tighearn sios na finneacha?" (Salm lxxxvii. 6.) Feumaidh gu bheil mi a'm' chreideach, no nach 'eil. Ma tha,—buinidh an àithne so dhomh: Agus mur 'eil,—ciod e mi? leanabh feirge agus iochdaran an diabhuil. Agus am bheil an staid so so-fhulang? Thoiream mi féin suas gun dàil do Chrìosd. Na dean moille, O m'anam, air

eagal gu'n glac dioghaltair na fola thu, agus air eagal, ma bhitheas tu mairneileach an diugh, gu'm bi thu cailte am màireach. Mur robh mi gu tur air m'aomadh gu bhi a'm' chriosduidh roimhe so, is mithich dhomh a nis gun tuille dàil, mi fein a thoirt suas gu tulchuisseach agus gu h-iomlan do Chrìosd; agus an sin biodh an ni a rinn mi an uaignidheas air a dheanamh soilleir agus follaiseach aig bord an Tighearna.

Agus a nis, O Thighearn, tha m'uile mhiann a'd' làthair: tha mi faicinn gu soilleir ciod e mo dhleasdanas, agus cha'n fheud mi bhi easumhal ni's faide. O thoir maitheanas domh gu'n do ghluais mi cho fada ann an ceannairc! Fhuair mi cuireadh gu teachd a dh'ionnsuidh do bhuird, agus dhearmad mi gu h-amaideach iomadh cothrom gu m'anama neartachadh, agus a bheathachadh. Bha e air aithneadh dhomh bhi làthair mar chuimhneachan airsan a ta an comhnuidh airidh air cuimhne; agus le m' dhearmad, thug mi araon toibheum do d' ughdarras, agus chuir mi an neo-bhrìgh gràdh an Ti sin "a ghràdhaich mi, agus a thug e fein air mo shòn."

Tha mi toirt buidheachais duit gu bheil cail-eigin do mhothachadh agam a thaobh mo sheacharain, agus is e nis mo rùn-suidhichte gu'm bi suim agam do'n àithne so cho maith is do gach àithne eile. Is leòr an t-àm a chaidh seachad gu'n d' thàinig mi beò ann an dearmad air dleasdanas cho soilleir, agus air dlighe cho glòrmhor. "O sgrìobh so an comhnuidh air clàr mo chridhe!" agus bitheam air mo

dhaingneachadh anns na rùntaibh sin a dhùisg do spiorad fein suas annam; agus a ta do spiorad fein a mhàin comasach air a chumail an cleachdadh.

Tha mi gu deimhin neo-airidh, ach tha mi ag aideachadh faoineachd an leisgeil so an aghaidh àithne cho soilleir. Tha mi neo-airidh, ach cha'n fheud mi uime sin cùl a chur ri d' chaoimhneas. Tha dòchas agam gu bheil mi ann an Criosd, ged is mi an t-anam a's suaraich a bhuineas da; agus air an aobhar sin cha'n fheud mi an t-ordugh sin a leigeil air dichuimhne leis am feud mi "fàs ann an gràs agus ann an eòlas mo Thighearna."

No, ma mheall mi mi féin roimhe so, agus ma shiubhail mi ann an samhladh diomhain, tha mi nis toileach air dùineadh ri tairgse an t-soisgeil,—air aideachadh gu bheil mi thar tomhas an comain saobhreis do ghràis,—agus air gabhail riutsa, Athair, a Mhic, agus a Spioraid naoimh, mar mo Dhia, mo shaoibhreas, agus mo chuibhrionn shiorruidh. Air mo ghlùnaibh lùbta tha mi gabhail ri Criosd mar mo Shlànuighear, agus tha mi a' gairm talaimh agus nèimh 'nam fianuisibh, gu bheil mi, cho fhad 's a's urrainn domh a bhreithneachadh, treibhdhireach sa' chùis so. Agus chuirinn so an céill an làthair do shluaigh; a' guidhe le càil-eigin do dhòchas agus do mhuinghin, gu'n gabhar rium, agus gu'm faighear mi mu dheireadh ann an àireamh nam firean.

O stiùir mo cheumanna sa' ghnothuch so! nochd dhomh an slighe agus an dòigh air an

gluais mi ann, agus thoir sòlas domh sa' chodhùnadh air sgàth toillteanais agus eadar-ghuidhe mo Thighearn agus mo Shlànuighir Iosa Criosd. Amen.

---

## CAIB. II.

*An creideach a' cur roimhe teachd gu bord an Tighearn.*

A NIS, O m'anam, " dh'fhosgail thu do bheul do'n Tighearn, agus cha'n fheud thu dol air t'ais." 'Se t'ath-dhleasdhas dol gu ruig am ministear, a ta mar " stiubhard air na rùnaibh diomhair sin," (1 Cor. iv. 1.) chum's gu'n toir e comas duit teachd a dh'ionnsuidh na cuirme naomh so, ma mheasar leis iomchuidh thu. Na bitheam faoin-nàireach, no idir a'm' chealgair, ach innseam mo staid gu toilleach do m' fhear-iùil spioradail: chum gu'm breitheanaich e mu m' thimchioll gu ceart, innseam dha an fhirinn gu h-iomlan; gu'n bhi gabhail orm fein gu'n d' fhuair mi ni nach 'eil agam, no bhi 'g àicheadh nan nithe sin a fhuair mi. Bhiodh an dara ni dhiubh so 'na mhi-thaing-eileachd ghràineil,—an ni eile 'na mhagadh mi-cheillidh. Ma tha ministear tuigseach agus firinneach agad, fosgail do chridhe dha, agus leig leis do smuainte diomhair a thuigsinn. Innis dha do mhiann, agus aobhar a' mhiann sin: Foillsich dha t'eagal, t'amharus, agus t'eud; iarr air do chuimhneachadh 'na urn-

uigh, agus biodh mor-mheas agad d'a bharail. Ma smuainicheas esan nach 'eil thu iomchuidh gu teachd air t'aghaidh, na gabh fearg, agus na bi fo lag-mhisneach ; ach gabh comhairle uaith, agus bi foighidneach gus am meas e gu bheil thu air do làn-theagasg, agus deasaichte air doigh iomchuidh. Ma their e gu bheil e toilichte leat, na bi an-earbsach d'a thaobh ; ach creid gu bheil e ni's comasaiche air breth cheart a thoirt air do staid na tha thu féin. Ach aig an àm cheudna na bi am barail gu bheil a bhreth neo-mhearachdach : buinidh e d'a Chruithear an cridhe a rannsachadh ; ach tha a bharail-san cho maith ri barail an lèigh a thaobh do chuirp, no barail an fhir-lagha mu thimchioll do mhaoin. Bi firinneach ann ad chunntas mu d' dheimhin féin, agus na gabh curam nach bi esan treibhdhireach 'na bharail. Agus, a thuille air a threibhdhreas, feudaidh dùil a bhi agad ri caoimheas, agus irioslachd, agus iochd uaith, a réir eisempleir an Ard-bhuachail, "a ta macanta agus iriosal an cridhe," (Maia xi. 29.) "neach nach bris a' chuilc bhrùite, agus nach mùch an lion as am bi deatach," (Mata xii. 20.)

O gu'n comhnadh Dia mi, a thug dearbhabh dhomh a thaobh mo dhleasdais, agus a neartaich mi gu chur an gnìomh, gu bhi aonfhillte agus treibhdhireach ! Na toiream oidhearp air mo mhinisteir a mhealladh, oir bhiodh sin da rìreadh toirt oidhearp air Dia féin a mhealladh, aig am bheil a shuilean mar lasair theine ; neach nach 'eil e comasach a mhealladh, do bhrìgh gur aithne dha ciod a ta san

duine, agus air nach feudar fanoid a dheanamh, do bhrìgh gu bheil e 'na Dhia eudmhor. O thoir comas dhomh na nithe a mhothaich mi a chur an céill; faigheam irioslachd inntinn chum is nach bi nàire orm gach amaideachd agus gach neo-iomlaineachd a ta leantuinn ri m'amharus, agus ri m' ioma-chomhairle, a chur an céill; thoir dhomh cridhe so-fhoghluinte chum's nach dean mi tàir air teagasg; cuidich leam a chuimhneachadh ciod an dàimh a ta eadar na bhuachaillean sin agus an "t-Ard-bhuachail agus Easpuig anama," (1 Pead. ii. 25.)

Na deanam tàir air barail *mo mhinisteir* mu m' thimchioll, agus aig an àm cheudna na cuiream mor-chudthrom oirre; a' cuimhneachadh gu'm feud ministeirean gabhail riusan a dhiultas Dia, agus comas a thoirt doibhsan teachd gu bord an Tighearn, mar dhream a ta iomchuidh air co-chomunn a chumail ris an Eaglais, a bhios fathasd air am faotainn neo-iomchuidh air son na cuirme so, a chionn gu bheil iad as eugmhais na culaidh-bainnse.

O stiùir do sheirbhiseach, gu h-eagnuidh, —gu caomh,—agus aig an àm cheudna gu treibhdhireach. Biodh mo staid air a foill-seachadh dha, agus thoir e a leithid do bhreth seachad 'sa dhaingnicheas an t-Ard-bhreitheamh e féin.



## CAIB. III.

*An déigh do'n chreideach bhi air a mheas iomchuidh leis a' mhinisteir, agus comas fhaotainn gu Comanach a ghabhail.*

Bi taingeil O m'anam, gu'n cual Dia guth t'athchuinge. Ghiulain a mhinisteir e féin gu h-eagnuidh agus gu treibh-dhireach do d' thaobh ; thug e misneach dhuit sa' chùis a ta agad san amharc ; gheall e do chuimhneachadh 'na urnuigh ; theagaisg e thu, agus thug e comhairlean iomchuidh ort ; agus cha'n 'eil ni eile an taice riut *a nis* ach thu fein ulluchadh fa chomhair an orduigh naoimh so.

Ach, O faic am bheil do chridhe ceart. Is cridhe cealgach a ta agad r'a riaghladh. Beachdaich ort féin, chum's nach bi do mhaitheas mar neul na maidne, agus mar an druchd mhoch a shiubhlas gu luath air falbh. Cuimhnich an rabhadh a thug am ministeir duit, nach còir dhuit dol mu'n ghnothuch chudthromach so as eugmhais mor-smuaineachadh agus mor-ulluchadh, air eagal gu'n crìochnaich ruintean faoine ann am bordaibh briste, agus ann an cealgaireachd mhalluichte.

Bi faicilleach, O m'anam, air eagal gu'm bi mise air aon do na bheir dearbh do'n fhirinn uamhasach so, ( a dh'innis am ministeir dhomh,) gu bheil mòran do luchd-aidmheil teth a' teachd gu bhi 'nan creidich meagh-bhlàth, agus air uairibh a' tuiteam an comhar

an cinn do shlochd na h-an-diadhachd agus na h-ana-creidimh. Criothnuich 'nuair a bheir thu fa'near gu'm feud do chor fein bhì mar so ; agus thoir air t'eagal do ghreasadh gu bhì ni's dichiollaiche, chum's nach criochnuich thu san fheoil an deigh dhuit tòiseachadh san spiorad.

Gidheadh, na tuiteam an lag-mhisneach. Tha e gun amharus 'na ni cudthromach bhì a'm' Chreideach ; ach is mòr gràs agus tròc-air an Tighearna ; agus is buadhach eadar-ghuidhe m'fhear-saoraidh uile-fhoghainteach, " a ghuidhe air son a dheisciobul nach dìobradh an creidimh iad," (Lucas xxii. 32. ; ) is mòr cumhachd an spioraid naoimh, a choimhd-eas mo ghràsan,—a smachduicheas mo thruaillidheachd,—a chuidicheas leam gus an saoghal a cheusadh, agus gu cur an aghaidh agus gu buadhachadh air an diabhl. Na dichuimhnicheam an t-aobhar dòchais a thug e dhomh a smuaineachadh, mur dìt mo chridhe féin mi air son cealgaireachd a'm' aidmheil agus a'm' bhòdaibh, agus ma dhlùth-leanas mi ri Dia air an doigh a dh'orduich e, gu'n gabh e rium air an uair, agus air dha deadh obair a thòiseachadh annam, gu'n coimhlion e i gu là Iosa Criosd.

Ach, O m'anam, faic, agus a rìs, tha mi 'g ràdh, faic gu'n lean thu an Tighearn " le rùn iomlan do chridhe : " *faic* nach bì do chràbh-adh air an uair mar bhoisge dealanaich ; ach air dhuit do làmh a chur ris a' chrann-araidh, na smuainich ri sealltuinn air t'ais. Thoir fa'near am bonn-teagaisg uamhasach sin, " oir

b'fhearr dhoibh gun eòlas a bhi aca air slighe na fireantaich, na, an deigh a h-eòlas fhaotainn, pilleadh o'n àithne naomh a thugadh dhoibh." (2 Pead ii. 21.) Brosnuicheadh an teagasg so thu gu mòr-dhichioll a dheanamh, ach na b'ann gu t'amharus a dhùsgadh. Is fearr gu mòr nach tigeadh tu air t'aghaidh gu bord a' chomanachaidh, na, an deigh sin a dheanamh, gu'm biodh tu a'd' naomh-threigeach.

Ach, an gabh so do leisgeul air son t'easumblachd? Smuainich, O m'anam, *nan gluais-eadh tu* a réir a' bheachd so, cha bhiodh tu riamh air do bhaisteadh,—cha ghairmeadh tu thu féin a'd' chreideach,—cha cheangladh tu thu fein ri coimhthional diadhaidh,—cha'n eisdeadh tu ri searmoin, agus cha deanadh tu urnuigh; cha tugadh tu seachad deire, agus cha choimhlionadh tu dleasdnas air bith, do bhrìgh gu'n antromaicheadh iad so uile do thruaighe, nan tionndaidheadh tu mach mu dheireadh a'd' chealgar, no a'd' naomh-threigeach.

Air an aobhar sin rach air t'aghaidh ann an neart Chrìosd; na fan air t'ais o bhord do Thighearn, ach ulluich thu féin air a shon; chum, air dhuit bhi a'd' fhear-comanachaidh iomchuidh an so, "gu'm bi thu a'd' fhear-comhpairt do oighreachd nan naomh san t-solus."

Thoir oidhearp air so a choimhlionadh ann an neart a's fearr na do neart fein; a' cuimhneachadh an comhnuidh nach urrainn thu ni maith air bith a dheanamh uait fein, agus mar

an ceudna gu bheil gràs Dhé araon feumail agus uile-fhoghainteach air do shon.

A nis, O mo Dhia, tha mi toirt cliu agus moladh dhuit gu'n do neartaich thu mi gu mo staid a nochdadh do d' mhinisteir; agus gu'n d'aom thu a chridhe gu misneach a thoirt domh le caoimhneas,—mo theagasg le gliocas, agus rabhadh a thoirt domh le fireantachd. O gu'n deanadh do spiorad maith a shaothair éifeachdach, chum's gu'm faigh mi eòlas, agus gu'n gabh mi rabhadh! Tha fios agam air cealgaireachd agus truailidheachd mo chridhe féin; ach is aithne dhomh mar an ceudna do chumhachd-sa, do thròcair, agus t'fhìreantachd. O na deanam aidmheil ghrad, a threigeas mi gu h-obann, no a dhiultas mi a choimhlionadh. Cuidich leam na bòidean, fo am bheil mi gu bhi air mo cheangal, a thuigsinn, chum's gu'm meas mi an costus, agus nach bi mi mar fheartogail amaideach. Cuidich leam beachdachadh air na deuchannaibh agus air na teanntachdaibh a ta an lorg na diadhachd, agus air na trioblaidibh do'm fàg i buailteach mi. Smuainicheam gu dùrachdachd “ gu'm feum mi mi féin àicheadh, agus mo chrann-ceusaidh a thogail, agus Crìosd a leantuinn ma's àill leam bhi a'm' dheisciobul da.”

Gidheadh, na tionndaidheadh aon do na nithibh so mi o mo rùn-suidhichte. O thoir dhomh a leithid do shealladh fagus agus druighteach do'n ghlòir a ta gu bhi air a foillseachadh, agus air a' chorruch agus an fheirg theinnteach a ta feitheamh air na h-ana-creidich; agus cuir bàs agus breitheanas fa m'

chomhair air a leithid do dhòigh, is gu'n sparr iad gu teann air mo chridhe luach m'anama agus diomhanas an t-saoghail so ; chum's gu'n rùnaich mi le m'uile chridhe gabhail ri Criosd, agus dlùth-leantuinn ris anns gach cruaidh-chas a ta 'na lorg ; chum's " gu'm meas mi na h-uile nithe 'nan call air son ro-òirdheirceas eòlais an Thighearn Iosa Criosd." (Phil. iii. 8.) Agus O gu'm b'e so an comhnuidh rùn-suidhichte mo chridhe ! Na leig dhomh tionndadh gu taobh, no dol a chaoidh air seacharan uait. O na leig dhomh pilltinn o t'aitheantan a choimhead ! Na leig dhomh, mar mhae struidheil mi-cheillidh, tigh m'athar a threigsinn, no 'theachd-an-tìr a mheas mar ni gràineil. O na leig dhomh Criosd àicheadh no a dhearmad, neach is coir dhomh gu durachdach a chuimhneachadh agus aideachadh mar mo Thighearn agus mo Dhia. Na leig leis an spiorad neoghlan dol a steach annam a rìs, agus sealbh a ghabhail air m'anam a ta mi a' coisreagadh mar theampull do'n spiorad naomh. Tha mi air mo lionadh le h-eagal, agus tha mi eudmhor mu m' thimchioll féin ; ach cha'n 'eil mi dh'easbhuidh dòchais, agus cha'n 'eil aobhar air bith agam a bhi an-earbsach á Dia. Is leòir do ghràs air mo shon ; O, " air sgàth t'ainme féin stiùir agus treoraich mi ; cuir t'eagal ann am chridhe, chum's nach imich mi air falbh uait !"

A Thighearn, na leig do chealgaireachd mo chridhe féin, no do churam an t-saoghail so, no do bhuaireadh an droch spioraid, mo rùn gu

teachd a dh'ionnsuidh do bhuird a bhacadh :  
 Thoir dhomh a leithid do bheachd a thaobh  
 mo dhleasdais 'sa chuireas mìle leisgeul air  
 chùl; agus a leithid do dhòchas ann ad  
 chomhnadh gràs mhor agus ann ad dheadh-  
 ghean taitneach 'sa dh'fhògras m'uile eagal  
 air falbh.

Gidheadh na leig dhomh teachd air m'agh-  
 aidh gu mi-ìomchuidh ! Na itheam agus na  
 òlam breitheanas domh féin ! Saor mi o'n olc  
 uamasach a cheusas agus a chuireas gu nàire  
 fhollaiseach an t-Iosa sin do'm bheil m'anam,  
 a reir mo bharrail, a' toirt gràidh, agus a ta  
 mhiann orm a chuimhneachadh, aideachadh,  
 agus àrdachadh le mor-urram. Na leig dhomh  
 mì-shonas nimhneil a tharruing o'n lòn a's  
 beartaiche agus a's iocshlaintiche; agus an  
 uair tha mi teachd air son beannachd, bhì  
 giulan mallachd air falbh leam. Amen, air  
 sgàth Iosa.

---

#### CAIB. IV.

*An creideach ag ulluchadh fa chomhair Suipeir  
 an Tighearna.*

THOIR fa'near, O m'anam, gu bheil an là sam  
 bheil mi gu mi féin a nochdadh aig bord an  
 Tighearn am fagus. 'Se mo dhleasdnas ull-  
 uchadh a dheanamh chum's gu'm bi mi a'm'  
 aoidhe taitneach, agus a'm' fhear-comanach-  
 aidh ìomchuidh. ULLUCHADH A DHEANAMH !

Ged tha a' chainnt goirid, tha i farsuinn ; agus ma dh'fhiosraicheas mi, chi mi gu bheil i a' ciallachadh tuille saothair na ghabhas domh-lachadh ann an ionad cumhann, no deanamh le beagan strì. Uime sin is coir dhomh beagan do m' aimsir a chur air leth o m' ghnothuichibh saoghalta, chum's nach dean tuiteamas air bith a thig a'm' chrannchur m' fhàgail as eugmhais cothrom gu ulluchadh fa chomhair na cuirme glòrmhoir so, agus a thoirt orm aon chuid a' chuirme a sheach-nadh, no a bhi dh'easbhuidh trusgain na bainnse.

Agus, O m'anam ! cuir thuige thu fein ; biodh do bhuaidhean uile air an gnathachadh. “ Ciod air bith a gheibh thu r'a dheanamh, dean e le t'uile dhichioll ; ” chum's nach bi an aimsir sin a ta thusa a reir coslais ag ath-cheannach gu coguiseach, air a caitheamh ann an diomhanas mi-chiatach.

Faic, ann ad dhiomhaireachd gu'm bi thu da rìreadh an uaignidheas ; faic nach lean *curam* an t-saoghail so thu do d' sheòmar ; nach teid do smuainte air itealaich an déigh nithe talmhaidh, agus nach fàg thu a mhàin ach corp gun chridhe a riarachadh do Dhia. Mur bi do chridhe air a shuidheachadh air an obair tha romhad, cha bhi ann ad dhiomhaireachd ach diomhanas gun bhrìgh ; no ma thalaidheas an saoghal thu seachad air do dhleasdhas, cha bhi do sheòmar ach mar thigh-cunntas uaignidheach dhuit.

Deanam deas a nis, O m'anam, air son ull-uchaidh. Cuiream an céill mo rùn, chum's nach bi mi an teagamh ciod an doigh air an coir dhomh gluasad ; ach gu'n teid mi air m'

aghaidh gu riaghailteach, a dh'easbhuidh an eas-orduigh sin ann am smuaintibh, a lughdaicheas toil-inntinn agus buannachd na h-oibre.

Tha iomadh freumh a' sìneadh a mach o'n ghnothuch sin do'n goirear ULLUCHADH. Ach mu'n labhair mi mu nithibh àraidh, b'àill leam bhi cinnteach gu bheil mi faicinn mòr-fheumalachd an dleasdais sa' choitchionn; a bhrosnuicheas mi gu tuille curaim agus stòldachd ann an cùis tha airidh air gach uile chùram.

Chum na crìche so, thoir fa'near gu'm feum fear-comanachaidh neo-ulluichte bhi 'na fhear-comanachaidh neo-ìomchuidh. Agus tha cunnart bhi 'g itheadh agus ag òl gu neo-ìomchuidh air a chur an céill le Pol ann am briathraibh uamhasach; tha leithid sin do neach "ag itheadh agus ag òl breitheanas da féin."

BREITHEANAS! Criothnuich, O m'anam, 'nuair a smuainicheas tu air an ni uamhasach so! Gun teagamh bu choir d'a so crith-fhuachd a ghinntinn a'm' fheoil, agus uamhunn ann am spiorad. An urrainn do theangadh air bith a chur an céill,—an urrainn do thuigse air bith a chnuasachadh meud an doilgheis a ta am focal a' foillseachadh? Ciod air bith doigh air am mìnich eadar-theangairean e, cha ghabh am bagradh toirt air falbh; cuiridh tairneanach a' bhagraidh so spiorad anmhunn ann an dian-oibreachadh agus ann an cruaidh-ghleachd; air a' chuid a's lugha druighidh e gu mòr air.

Cha'n 'eil bhi 'g itheadh agus ag òl breitheanas a' ciallachadh bheag ni's lugha na bhi



tuiteam fo chorruch an Dhé bheò: Agus cò aig am bheil fios ciod e bhì 'na chuspair d'a fheirg-san;—tha “ beatha 'na dheadh-ghean,” agus tha a chorruch nì's miosa na 'm bàs. Ma dh'itheas agus ma dh'òlas mi gu neo-iomchuidh, 'se buillean aimsireil an nì a's lugha ris am feud dùil a bhì agam: tha mi an cunnart buillean spioradail, agus a' toiltinn dioghaltais shiorruidh. Tha e fìor gu bheil maitheanas aig Dia; ach am peacaich mise do bhrìgh gu'n dè mheudaicheadh gràs? Air an doigh sin, dh'fheudainn buanachadh *ann am pheacaibh* a dh'aindeoin nam briathra sin, “ air luchd-striopachais agus adhaltrannais bheir Dia breth;” no dh'fheudainn bhì cur ri aingidheachd ro-ghràineil, do bhrìgh gu bheil Dia “ maith agus pailt ann an tròcair.”

Gidheadh, cha chum an smuain so air ais mi o m' dhleasdhas; oir air a' cheart bhonn so, feumaidh mi sgar do éisdeachd do bhrìgh gu'n an-tromaich sin mo dhètheadh, ma bhios mi eas-umhal. “ Tha urnuigh nan aingidh 'na gràineileachd; seadh is peacadh treabhadh nan droch dhaoine:” agus air an aobhar sin an treig mise seirbhis fhollaiseach an Tighearn? No an dearmad mi dleasdhas mo ghairm shonruichte?

Ach, O m'anam, druigheadh an smuain so ort, air dhoigh is gu'm beothaich e do dhìchioll, chum's gu'n tig thu gu bord an Tighearn mar fhear-comanachaidh iomchuidh, agus gu'm pill thu “ a' deanamh gairdeachais ann an Dia do shlainte.” Cuireadh dòchas an nì so beatha a'd' dhìchioll. Smuainich, agus smuainich à rìs cia mòr a' bhuannachd

tha 'g eirigh o bhi gabhail an t-sacramaint air doigh iomchuidh! Ciod na briathra a's urrainn an sonas beannaichte sin a chur an céill a ta sruthadh o fheitheamh bunailteach aig bord an Tighearn!

Feudaidh dùil a bhi agam gu'm bi mo chreidimh air a neartachadh le bhi beachdachadh air fulangas mo Shlànuighir; Feudaidh dòchas a bhi agam gu'm bi mo ghràdh air a lasadh suas le bhi cuimhneachadh air gràdh costail *mo Thighearn*;—mo rùn-suidhichte air a dhaingneachadh;—m'inntinn air a deanamh ni's spioradail;—agus mo chomhludair ni's riaghailtiche. Feudaidh gu'n tachair mi ri sìth thaitneach agus comhfhurtachd laidir; seadh ri aoibhneas gairdeachail, “aoibhneas air dol thar labhairt, agus làn do ghlòir;” (1 Pead. i. 8.) ni-eigin a bhios 'na ìocshlaint domh am measg uile thrioblaidean na beatha so, agus mar an ceudna ann an cruaidh-ghleachd a' bhàis. An sin feudaidh gu'n tachair mi ris-san do'm bheil gràdh aig m' anam, agus gu'm faigh mi a leithid do chomhara air a ghràdh'sa ni cuimhne a' ghràidh sin 'na chuir m'haireannach dhomh.

Ach gidheadh ma bhios mi féin treibhdhreach, cha bhi mi gu tur air mo mhealladh; “cha bhi mo shaothair diomhain anns an Tighearn.” Geibh mi maith fìor; agus ged nach mothaich mi e air an uair, gidheadh bithidh e cinnteach. Buainidh mi an ni a shìolchuir mi, ged nach 'eil e am fagus. Bithidh am fogharadh cinnteach, ged bhi e fadalach; agus an sin geibh mi mòr-dhuais air son gach

saothair a rinn mi aig àm cuireadh an t-sìl.

Thig uime sin, O m'anam, eirich agus bi dichìollach : na caomhain saothair air bith an cùis a ta airidh air t'uile dhichìoll, agus a bheir luach-saoithreach maith dhuit. Agus a chum's nach coimhlion thu an obair gu mi-churamach tog suas do chridhe a dh'ionnsuidh Athar nan spiorad, oir as eugmhais a chomhnaidh thròc-airich cha'n urrainn duit bheag a dheanamh.

O mo Dhia, tha deasachadh cridhe an duine a' teachd uaitse. Do'n ni so tha mi 'g iarraidh leithid do mhothachadh fhaotainn, 'sa bheir mi gu guidhe gu dùrachdach gu'm bi mi air mo neartachadh chum mi féin ulluchadh fa chomhair na cuirme sonraichte so.

O dùisg suas a'm' chridhe mor-mhothachadh do chunnart an t-sluaigh sin tha teachd gu neo-iomchuidh, chum's nach giulain mi mi féin air doigh neo-mheasarra do d' thaobhsa, a ta a'd' Dhia naomh agus eudmhor ! Treòraich mi gu beachd iomchuidh a ghabhail air a' bhuannachd a mheallas gach neach a thig air aghaidh air doigh iomchuidh, chum's nach peacaich mi a'd' aghaidh-sa, agus nach mill mi m'anam féin le giulan dearmadach. stiùir mi anns gach gach ceum tha mi a' siubhal ;—soillsich m' inntinn ;—cuir mo chridhe am farsuinneachd ; tog suas m'aigne ;—cum air falbh am buaireadar ;—smachdaich mo thruaillidheachdan ;—agus neartaich mi fa chomhair gach dleasdhas tha romham, chum's gu'm faigh mi dearbh-bheachd air son maith, gur e do rùn-sa coinneamh a chumail rium, agus mo bheannachadh aig a' chuirn naoimh

so. Tha deadh-ulluchadh 'na ni ro-chudthromach; "ach is leòir do ghras-sa dhomh; biodh do chumbachd air a dheanamh foirfeam' anmh-uinneachd," agus dhuitse bheir mi a' ghlòir.

§ 3. Tha aon do na h-Abstolaibh ag ràdh, "Ceasnaicheadh neach e féin, agus mar sin ith-eadh e." Thig uime sin, O m'anam, gairm thu féin gu cunntas, am bheil thu air dòigh air bith air do dheasachadh a reir an deasachaidh sin tha Dia cur fa chomhair luchd-comanachaidh.

Am bheil eòlas agam "a dheanamh aithne air corp an Tighearn?" Am bheil mi tuigsinn nàdur agus crìoch an Orduigh so? An do shaothraich am ministear gu diomhain do m' thaobh 'nuair a dh'fhoillsich e brìgh nan rùn-diomhair so dhomh? An d'thug gach ni a leugh agus a chual mi eòlas cuimseach dhomh mu thimchioll na cùise so? Tha fhios agam gu'm feud duine eòlas gu leòir a bhi aige agus aig an àm cheudna itheadh agus òl gu neo-ìomchuidh; gidheadh as eugmhais tomhas àraidh do thuigse cha'n urrainn e bhi 'na fhear-comanachaidh taitneach.

Uime sin, am bheil "eòlas agam a dheanamh aithne air corp an Tighearn?" Am bheil mi a' tuigsinn gur e an corp a ta air a chiallachadh an so le samhladh, nadur daoineachdail mhic Dhé—"Thighearna na glòire," (1 Cor. ii. 8.) "leis an do chruthaicheadh na h-uile nithe, agus air son an do chruthaicheadh iad," (Col. i, 16, 17.) agus leis am bheil iad air an cumail suas? Cia iongantach gràdh Dhé nach do chaomhain aon-ghin mhic féin! Cia cumhachdach esan a ta comasach air gach neach a thig

a dh'ionnsuidh Dhé tridsan, a thearnadh gu h-ìomlan ! Ciod an toillteanas neochriochnach a ta 'na umhlachd ! Ciod na feartan neochriochnach a ta 'na fhuil iocshlainteach !

Am bheil mi tuigsinn nadur cumhnaint an t-soisgeil—cumhnant nan gràs, do'm bheil na sacramainte 'nan seulachaibh ?

Am fios domh cia mar a chaidh an ceud chumhnant a bhriseadh ? An aithne dhomh ciodian staid thruagh sin gus an d'thugpeacadh ar ceud sinnseara an ginealach chailte ? Cia mar chunnaic Dia ìomchuidh, 'na thròcair neo-chriochnach, coimhcheangal nuadh a dheanamh tre Fhear-saoraidh, leis an do shol-air e air son a ghlòire féin, agus air son sonais an duine ? Am bheil mi tuigsinn cò e an t-Eadar-mheadhonair ? Agus ciod iad beannachdan agus geallanna a' chumhnaint so ? Leugh le cùram an cunntas a ta againn mu'n timchioll anns an Litir chum nan Eabhruidheach. (Caib. viii. 10—12.)

Am bheil mi tuigsinn an daimh anns am bheil an t-ordugh so a' seasamh do'n chumhnant sin :—gu'n robh e air a chur air chois leis an Eadar-mheadhonair d'an tugadh, “ gach uile chumhachd air nèamh agus air talamh ; ” gu'n robh e air a shonrachadh a chur an céill nam beannachdan a choisinn e,—an doigh air an robh iad air an cosnadh, agus leis am bi iad air am frithealadh ; gu bheil mi aig bord an Tighearna chum a bhàs fhoillseachadh ;—gu bheil an t-aran briste a' foillseachadh a chuirp a chaidh a bhriseadh air ar son ; agus gu bheil am fion a' foillseachadh “ 'fhola

Iuachmhoir a chaidh dhoirteadh air ar son, leis an deach, cha'n e mhàin maitheanas peacaidh, ach gach beannachd eile a ta air an gealltuinn san t-soisgeul, a chosnadh agus a dheanamh cinnteach do'n fhior-chreideach ;—gu bheil bhi 'g itheadh do'n aran sin, agus bhi 'g òl do'n chupan sin, a' ciallachadh bhi teachd beò tre chreidimh airsan a ta do'n anam nis mò na ta aran, lorg na beatha, agus fion a bheir subhachas do'n chridhe, do chorp an duine ?

Am bheil fhios agam cia mar a ta *an t-ordugh so* a' seulachadh a' chumhnaint do gach neach a ghabhas e gu h-ìomchuidh ;—cia mar tha Dia, le so, g'a cheangal féin gu bhi 'na Dhia dhoibh, gus am peacanna a dhubhadh as, —an anama a naomhachadh, agus an toirt mu dheireadh gu sonas agus glòir shiorruidh ?—Cia mar tha iadsan, le so, g'an ceangal féin ris an Tighearn,—a' gabhail gu toilleach ris gach ni tha e tairgse,—agus gu suilbhir a' deanamh gach ni tha e 'g iarraidh ? Gu bheil sinne, le so, a' fosgladh ar beoil do'n Tighearn, agus a' toirt bòid gu'n naisg sinn sinn féin ris ann an coimhcheangal siorruidh, nach leigear air dichuimhne ; a' gabhail ris, agus 'g ar toirt féin suas dha.

An aithne dhomh ciod a' bhuannachd a ta san ordugh so do gach neach a choimhdeas e air dòigh ìomchuidh ; cia mar a ta e air a shonrachadh chum an creidimh a dhaingneachadh,—an gràdh a lasadh,—an coguisean a ghlanadh, agus comhfhurtachd a thabhairt do'n anamaibh ?

Am bheil mi tuigsinn cia mar a ta e toirt a

mach an toraidh so, cha'n ann air dòigh nadurra, no idir air dòigh mhodhannail, ach le cumhachd eifeachdach an spioraid, a ta air a thoirt seachad, agus air a ghealltainn do'n neach sin a dh'fheitheas gu dùrachdach air orduighibh glíocais agus maitheis neo-chriochnaich *Dhé?* Feoraicheam a' cheisd sin do m'anam, a chuir ar Slànuighear r'a dheisciobluibh, "An do thuig thu na nithe so uile?"

Feumaidh mi aideachadh gu bheil mo bheachd a thaobh nan nithe sin ro-dhorch agus á h-ordugh: Ach cha'n fheud mi gràs Dhé àicheadh a thug dhomh beagan eòlais air an rùn-diomhain chudthromach so; agus tha dòchas agam agus tha mhiann orm bhi fàs ann an eòlas, agus tha mi toileach air gabhail ri teagasg.

Agus, O gu'n teagaisgeadh Dia dhomh na nithe sin air am bheil mi aineolach, agus gu'n stiùradh e mi gu tuille eòlais fhaotainn air firinnibh feumail! O gu'm "foillsicheadh e dhomh a choimhcheangal," (Salm xxv. 14.) agus gu'n cuidicheadh e leam bhi "fàs ann an gràs, agus ann an eòlas mo Thighearn agus mo Shlànuighir Iosa Crìosd!" (2 Pead. iii. 18.) gu'n nochdadh e dhomh le a spiorad nithe doimhne sin Dhé, ris nach gabh "an duine nadurra, do bhrìgh gur ann air mhodh spioradail a thuigear iad," (1 Cor. ii. 14.) O Athair na soillse, a bheir seachad gliocas gu pailt, agus nach dean maoidheamh, thoir orm 'gu'n aithnich mi gràdh Chrìosd, a chaidh thar gach uile eòlas,' agus dean comasach mi, "maille ris na naomhaibh uile, air a thuigsinn cìod e

leud, agus fad, agus doimhne, agus àirde a' ghràidh sin." (Eph. iii. 18, 19.)

§ 4. Thoir fa' near, O m'anam, nach 'eil eòlas a mhàin comasach air mo dheanamh iomchuidh air son a' chomuinn naoimh so. Ged bhitheadh eòlas agam gu corp an Tighearn aithneachadh, gidheadh ma bhios mi as eugmhais creidimh gu teachd beò air, pillidh mi o a bhord air mo mhealladh agus air mo nàraicheadh. Dh'innis mo Thighearna beannaichte dhomh, "mur ith mi 'fheoil-san, agus mur òl mi 'fhuil, nach 'eil beatha agam annam," (Eoin vi. 53.) Nis is aithne dhomh gu'm feum so a bhi tre chreidimh, agus cha'n ann air mhodh corporra no feòlmhor. Cuiream uime sin a' cheisd sin ri m' anam, a chuir mo Shlànuighear r'a dheisciobluibh," C'àit am bheil do chreidimh? Am bheil mi creidsinn ann an Iosa neo-fhaicsinneach? Am bheil mi da rìreadh a' creidsinn gur e mac Dhé, agus gu'n d'fhuair e bàs,—gu'n robh e air adhlacadh, agus gu'n d'eirich e a rìs a reir nan scriptur? Am bheil mi gu treibhdhireach toilichte leis an doigh air an d'orduich Dia saorsa do'n duine, le e bhi air fhireanachadh tre chreidimh, chum's gu'm bi sìth aig ri Dia tre ar Tighearn Iosa Crìosd? Am bheil mi gu treibhdhireach a' striochdadh "do fhireantachd Dhé, agus a' deanamh gairdeachais ann an Dia tre ar Tighearn Iosa Crìosd, tre an d' fhuair sinne a nis an réite?" Am bheil mi ag asluchadh gu dùrachdach "gu'm faigh-e ar ann an Crìosd mi, gun m' fhireantachd féin agam a ta o'n lagh, ach an fhireantachd



sin a ta tre chreidimh Chrìosd, an fhìreantachd a ta o Dhia tre chreidimh," chum's gu'm bi Crìosd air a dheanamh 'na fhìreantachd dhomh? A' creidsinn so mar cheud-thoiseach mo chreidimh, gu'n do bhàsaich Crìosd air son ar peacanna, agus mur sin "gu'n robh e air a dheanamh 'na iobairt-pheacaidh air ar son-ne, chum gu'm biomaid air ar deanamh 'nar fhìreantachd Dhé annsan." Agus am bheil mi d'a reir sin a leigeil cudthrom mo dhòchais air trocair Dhé tre Crìosd; agus, air dhomh làn-dearbhadh bhi agam a thaobh mo chionta, am bheil mi teachd a dh' ionnsuidh na fola sin a ghlanas o gach uile pheaca' h? An urrainn do m'anam asluchadh air, agus o a lànachd gràs air son gràis fhaotainn? Am bheil mi air doigh air bith eòlach air an rùn-diomhair so? Agus an urrainn domh a thuigsinn, a'm' fhiosrachadh féin, ciod a bha an t-Abstol a' ciallachadh 'nuair a thubhairt e, "Tha mi beò, ach cha mhise, ach Crìosd a ta beò annam?" Ciod a dheanadh esan aig cuirm rioghail, nach urrainn am biadh a bhlasadh? Air an aobhar sin am bheil mi air mo theagasg le Dia gu creidsinn ann an Crìosd?

"A Thighearn, tha mi creidsinn; cuidich thusa le mo mhi-chreidimh!" Tha mi an dòchas gu'n do "bhlais mi gu bheil Dia gràs-mhor." Tha cuimhne agam 'nuair "mhiannaich mi suidhe fo a sgàile, agus a bha a thoradh milis do m' bhlas." Lean m'anam gu dlùth 'na dhéigh, agus tha aobhar agam a ghràdh a

chuidhneachadh ni's mò na fion. Ach mo thruaighe! tha feum ro-mhor agam bhi guidhe, "A Thighearn, meudaich mo chreidimh!" "Gun amharus is mor rùn-diomhair na diadhachd;" agus tha mi gu minic ullamh air crann-ceusaidh Chrìosd a dheanamb 'na cheap-tuislidh dhomh. Tha buairidhean gu bhi a'm' mhi-chreideach a' cur moran doilgheis orm; agus air a chuid a's fearr, tha mo chreidimh lag agus anmhunn. O mo Dhia, dean iomlan an ni sin a ta dh' easbhuidh air mo chreidimh; agus an uair a mhothaicheas mi a neart, cha chuir mi an teagamh a chinnteachd.

§ 5. Is coir dhomh mar an ceudna bhi feòrachadh mu thimchioll m'aithreachais. Tha fhios gu'm feum luchd-comanachaidh neo-aithreachail bhi 'nan luchd-comanachaidh neo-ionmchuidh. Tha dearbh ro-shoilleir agam gu bheil mi a'm' pheacach, agus, san staid sin, gu bheil mi buailteach do chorruidh Dhé; agus uime sin, is aithne dhomh, agus tha mi a' creidsinn nan tionnsgnaidh an Tighearn am breitheanas rium, nach b'urrainn domh seasamb 'na làthair: Seadh, gu bheil am peacadh a's lugha a rinn mi airidh air feirg Dhé araon san t-saoghal so agus san t-saoghal ri teachd. Ach tha so uile coitchionn agus cumanta; uime sin, O m'anam, thoiream a' chùis so dhachaidh gu dlùth a m' ionnsuidh féin. Agus,

Sa' cheud àit, An do ghabh mi na nithe so gu cridhe? An robh mo chreidimh drùighteach? An robh agam a mhàin eòlas

air na nithibh so, no an d' fhuair mi geur-mhothachadh mu'n timchioll? An robh mi sgìth agus air mo throm-luchdachadh fo uallaich a' pheacaidh? An robh mi a' caoidh agus a' criothnachadh fo eagal corruich Dhé? An robh “sgrios o'n Tighearn 'na uamhas domh;”—an do chriothnaich m' fheoil roimh 'eagal-san;—agus an robh mi fo iomagan mu thimchioll a bhreitheanais?” Seadh, an do ghabh mi nàire do pheacadh, mar ni gràineil agus fuathach, a ta calg-dhìreach an aghaidh naduir agus lagha Dhé, agus mar an ceudna an aghaidh mo shonais féin, ni a ta co-sheasamh ann an cosamhlachd ri Dia, agus a bhi 'ga mhealtuinn? An do lion cuimhne mo pheacanna mo chridhe le doilgheas, agus mo ghnuis le nàire,—gu h-araidh 'nuair thug mi fa'near gur ann an aghaidh an Ti sin a ta neo-chriochnach 'na ghràdh agus 'na mhaitheas a pheacaich mi? Am bheil am beachd so ag tromachadh mo dhoilgheis,—gu'n do pheacaich mi an aghaidh Slànuighir a dhoirt 'fhuil, agus a bhàsaich air mo shon,—a ghiulain leam, agus a thug maitheanas domh? Agus am bheil am mothachadh a ta agam air tròcair maitheanais Dhé tre Fhear-saoraidh, a' dùsgadh suas annam fìor-aithreachas a réir Esecieil xvi. 63.?

San dara àite,—An robh mi air m'aomadh leis a' gheur-mhothachadh sin gu oidhearp a thoirt gu durachdach agus gu treibh-dhìreach air umhlachd ni's fearr? Am bheil fuath agam do gach slighe chlaon; agus am bheil suim agam do uile àitheantaibh Dhé? O cuimh-

nicheam nach aithreachas sin a cheadaicheas dhomh gràdh a bhi agam do pheacadh air bith, no gràin a bhi agam do ni a bhuineas do dhleasdnas, no do naomhachd! Am bheil mo chridhe agus mo chaithe-beatha air an atharrachadh? Esan a ta fantuinn an déigh aithreachais sa' cheart staid san robh e roimhe sin, cha'n fhior-aithreachan air doigh air bith e.

O mo choguis, bi firinneach!—An “do chuir mi dhìom an seann duine maille r'a ghnìomharaibh, agus an do chuir mi umam an duine nuadh, a ta air a chruthachadh a reir Dhé am fireantachd agus am fìor-naomhachd?” Tha dochas agam gu bheil a' chùis mar so ann an cail-eigin do m' thaobh, ged tha mi ciontach ann an iomadh ni, nach 'eil mi a' ceadachadh a bheag annam féin a ta Dia a' toirmeasg 'na fhocal.—Ach mo thruaighe! tha m'aithreachas teachd gearr air mo dhleasd-nas, agus air mo mhiann.

O gu'n giulaineadh esan d' am buin aithreachas, (cho maith ri creidimh,) air aghaidh an deadh obair a thòisich e annam! A Thighearn fosgail mo shuilean chum's gu'm faic mi tuille do ghràineileachd a' pheacaidh! Buail an cridhe clochach so, chum's gu'm mothaich e tuille doilgheis 'nuair a bheir mi fa'near m'amaideachd san aimsir a chaidh seachad. Neartaich mo rùn-suidhichte chum's “nach bi gnothuch tuille agam ri iodholaibh;” ach gu'm bi mi “daingean agus neo-ghluasadach, a' sior-mheudachadh ann an obair an Tighearn!” “Rannsaich mi, agus dearbh mi, agus amhairc am bheil slighe olc air bith

annam, agus treoruich mi anns an t-slighe shiorruidh!"

§ 6. Is coir dhomh mar an ceudna mi féin a cheasnachadh a thaobh mo ghràidh,—gràs a ta araon feumail agus farsuinn. Mur bi fìor-ghràdh agam do mhaighstir na cuirme beannaichte, agus do na h-aoidhibh taitneach, cha'n e mo bheatha teachd air m'aghaidh. Faic uime sin, O m'anam, am bheil do chridhe air a thimchioll-ghearradh "gus an Tighearn do Dhia a ghràdhachadh le t'uile chridhe agus le t'uile neart?" (Deut. xxx. 6.) " 'Se so a' cheud àithne." An urrainn thu a ràdh gu fìor gu bheil do mhiann ris, agus do shòlas ann? Am bheil thu 'g a ghràdhachadh," cha'n ann am focal, no an teangaidh, ach ann an gnìomh agus ann am fìrinn? (1 Eoin iii. 18.) Am bheil an t-àit a's àirde aig a'd' anam? An urrainn duit a ràdh, "Co th'agam anns na nèamhaibh ach thusa? agus an coimhneas riut cha'n 'eil neach air thalamh air am bheil mo dheigh?" (Salm lxxii. 23.) Am bheil Crìosd luachmhor dhuit thar gach coimhneas agus co-dheuchainn? agus an urrainn thu da rìreadh a ràdh, "Seadh, gun amharus, agus tha mi a' meas nan uile nithe 'nan call air son ro-oirdheirceis eòlais Iosa Crìosd mo Thighearna?" (Phil. iii. 8.)

Am bheil an gràdh so a ta agad dha 'na ghràdh reusanta—*an e an gràdh so toradh smuainte durachdach, agus creidimh dhaingein 'na òirdheirceas urramach?* An d' fhosgail spiorad an Tighearn do shuilean a dh'

fhaicinn gu bheil e sonruichte am measg dheich mìle, agus gu léir ionmhuinn? Agus an urrainn duit innseadh ciod e fear gràidh na h-eaglais seach fear gràidh eile?

Is gràdh bunailteach agus daingean *am fìorghràdh*. Cha'n ni e tha cosmhuil ri boisge grad, no ri deòthas diombuan, oir tha e freumhaichte agus suidhichte *sa' chridhe*; lasair bheathail nach urrainn uisgeacha lionmhor a mhùchadh, agus nach bàth na tuiltean. Agus ged bhi do ghràdh do chreutairean ainneamh gu truagh ni's teoithe, am bheil thu a' mothachadh gu'n cailleadh tu gach creutair gràdhach mu'n dealaicheadh tu ris-san "do'm bheil gràdh aig t'anam?" Ach, a chum na cùise a thoirt gu dearbhadh ni's cinntiche, am bheil do ghràdh 'na ghràdh gnìomhach? Is dearbhadh neo-mhearachdach so: oir thubhairt mo Thighearn, "Is sibhse mo chairdean ma ni sibh gach ni tha mi ag àithneadh dhuibh:" (Eoin xv. 14.) "Am bheil thu a' meas gu bheil a chuing-san so-ìomchar, agus 'uallach eutrom? Nach 'eil aon d'a àitheantaibh trom? Am bheil tlachd agad bhi gluasad a reir a thoil, agus an do roghnaich thu a theisteis mar do chuibhrionn shiorruidh?" Am bheil thu a' mothachadh gu bheil a ghràdh g'ad cho-eigneathadh gu caomh gu féin-àicheadh anns na nithibh a's cruaidhe? Am bheil thu làn-deonach, an taice ri neart a's fearr na do neart féin, gu'n lean thu an t-Uan cia air bith rathad a theid e, agus ciod air bith a chailleadh tu air? Ma tha a' chùis mar so do

d' thaobh, feudaidh tu a ràdh gu h-aoibhneach, “A Thighearn! thusa d'an aithne na h-uile nithe, is aithne dhuit gu'n do ghràdh-aich mi thu.”

Agus mar dhearbhadh eile air a' chùis so, an do ghràdhaich thu do choimhearsnach mar thu fein? Am bheil fìor-ghràdh agad do na h-uile dhaoineibh, agus gràdh sonraichte do d' chompanaich Chrìosduidh? An aithne dhuit creutair do nach àill leat maith a dheanamh, ciod air bith brosnuchadh a thug e dhuit, agus ciod air bith coire a rinn e ort? Ged tha mor-an do naimhdibh agad, am bheil thusa a'd' namhaid do neach air bith? Ma tha iad ann “a ta g'ad fhuathachadh le fuath anabarrach, an urrainn duitse a ràdh an làthair an Tigh-earn, nach 'eil am fuath air an dà thaobh, agus a reir sin, air do thaobhsa? An urrainn duit guidhe gu durachdach, “Maith dhuinn ar fiacha, mar a mhaitheamaid d'ar luch-fiach-aibh?”

Agus a thaobh sluaigh Dhé, am bheil thu toirt urram doibh, agus a' gabhail tlachd ann-ta? Le so “tha fhios againn gu'n deachaidh sinn thairis o bhàs gu beatha, do bhrìgh gu bheil gràdh againn do na bràithribh.” Am bheil thusa a' gràdhachadh gach anam sam bheil thu faicinn ìomhaigh Chrìosd? Am bheil do ghràdh air a shuidheachadh a mhàin air do chuideachd féin, agus air an dream tha smuaineachadh leat? No am bheil e fialaidh agus farsuinn mar an Eaglais naomh choitchionn d'am buin thu? Am bheil an gràdh so g'ad stiùradh chum gach cleachdadh

tha ceart agus caoimhneil, agus mar an ceudna chum gràidh bhràthaireil? Am bheil thu a' gabhail truais, agus a' cuideachadh gach neach do'n ghairm an Slànuighear bràthair, leis a' bheachd so, ciod air bith a ni tu air an son, gu'm measar e mu dheireadh mar air a dheanamh dhasan, a reir Mhata xxv.? An urrainn duit ceud Litir Eoin a leughadh gun do chridhe g'ad dhètheadh?

Tha mi an dòchas gu bheil mo ghràdh fìor—

Ach, O mo Dhia cia anmhunn agus neo-iomlan e! Tha mi 'g am fhuathachadh féin do bhrìgh nach 'eil mo ghràdh ni's airidh ortsa: tha mi a' gabhail gràin diom féin a chionn nach 'eil mi a' gràdhachadh Chrìosd ni's fearr; agus tha nàire orm air dhomh a thoirt fa'near nach 'eil mi ni's truacanta rìusan a ghràdhaich thusa le gràdh sìorruidh, agus maille ris am bheil dòchas agam bhi beò agus a bhi comh-radh gu brath.

'Se an t-aon chombhfhurtachd a ta agam, gur e mo rùn thusa a ghràdhachadh. Tha mhiann orm gràdh a thoirt duit,—is fada leam gus an gràdhaich mi thu mar a's àill leat bhi air do ghràdhachadh. A Thighearn, beothaich an t-srad a ta annam gu bhi 'na lasair, agus biodh an lasair sin neartmhor agus bunailt-each: agus gu h-àraidh, deònaich gu'n nochd m'umhlachd gu bheil mo ghràdh dhuitse neo-chealgach. Cia mar a's urrainn domh a ràdh gur "toigh leam thu, 'nuair nach 'eil mo chridhe ceart leat?" Agus air do sgàth-sa gràdhaicheam mo choimhearsnaich, gu h-àraidh buill shona an teaghlaich ghlormhoir sin ris



am bheil mi le mor-urram air m'aonadh : O gu'n gràdhaichinn iad mar mi féin, agus ann an urram gu'n cuirinn iad romham féin, agus gu'm measainn gach oifig iomchuidh chum mo ghràdh a nochdadh dhoibh, a réir eisempleir an ti sin " a thainig cha'n ann chum gu'n deantadh frithealadh dha, ach a dheanamh frithealaidh," (Mata xx. 28.) Tha mi guidhe so, " gu'm bi mo ghràs air a mheudachadh ni's mò agus ni's mò," (Phil. i. 9. ;) agus air dhomh bhi daingean agus durachdach san iarrtus so, tha mi an dòchas gur comhar e gu bheil fìor-ghràdh agam dhuit. O na bitheam air mo mhealladh air sgàth an Tighearn Iosa Criosd. Amen.

§ 7. Is coir dhomh mar an ceudna mi féin a cheasnachadh a thaobh mo nuadh-umhlachd. 'Se so, a reirmobhreithneachaidh, ard-dhearbh-adh m'aidmheil: As eugmhais so, cha'n 'eil ach ainm falamh, agus fallais gun bhrìgh ann an creidimh, an aithreachas, agus an gràdh. An e toil Dhé mo lagh:—an e fhocal mo riaghailt-stiùraidh ; agus an e a ghlòir crìoch gach ni tha mi deanamh ? Am bheil mi ceadachadh dhomh fein peacachadh, no dleasdnas air bith a dhìchuimhneachadh le m' fhios ? An e mo bhith-chùram " coguis neo-lochdach a bhi agam a thaobh Dhé agus a thaobh dhaoine ?" An urrainn do m' sheòmar, do m' theaghlach, do m' bhùth, do m' chompanaich, cho maith ri coimhthional sluaigh Dhé, teisteanas a thoirt domh gur e mo mhiann, ged tha mi teachd a dheigh-làimh an aghaidh mo thoil, " imeachd ann an uile àitheantaibh agus orduighibh an

Tighearn gu neo-lochdach?" Am bheil mi toileach air fios fhaotainn a thaobh mo dhleasd-nais, agus curamach g'a chur an gnìomh? Am bheil mi taingeil air son foghlaim, agus air son achmhasain mar an ceudna, agus am bheil mi a' meas mar mo chairdibh iadsan a dh'innseas an fhìrinn dhomh? Am bheil fuigh-eall mo thruaillidheachd, agus gach failinn a ta a'm' dheigh, da rìreadh 'gam irioslach-adh? Am bheil mi a' guidhe air son gràis lathail, cho durachdach is air son arain lathail? Agus an urrainn domh a ràdh, an lathair an Ti sin a rannsaicheas an cridhe, nach 'eil mi a' guidhe ni's durachdaich na 'nuair tha mi 'g iarraidh gu'm bi mi air mo dheanamh "coimhlionta anns gach uile dheadh-obair chum a thoil-san a dheanamh," (Eabh. xiii. 21. ;) gu'm bi mi "air mo ghlanadh o gach uile shalachar feòla agus spioraid, a' coimhlionadh naomhachd ann an eagal Dé," (2 Cor. vii. 1.) gu'm bi mi air mo dheanamh naomh gu h-ìomlan, agus gu'm bi m'uire spiorad, agus anam, agus chorp, air an gleidheadh gu neo-choireach gu teachd an Tighearna?" (1 Thes. v. 23.)

Tha mi an dòchas gu bheil a' chùis ann an tomhas eigin mar so do m' thaobh—

Ach, O mo Dhia, na leig dhomh bhì air mo mhealladh. Ma tha m'umhlachd cealgach, no claon-bhreitheach, no féineil; mur 'eil i toirt barrachd air umhlachd nan sgriobhaiche agus nam Phairiseach;—ma tha samhladh na diadhachd agam as eugmhais a' chumhachd,

no ainm agam a bhi beò, 'nuair tha mi da rìreadh marbh;—nochd dhomh a' chuid a's miosa mu m' thimchioll féin, chum's gu'm bi mi air mo chur air steigh cheart, agus gu'm faigh mi an naomhadh sin a ta a reir an t-soisgeil—'ni as eugmhais nach faic mi an Tighearn. Ma tha deadh obair air tòiseachadh annam, O giulain air a h-aghaidh i gu la Iosa! Agus deònaich gu'm bi an t-ordugh naomh air son am bheil mi ag ullachadh, 'na mheadhon chum mo bheathachaidh spioradail agus m' fhàs ann an gràs. Amen.

§ 8. Tha mi an dòchas gu'n robh mi neo-chlaon ann am fhéin-cheasnachadh. Agus ged tha mi faicinn mòran do nithibh a ta 'nan aobhar irioslachaidh, 'nuair tha mi gabhail ath-bheachd do m' chaithe-beatha, gidheadh cha'n fheud mi co-dhùnadh gu bheil mi a'm' chealg-air, ach is coir dhomh dòchas maith a bhi agam tre gràs, gu bheil mi a'm' chreideach treibhdhireach, ged nach 'eil mi iomlan, agus gu'm bi mi air m'fhàilteachadh aig bord an Tighearn.

'Se an t-aon ni a ta romham a nis mi féin a dheadh-ulluchadh gu coinneamh a chumail ri m' Dhia aig a' chuirn naomh so, air eagal gu'n cuir mi corruich air, no gu'n càill mi na sochairean ris an robh duil agam. Chum na crìche so is coir dhomh fhaicinn gu bheil gach gràs beathail, agus ann am beo-chleachdadh, air eagal, " air do fhirionn bhi a'm' threud, gu'm bòidichinn agus gu'n iobrainn ni truailidh do'n Tighearn." (Mal. i. 14.)

Tha fhios agam gu bheil creidimh 'na cheud

agus 'na phrìomh-ghràs: “ Is e brìgh nan nithe ri'm bheil dòchas, dearbh-chinntean nan nithe nach faicear ;”—“ as eugmhais creidimh cha'n 'eil e 'n comas Dia a thoileachadh. (Eabh. xi. 1. 6.) Cha'n urrainn domh bith Dhé chur an teagamh, agus cinntean an t-saoghail ri teachd, nithe a ta 'nan ceud-thùs ann an creidimh nadurra, agus a ta air an roimh-thuigsinn air thoiseach air a' chreidimh Chrìosduidh. Tha mi creidsinn “ gu bheil Dia ann, agus gur e an Ti e bheir duais do'n dream a dh'iarras e gu dìchiollach.” Ach cha leoir so; thubhairt mo Thighearn, “ Tha sibh a' creidsinn an Dia, creidibh anuamsa mar an ceudna.” Cha bhi eòlas air an aon Dia fìor a mhàin tarbhach chum na beatha maireannaich, 'nuair tha daoine aineolach air “ Iosa Crìosd a chuir e uaith.” Thig, uime sin, O m'anam! biodh do chreidimh ann *an Crìosd* laidir agus beothail. Nach 'eil teisteanas gu leoir agam gur e Iosa am Mesiah, Crìosd Dhé, agus “ esan gu'n do sheulaich Dia an t-Athair.” Tha sgrioptuirean an t-seann-tiomnaidh a' toirt fianuis mu thimchioll. “ Dhasan thug Moses agus na Fàidhean uile fianuis. Annsan fhuair gach gealladh agus fàidheadaireachd an làn-choimhlionadh: Annsan tha brìgh lagh nan ìobairtean—agus bha gach samhlaidh 'ga chiallachadh. B'esan gu cinnteach siol a' gheallaidh, an Siloh, am meangan a reir creidimh nan aithriche “ aig an robh dùil ri sòlas Israeil.”

Smuainich, O m'anam! Cia glòrmhor an fhianuis a thug Dia seachad m'a thimchioll le

guth o nèamh ; le mòran do mhiorbhuilibh follaiseach agus do-àicheadh ; agus mu dheireadh le thogail o na marbhaibh ;—nithe a bha air an coimhlionadh an lathair fhianuisean freagarach,—daoine comasach agus firinneach nach b'urrainn bhi air am mealladh ann an cùis cho soilleir ri so, agus a reir uile chosmhuil, nach tugadh oidhearp air an t-saoghal a mhealladh, do bhrìgh nach robh buannachd air bith san amharc a thairngeadh iad a leth-taobh gu foill a dheanamh ; agus cha'n 'eil e air doigh air bith cosmhuil gu'm biodh daoine 'nan làn-chiall ciontach ann an leithid do pheacadh uamhasach, 'nuair nach b'urrainn dùil a bhi aca ri ni air bith ach ri doruinn agus truaighe.

A thuilleadh air sin, “ Nach d'rinn Dia comh-fhianuis leo, araon le comharaibh agus le h-iongantasaibh, agus le feartaibh eagsamhla, agus le tiodhlacaibh an Spioraid naoimh ? ” (Eabh. ii. 4.) Agus a bhàrr air sin, feumaidh an teagasg sin bhi o Dhia, a tha treòrachadh dhaoine air doigh cho soilleir agus cho sonruichte gu gnè diadhaidh 'nan inntinn agus 'nan caithe-beatha : Feumaidh an soisgeul sin a bhi o Dhia a ta a' teagasg dhuinn gu h-eifeachdach “ gach mi-dhiadhachd agus anamianna saoghalta àicheadh, agus ar beatha a chaitheadh gu stuama, gu cothromach, agus gu diadhaidh anns an t-saoghal so làthair, ” (Titus ii. 12.) Tha mi a' tuigsinn, o eachdraidh nan linntean a chaidh seachad, agus o na nithibh a chunnaic mi am measg mo luchd-eolais féin, gur e na Criosduidhean

treibhdhireach na daoine a's fearr. Agus, O m'anam ! nach urrainn thu do theistean fein a chur ri so, gu bheil thu fàs an deadh-ghean ri Dia, a reir mar a ta do chreidimh air a meudachadh san Tighearn Iosa Crìosd ? Nach 'eil thu an comhnuidh a' faicinn, 'nuair tha do chreidimh ullamh gu failneachadh, gu bheil na nithe maith a ta làthair ullamh gu bàsachadh," (Tais. iii. 2.) Agus, air an laimh eile, am bheil do chridhe uair air bith cho ceart, no do bheatha cho fìor-ghlan 'san uair a ta do chreidimh laidir agus beothail ? A nis am bheil ni air bith ni's neo-chreideasaich na gu'n deanadh an Dia mòr feum do mhealltar a dh'ath-ùrachadh iomhaigh féin air anamaibh dhaoine ! Creididh mi ni amaideach air bith, cho luath sa' chreideas mi gu'n tog agus gu'n cum an Dia naomh suas a rioghachd san t-saoghal so le breug, agus gu'm mill e soirbheas an diabhail, le seollanaibh ifrionnail agus diabhluidh.

Thig, uime sin, O m'anam ! agus bi " laidir ann an creidimh, a' toirt glòire do Dhia," (Romh. iv. 20.) Tha e fìor gu bheil bhi creidsinn 'na obair do-dheanamh ; ach smuainich cia as a ta an cruaidh-chas ag eirigh,—o chridhe truailidh, agus o namhaid chealgach : agus bitheadh an smuain so 'na teistean eile air fìrinn teagaisg a' chrann-cheusaidh. C'arson a dheanadh cridhe truailidh, agus deamhan meachranach a leithid do strìgh laidir an aghaidh obair a' chreidimh ! Mur b'e obair Dhé e, cha deanadh naimhdean Dhé sbairn cho mor g'a bhacadh. Dh'eiridneadh an diabhul a chreutaire féin,—biodh gràdh aig an

t-saoghal do'n ni sin a buineadh dha féin,— agus cha bhiodh an fheoil cho neo-thoileach air gabhail ris an t-soisgeul, mur biodh e spioradail 'na oibreachadh, agus neamhaidh 'na cheud-thùs. Uime sin, O m'anam ! dealbham reusona á cruaidh-chasaibh, agus deanam mo shlighe réidh leis na cip-tuislidh a ta air an tilgeadh air.

Da rìreadh is iongantach an ni r'a smuaineachadh gu'm fàsadh Dia 'na dhuine, agus gu'm faigheadh an duine sin bàs: “Gun amharus is mòr rùn-diomhair na diadhachd,” (1 Tim. iii. 16.) Ach na cuireadh so eagal ort. Smuainich gu durachdach mar is uamhasaich, agus a's iongantaich rùna-diomhair an t-soisgeil, is ann is cosmhuil a ta iad ri bhi o Dhia; oir cha choir dhuinn a smuaineachadh gu'm foillsicheadh esan ni air bith, ach ni sonruichte, agus ni a bha os ceann cumhachd reusoin an duine, le leithid do mhor-chùis ghreadhnachail, agus le leithid do oibribh cumhachdach, 's a bha air an deanamh a dhaingneachadh ministreileachd ar Tighearna. Bhiodh e 'na aobhar amharuis mar searmonaicheadh Crìosd agus a dheisciobuil ni air bith ach ni a theagaisg na feallsanaich ana-creideach, agus luchd-foghlum nan Iudhach. Agus do gach neach tha glic agus neo-chlaon 'na inntinn bu chòir da so teagasg Chrìosd a mholadh, gu'n robh e “'na cheap-tuislidh do na h-Iudhaich, agus do na Greugaich 'na amaideachd,” (1 Cor. i. 23.)

Nach 'eil na nithe so mar sin? Thig, uime sin, O m'anam ! creid agus bi air do dhaingneach-

adh. Creid na nithe tha Criosd a' foillseachadh dhuit 'na ordugh naomh: " 'se so mo chorp-sa a ta air a bhriseadh air bhur son, agus is e so fuil an nuadh choimhcheangail a chaidh dhoirteadh air bhur son, chum maith-eanais pheacanna."

Ach, "Och is duine truagh mi! co a shaoras mi o'n droch chridhe mi-chreideach so?" Cha'n e fianuis o'n taobh am muigh a mhàin a ghineas creidimh beothail. Tha fhios agam gur e creidimh obair, seadh obair chumhachdach Dhé, a ta air a ginntinn sa' chridhe leis a' chumhachd sin a thog Iosa o na marbhaibh: "Cha'n ann uainn féin a ta e; is e tiodhlac Dhé e." (Eph. ii. 8.)

Agus air an aobhar sin, O mo Dhia! tha mi pilltinn a d'ionnsuidh-sa, oir tha mo chridhe a'd' làimh, agus is urrainn thu buadhachadh air neart laidir nan naimhdean a ta an co-bhoinn a'm' aghaidh; agus cha'n e mhàin gu'n toisich thu, ach coimhleanaidh tu obair a' chreidimh le cumhachd. "Tha mi creidsinn; a Thighearn cuidich thusa le m' mhi-chreidimh, agus leasaich uireasbhuidh mo chreidimh." Na tairg a mhàin, na nithe a ta an soisgeul a' foillseachadh, ach fosgail mo chridhe chum's nach cuir mi an teagamh iad ni's mò na chuireas mi an teagamh na nithe a ta mi a' leirsinn le mo shuilibh, "chum air dhomh creidsinn ann-san nach 'eil mi a' faicinn, gu'n deanainn mòr-ghairdeachas le h-aoibhneas air dol thar labhairt, agus làn do ghlòir."

§ 9. Feumaidh mi mar an ceudna mo Thighearn a chuimhneachadh ann an cleachd-



adh gràidh naoinh. Agus O m'anam! ma tha thu creidsinn, cha'n urrainn duit gun bhi air do lionadh le gràdh. Beachdaich air do Thighearn 'na ghlòir agus 'na mhaise; smuainich air "mar dhealradh glòir an Athar, agus mar fhior-iomhaigh a phearsa," (Eabh. i. 3.) Smuainich air mar neach "a ta sonruichte am measg dheich mìle, agus gu léir ionmhuinn;" mar neach nach 'eil gach dealradh cruthaichte, gach seirc, gach neochiontachd agus iomlaineachd a' foillseachadh ach gu fann; mar neach anns am bheil gach ni a ta ionmholta a' coinn-eachadh agus a' toirt buaidh; mar neach do'm bheil na h-aingle a's àirde a' toirt aoraidh, agus leis am bheil feachd soillseach nèimh air an dorchachadh; gidheadh a bheir urram da, a shleuchdas sìos, agus a chòmhdhaicheas iad féin 'na làthair le tuille greadhnachas agus àrd-thoilinntinn na ged a riaghladh iad mìle saoghal. Smuainich air mar neach tha glormhor thar gach ni air an ruig beachd, no a chuireas briathra an céill,—neach air an amhaire armait nèimh le h-iongantais agus mòr-mheas gu sìorruidh, mar chuspair a ta a ghnàth nuadh, agus a tha toirt seachad toilleachas-inntinn gun chrìoch; agus air nach iarr iad tuille sonais, "ach gu'm bi iad maille ris, agus gu'm faic iad a ghlòir," (Eoin xvii. 24.)

Agus, O m'anam! thoir fa'near gu bheil an Ti glòrmhor so, a ta cho gràdhach thar tuigse, thar tuigse cairdeil riut-sa! Am bheil e fènnail so a dhearbhadh, no an gabh gach dearbh a thug e seachad a dhichuimhneachadh. Nach robh

a ghràdh air a nochdadh dhuit air mhodh do-àicheadh, 'na theachd san fheòil, 'na bhreith, 'na fhulangas, agus 'na bhàs, maille ris gach cùis irioslachaidh eile a dhlùth-lean e 'na thurus troimh ghleann a' bhròin so, (eadhon fàsach falamh agus uamharra,) a dh'ionnsuidh an ionaid mhaith sin, far am bheil e a ghnàth cuimhneachadh air a shlugh, agus far am bheil e an comhnuidh beò gu eadar-ghuidhe a dheanamh air an son? Bha gràdh aig dhuit mu'n d' thainig thu féin no aimsir gu bith. Ghràdhaich e thu 'nuair a bha e air thalamh le gràdh "laidir mar am bàs—gràdh nach urrainn uisgeacha lionmhor a mhùchadh, agus nach bàth na tuiltean: Tha e g'ad ghràdhachadh a nis air nèamh, agus ged tha e air àrdachadh gus an inbhe a's àirde, fad os ceann gach uachdaranachd agus cumhachd, agus ged tha e 'na shuidhe aig deas laimh Dhé mar Thighearn nan uile, gidheadh tha an t-aon àit agad 'na chridhe, agus an t-aon chuibhrionn 'na chuimhne chaoimhneil. Cha dean aimsir bhuan, no astar fad, no inbhe àrd, no moran ghnòthuichean, a ta cur bacadh air cairdeas cumanta, mùth air bith an sin: "Air dha a mhuinntir féin a bha anns an t-saoghal a ghràdhachadh, gràdhaichidh e gu crìch iad," (Eoin xiii. 1.;) agus sin le gràdh ni's bunailtich', ni's dìongmhalta agus ni's riaghailtich' na cuairt feachd neimh, agus na cùrsa shuidhichte naduir. Ni mò a ta an gràdh so 'na ainm falamh. Thoir fa'near O m'anam! na nithe glòrmhor tha sruthadh uaithe. Is gràdh e

a ta mòr le beannachdaibh ;—beannachdaibh nach urrainn teangadh chur an céill, agus ris nach gabh ni air bith a ta san t-saoghal so samhlachadh, ach le mòran laigsinn agus neo-iomlaineachd. “Ghràdhaich e mi, agus dh’ionnlaid e mi o mo pheacaibh ’na fhuil féin.” (Tais. i. 5.) “Rinneadh esan do nach b’aithne peacadh, ’na iobairt-pheacaidh air mo shonsa ; chum gu’m biom-sa air mo dheanamh a’m’ fhìreantachd Dhé annsan,” (2 Cor. v. 21.) “Lotadh e air son mo pheacadh-ne, bhruthadh e air son m’aingidheachdan ; leagadh air-san smachdachadh mo shìthe, agus le a chreuchdaibh-san shlànuicheadh mi,” (Isaiah liii. 5.) “Air dhomh bhi air m’fhìreanachadh tre chreidimh, tha sìth agam ri Dia tre an Tigh-earn Iosa Crìosd.” (Romh. v. 1.) “Agus air a sgàth-san tha comas agam teachd le dànachd gu caithir nan gràs,” (Eabh. iv. 16.) D’a ghràdh costail, mar an t-aobhar cliu-thoill-tinneach, tha mi am fiachaibh air son m’ath-ghineamhain, leis am bheil mi “air m’ath-ghin gu beò-dhòchas ;” m’uchd-mhacachd, leis am bheil mi air mo ghairm a’m’ leanabh do Dhia ; mo naomhachadh, mo shìth, mo chomhfhurtachd, m’aoibhneas ; agus mu dheireadh, mo dhòchas anns a’ bheatha mhaireannach,—’se sin gach ni a’s urrainn an cridhe iarraidh, agus deich mìle uair nì’s mò ; oir na nithe sin a dh’ulluich Dia dhoibhsan aig am bheil gràdh dha, cha d’thàinig e an cridhe duine a thuigsinn.

Agus na dichuimhnicheam, O m’anam ! co

e cuspair neo-airidh a' ghràidh ghlormhoir so. Cò mì, no ciod e tigh m'athar, gu'n rachadh am mor dheadh-ghean so a nochdadh dhomh; —gu'n cuireadh prionnsa na beatha, an Dia beò, a chridhe air cù marbh mar a ta mise; gu'm biodh cnuimheig fhaoin, duslach agus luathre pheacach, air an toirt fa'near leis-san do'm bheil an cruthachadh gu h-ìomlan umhal, agus an coimhneas ris gu bheil gach creutair cruthaichte mar bhoinne an t-soithich-uisge, agus mar dhus mìn na slige-tomhais: neo-ni, seadh ni's lugha na neo-ni agus diomhanas: Feuch, ciod 'a ghné ghràidh so! Cha'n urrainn briathra a chur an céill, agus, *uime sin*, feumaidh mor-mheas tosdach seasamh 'nan àite.

A nis nach airidh an gràdh so air gràdh? Cia mar a ta e tachairt, O m'anam! nach 'eil e a' drughadh ort ni's mò? Nach 'eil e, le bhi beachdachadh air, a' lasadh suas teine a'd' chridhe? Smuainicheadh neach ann an leithid so do chùis, gu'n àrdaicheadh smuainte durachdach srad do ghràdh gu bhi 'na lasair aoibhneis agus mhor-ghairdeachais! Agus cia uaith tha an cion-seirc so ag éirigh?

Och, is ann o mo chridhe aingidh neo-chreideach. Tha na nithe so cho mòr is gu bheil iad a' dol thar tuigse. Ach thugam fa'near “nach iad smuainte an Tighearna ar smuainte-ne, ni mò is e a shlighean-sa ar slighean-ne; ach gu bheil iad àrd os an ceann mar a ta na neamhan àrd seach an talamh,” (Isaiah lv. 8, 9. ;) agus gu bheil a thròcairean an coimhneas r'a mhorachd. Is tric le tiodh-

lacaibh rioghail bhi mòr agus riomhach, air an toirt seachad a reir staid an rìgh; agus ciod ni's lugha a bheirear seachad le Rìgh nan rìgh, agus Ard-uachdaran neimh agus na talmhainn, na na nithe sin a chunnaic e iomchuidh a ghealltainn do luchd a dheadh-ruin? Agus mar is iriosal cuspairean a ghràidh, is ann is glòrmhor 'fhiughantas. Mar is isle a theid a mhaithas, 's ann a's àirde a dh'eireas e: Ach gu'n tigeadh e cho iosal riumsa—an neach a's lugha, seadh a's lugha na an ti a's lugha do na naomhaibh uile, seadh cheud-fhear pheacach; tha so a' cur mo chreidimh gu dhùlan, agus a' toirt orm glaodhaich a mach, “Tha e neo-chomasach; cha'n urrainn e tachairt a chaidh gu'n tugadh Dia gràdh do leithid a' chnuimheig, do leithid do dheamhan 'sa ta mise! a bhris a laghanna,—a chur a ghràs an neo-bhrìgh,—a mhùch a spiorad,—a shaltair air a mhac! Cù mi-thaitneach, a thionndaidh a ghràs gu macnus, agus a bhunaich ann am peacadh, a dh'aindeoin gach doigh chum m'ath-leasachadh! Creutair cùl-sleamhnachadh, ceannairceach, breugach! agus, air dhomh fios a bhi agam air na nithibh so, nach 'eil gabhail tuille suim diubh na a ta meall do'n talamh, no carraig, no peacach cruaidh-chridheach agus neo-thoinnisgeach! Feumaidh mi aideachadh nach 'eil e furasd domh so a chreidsinn: Agus an uair a ta mi a' glacadh dòchais, tha mi gabhail iongantais gu bheil dànadas agam gu so a dheanamh; agus tha mi toirt cliu do ghràs agus do thròcair Dhé

nach robh mi o chionn fhada a'm' Chain, no a'm' Iudas; no, air a chuid a's lugha, a'm' Spira, no a'm' Mhagor-mhisabib, a'm' chùis-eagail domh féin agus do gach neach a ta mu'n cuairt domh, air son uamhuinn agus oillte m'eu-dòchais!

Agus gidheadh tha trocair neo-chriochnach, agus toiltinneas neo-chriochnach an so 'na chuideachadh dhomh. Creididh mi gu bheil tròcair ann air son an neach a's miosa, do bhrìgh gu'n dubhairt Dia e; agus cha bhi do dhànadas agam na chuireas mi féin a mach as an àireamh do bhrìgh nach d' rinn Dia so: Tha gach uile ni so-dheanamh do Dhia. Is urrainn dasan deich mìle talann a mhaitheadh cho maith ri beagan fheoirling; agus bheir e maitheanas air son iomadh peacaidh agus truailidheachd gràineil do gach anam a ta aithreachail, iriosal, agus toileach. Cha'n fheud mi gràs Dhé àicheadh; agus uime sin, tha mi ag aideachadh a ghràis, agus air an aobhar sin a' creidsinn.

Agus an sin cia mar a's urrainn domh gun ghràdh a bhi agam? O m'anam! tuit gu h-iriosal aig cosaibh do Shlànuighir ghràdhaich; agus mar urrainn thu ni's fearr a dheanamh, nochd do ghràdh le d' osnaich agus le d' dheoir, nach urrainn thu a ghràdhachadh ni's mò.

Ach, a Thighearn, feudaidh mi deasboir-eachd rium féin gus am bi mi sgìth, ma bhios do ghràs-sa air a chumail uam, agus do spiorad air àicheadh dhomh. O biodh do ghràdh air a dhòrtadh a mach ann am chridhe tre an

spiorad naomh a thugadh dhomh! Buail a' charraig so, agus leaghaidh i. Séid air a' mheall mharbh so, agus fàsaidh e beò; tarring mi, agus ruithidh mi a'd' dheigh. Cha'n urrainn domh a ràdh gu bheil gràdh agam duit, ach is urrainn domh a ràdh gu bheil a mhiann orm gràdh a bhi agam duit. Is aithne dhuitse so, do'n aithne na h-uile nithe. Feudaidh mi thusa a ghairm a'd' fhianuis, nam faighinn mo mhiann, gu'n gràdhaichinn thu ni's mò na ghràdhaicheas naomh air bith air thalamh, seadh, na ni aingeal air bith air neamh. B'fhearr leam thusa a ghràdhachadh mar is coir dhomh do ghràdhachadh, na bhi a'm' mhaighstir air gach ionmhas air thalamh, —na gu'n sleuchdadh a rìghrean uile sìos aig mo chosaibh,—na gu'm faighinn coir air gach ni tha sluagh an t-saoghail so a' miannachadh. B'fhearr leam (mar ata fios agad, a Thighearn,) bàsachadh ann am mòr-ghairdeachas gràidh naoimh, agus m'anam a thiomnadh do lamhaibh an Iosa bheannaichte, na bhi beò car deich muilliona do bhliadhnaibh, seadh gu sìorruidh, ann an iomlaineachd gach sonais chruthaichte. O mo Dhia, nach iarrtus so a ta reir do chridhe féin, 'nuair tha mi a' guidhe gu'm bithinn comasach air thusa a ghràdhachadh le m'uile anam, agus nach bithinn tuirseach agus trom, fuar agus neo-bheothail aig a' chuir sin, far am bheil cuimhneachan a' ghràidh a's luachmhoire agus a's glormhoire air an cualas riamh ionradh.

§ 10. Feumaidh mi mar an ceudna bhi ann

an suidheachadh aithreachail inntinn aig bord an Tighearn. Bu chòir do chuimhneachan gràidh mo Thighearn a bhàsaich air mo shon, mo chridhe a leaghadh sìos le doilgheas caoimhneil air son nam peacanna sin a bhruth agus a cheus esan. “Rinneadh ’anam ’na iobairt-reitich air son mo pheacanna,” (Isaiah liii. 10.) agus nach bi mo chridhe tuirseach ’nuair a smuainicheas mi air a’ chupan shearbh sin, anns an robh mo pheacanna mar nìmh marbhtach, agus a dh’òl esan, air mo sgàth-sa, gu ruig na deisgeanan. O m’anam! ’nuair a chuimhnicheas mi air mo Shlanuighear, feumaidh mi cuimhneachadh mar an ceudna air mo pheacaibh air son an do bhàsaich esan chum mise a theasairginn. Mo pheacanna! Cia farsuinn am focal! Cia mòr a’ chùis! Tha mi fo ioghnadh agus a’ crith, air dhomh beachd coitchionn a ghabhail do’n chùis so, agus feumaidh mi bhì air mo shlugadh suas agus cailte ann am smuaintibh ’nuair a ghabhas mi beachd sonraichte—c’ait an tòisich, no c’ait an crìochnaich mi! Gun teagamh, feudaidh mi tòiseach aig an fhreumh, “Feuc’ ann an euceart dhealbhadh mi, agus ann am peacadh ghabh mo mhàthair mi ’na broinn,” (Salm li. 5.) Ach tha na freumhan lionmhor a’ dol thar tomhas: cha’n aithne dhomh an àireamh. Tha àithne Dhé ro-farsuinn, agus a reir a farsuinneachd feumaidh mi mo chionta a mheas. Ciod an àithne nach do bhris mi? Ciod an nì anns nach robh mi ciontach? A thaobh peacanna m’aineolais, agus mo laigsinn choitchionn, feumaidh mi bhì ag osnaich, agus a ràdh,



“Cò a thuigeas a sheacharain?” (Salm xix. 12.)  
 Bithidh e 'na ghnothuch neo-ghearr agus mul-  
 adach bhi cuimhneachadh agus a' caoidh mo  
 sheachrana a's cudthromaiche, agus caithidh  
 so tuilleadh do m'aimsir na's urrainn domh a  
 bhuileachadh air. Ach, O m'anam! cuiream  
 mar fhiachaibh ort gu'n dean thu caoidh air son  
 nam peacanna a's antromaiche do d' bheatha:  
 Leugh thairis do mhiosachan, agus sil deur air  
 na làithibh dubha tha'n sin.

[N.—An so gabh beachd le cridhe brònach  
 air na peacaibh sonraichte sin a's uamharra na  
 chéile.]

Agus ged tha dòchas agam gu'n d'thug  
 Dia maitheanas duit, O m'anam! na toir thusa  
 maitheanas duit féin a chaidh. O ciod a  
 their mi? Tha nàire agus rughadh gruaidh orm  
 m'aghaidh a thogail suas riutsa, O mo Dhia,”  
 (Esra ix. 6.) Cha b'urrainn domh sìth, no  
 foighidinn, no dòchas a bhi agam, ach air son  
 a leithid so do ghealladh, “gu'n glan fuil  
 Iosa Criosd a mhic o gach uile pheacadh.”  
 (1 Eoin i. 7.)

Ghabhainn mar an ceudna ath-bheachd son-  
 raichte do m' chaithe-beatha o'n t-sacramaint  
 mu dheireadh: Agus an so gheibh mi ni's leòir  
 gu'm chur fo nàire, agus fo dhoilgheas. Mo  
 thruaighe mise! Cia cho neo-fhreagarach 'sa  
 bha mo chaithe-beatha do m' aidmheil agus do  
 na geallanaibh a thug mi seachad, agus do'n  
 fhéin-fhiosrachadh sòlasach anns an d'rinn mi  
 gairdeachas, agus air son an robh mi ro-  
 thaingeil!

[N.—An so suidhich do smuainte air na peacaibh a's truime sa' mìos a chaidh seachad.]

An robh leithid so do ghnìomh a' cordadh ris an ni sin a thagair agus a gheall thu o chionn ghoirid aig bord an Tighearn? An robh a leithid so do riaghladh cubhaidh do Chrìosduidh, no iomchuidh air son fear-comanachaidh? An robh sàsachadh a leithid so do ana-miann feolmhòr freagarach do dheisciobul an t-Slanuighir naoimh, uain Dhé gun smal? An robh e iomchuidh air son aoin do chaoraich threud Chrìosd bhi 'g aoirneagain, mar mhuc, san làthaich? An robh an uaille, an fhearg, an droch-rùn, am farmad, an neo-sheirceileachd so, a' cordadh ris a' ghealladh dhurachdach sin, gu'n gabhadh tu mar do chuibhrionn esan a thàinig "chum gu'n sgriosadh e oibre an diabhuil," (1 Eoin iii. 8.) "Cuimhnich, agus bi air do mhasluchadh, agus na fosgail do bheul tuille air son do nàire! Gu deimhin tha mi nì's amaidiche na duine air bith, agus cha'n 'eil tuigse duine agam," (Gnath-fhocal xxx. 2.)

Agus, O m'anam! "Nach leòir dhuit a' chuid a chaidh seachad do aimsir do bheatha" (1 Pead. iv. 3.) gu gniomhara neo-iomchuidh agus amaideach a choimhlionadh. Gu deimhin is coir dhomh a ràdh, "Ma rinn mi aingidheachd, cha dean mi sin nì's mò." Gu'm b'e sin mo rùn-suidhichte; agus aig bord an Tighearn ceanglam mi féin le bannaibh nuadha, gu'n gluais mi nì's faicilliche san àm ri teachd,—gu'm bi mo chràbhadh nì's bith-

eanta,—mo ghiulan ni's firinnich', mo sheirc ni's coitchionn, agus mo chaithe-beatha gu h-iomlan ni's spioradail.

O mo Dhia ! 'Se so mo rùn-suidhichte, ach na leig dhomh bhi dh'easbhuidh gràis a ta a mhàin uile-fhoghainteach air mo shon : thoir dhomh fìor-aithreachas ; bitheam treibhdhir-each a'm' run-suidhichte, agus bitheadh ion-racas mo chridhe air fhaicinn ann an gluasad iomchuidh san àm ri teachd. Biodh e mar sin, air sgàth Iosa !

## CAIB. V.

*Am fìor-chreideach aig bord an Tighearn.*

A NIS, O m'anam ! Thug deadh làmh mo Dhé thu a dh'ionnsuidh a thighe, agus chuir i a'd' suidhe sios thu aig a bhord. Feuch tha gach ni deas ! Faic gu bheil thusa deas gu do Dhia a choinneachadh agus gu comhdhail cheart a thoirt da.

“ Eirich, a ghaoth á tuath, agus thig, a ghaoth á deas, séid air feadh mo liosa, rachadh fàile cùbhraidh a spiosraidh a mach. Thig-eadh m'annsachd d'a lios, agus itheadh e d'a thoradh taitneach.” (Dan Sholaimh iv. 16.) 'Nuair thig an Rìgh a steach a dh'amharc air na h-aoidhibh, na faiceadh e mise mar neach aig nach 'eil trusgan na bainnse.

Is àrd-fhéill ro-chudthromach so ! O m'anam,

thig dluth le mòr-urram agus le h-eagal diadhaidh.

“ Cha’n àit air bith so ach tigh Dhé, agus is e so geata nèimh,” (Gen. xxviii. 17. ;) biodh mo shuidheachadh inntinn iomchuidh, spioradail, agus nèamhaidh.

O mo Dhia! cum air falbh am buaireadair; cum a mach an saoghal; agus cum sios mo thruaillidheachd.

Na salaicheadh ana-miann; na gabhadh gnothuch air bith sealbh; agus na tionndaidheachd smuainte suarach m’inntinn air falbh. Dluthaich ri mo chridhe, agus biodh e a’ sealltuinn, agus air a shocrachadh ortsa.

Tha do ghràs, O Thighearn, ni’s leoir dhomh, agus biodh do chumhachd air a dheanamh foirfe ann am anmhuinneachd.

Oibrich annam araon an toil agus an gnìomh: neartaich mi gu treun, tre do spiorad-san anns an duine an leth stigh.

Beothaich mo chreidimh, mo ghràdh, agus gach gràs feumail eile gu cleachdadh tagair-each agus làidir.

Iosa bheannaichte! as t’eugmhais-sa cha’n urrainn domh ni air bith a choimhlionadh. Is urrainn mi gach ni a dheanamh tre Chrìosd a neartaicheas mi. Tarruing mi, agus a’d’ dhéigh ruithidh mi.

§ 2. *Nuair tha am ministear a’ briseadh an arain,*

Mar so bha corp mo Thighearn air a bhriseadh: “ B’i toil an Tighearn a bhruthadh agus a chur fo àmbghar.”

“ Bhruthadh e air son ar n-aingidheachdan.”

O gabham beachd do shamhladh a chuirp a bha air a bhruthadh, le cridhe briste agus le spiorad brònach !

Is cruaidh da rìreadh an cridhe sin nach maothaich an sealladh so !

Tha mi am barail gu bheil mi faicinn a chorp riomhach air a sgiùrsadh agus air a lotadh. Is cruaidh an ni ri smuaineachadh gu'm biodh ionracas iomlan air a chàradh air an doigh so. Ach an uair a smuainicheas mi gu'n robh an t-Uan neo-lochdach so aig an àm cheudna " 'na Dhia thar gach uile, beannaichte gu sìorruidh," agus gu'n d' fhuiling e so uile air mo shonsa, cia cruaidh mo chridhe, mar bi e air a mhaothachadh ?

Agus an uair a bha a chorp air a bhruthadh air an doigh so, chaidh an t-iarunn a steach 'na chridhe. Cò is urrainn a thuigsinn ciod a dh' fhuiling ar Slànuighear, 'nuair a ghlaodh e " Mo Dhia, mo Dhia, c'ar son a threig thu mi ?"

Faic an so cia olc agus cia searbh an ni am peacadh, agus cia gràineil e ann an sealladh Dhé, 'nuair nach deanadh iobairt ni's lugha ceartas brosnuichte a riarachadh !

An so tha gràs ! an so tha gràdh ! gu'n ull-uicheadh Dia corp d'a mhac, agus anns a' chorp sin gu'n giulaineadh e " ar peacanna air a' chrann," (1 Pead. ii. 24.)

§ 3. *'Nuair tha am ministear a' taomadh a mach an fhiona.*

Mar so bha fuil Chrìosd air a dortadh air mo shon-sa.

“Tha sinn air ar saoradh, cha'n ann le nithibh truailidh mar a ta airgiod agus òr, ach le fuil luachmhoir Chrìosd, mar fhuil Uain gun chron, gun smal,” (1 Pead. i. 18-19.)

“Ma ni fuil tharbh agus ghabhar dream a naomhachadh chum glanaidh na feòla; cia mòr a's mòr ni fuil Chrìosd, a thug e féin suas tre 'n spiorad shiorruidh gun lochd do Dhia, 'ur coguis-sa ghlanadh o oibribh marbha chum seirbhis a dheanamh do'n Dia bheò?” (Eabh. ix. 13, 14.)

O seallam air Iosa a' sruthadh fola, le cridhe brònach !

Faic an tobair a chaidh fhosgladh air son peacaidh, agus air son neoghloine ! “Glanaidh fuil Iosa Chrìosd o gach uile pheacadh.”

Thig am fagus, O m'anam ! agus co-chur. Nigh agus bi glan : Glan leis an hisop so, agus bithidh tu glan : Nigh anns an t-soith-each-ionnlaid so,” agus bithidh tu ni's gile na sneachdadh,” (Salm li. 7.)

Ciod ris nach feud duil a bhi againn o fhuil Dhé, o 'fhuil-san a bha 'na Dhia. (Gnìomh. xx. 28.)

Cia saor a dhoirt e 'fhuil ! Seall le mòr aoibhneas air na sruthannaibh gràidh sin, agus smuainich cia mòr a ta thu an comain an neach sin a leig a bheatha féin sìos air do shon.

O mo Dhia, cuir mo chridhe am farsuinn-eachd le gràdh do leithid so do charaid, agus na leig do m'chridhe a chaidh bhi air a chumh-annachadh d'a thaobh-san, a dh' fhosgail a chuislean, agus a dhoirt 'fhuil cho saor, agus a bhàsaich air mo shon.

Faigheadh mo shuil buaidh air mo chridhe, agus cuimhnicheam le mòr-chaomhalachd, air an teisteanas a thug e seachad air a ghràdh do m' thaobh. An robh gràdh riamh cosmhuil ri so?

§ 4. *A' glacadh an arain.*

Iosa bheannaichte! is tusa aran na beatha; tha do chorp briste 'na bhiadh air son anama: O itheam tre chreidimh agus maiream beò; itheam agus na faigheam bàs a chaoidh." (Eoin vi. 46.)

'Nuair a ghabh Iudas an greim, chaidh Satan a steach ann. A Thighearn, deonaich 'nuair a ghlacas mise an t-aran so gu'n teid Criosd a steach annam, agus gu'n gabh e sealbh shiorruidh air m'anam.

A nis, O m'anam! gabh ri Criosd gu h-iomlan, le cridhe iomlan, air son slàinte iomlain.

"A Thighearn, cha'n airidh mise air thusa a theachd a steachd fo m' chleith."

Tha mi gun teagamh ro neo-airidh, ach tha mi an dòchas, tre ghràs, nach 'eil mi gu tur neo-thoileach.

O nam biodh mo mhiann an deigh a' bhidh spioradail so co'-ionann ri m'fheum air, cia farsuinn a dh' fhosgailleadh m'anam a bheul, agus cia làn a bhitheadh e air a lionadh. (Salm lxxxi. 10.)

"O thusa a sholair aran domh, beothaich mo chiocras 'na dhéigh, agus beannaich gu pailt mo lòn.

"A Thighearn, meudaich mo chreidimh.

"O biodh an t-aran so air a bheannachadh

chum mo bheathachadh spioradail, agus m' fhàs ann an gràs.

“ O gu'm faighinn á lànachd Chrìosd, agus gràs air son gràis. (Eoin i. 16.)

“ Leis a' bhiadh rioghail so fàsadh m'anam a ta bochd agus seargta, sultmhor agus ùr. (Salm xcii. 14.)

“ Is biadh gu firinneach 'fheoil. (Eoin vi. 55.)

“ O m'anam ! gabh gu toileach agus géill ; gabh ri Iosa, agus thoir thu féin suas da. Mo Thighearn agus mo Dhia : buinidh mi dhuitse —saor mi.

“ Rinn mi roghainn an diugh do'n Tighearn gu bhi 'na Dhia dhomh. (Deut. xxvi. 17.)

“ Dhasan buinidh mi, agus ni mi seirbhis da. (Gnìomh. xxvii. 23.)

“ Beannaichte gu robh Dia, eadhon Athair ar Tighearna Iosa Crìosd, a bheannaich sinne leis gach uile bheannachadh spioradail ann an ionadaibh nèamhaidh ann an Crìosd.” (Eph. i. 3.)

Beannaichte gu robh Dia air son Iosa Crìosd.

“ Buidheachas do Dhia air son a thiodhlaic do-labhairt.”

### § 5. *Air gabhail a' chupain.*

“ Is e an cupan so an coimhcheangal nuadh ann am fuil mo Thighearn.” (1 Cor. xi. 25.)

“ Gabhaidh mi cupan na slainte, agus iocaidh mi mo bhòidean.”

“ Is deoch gu firinneach fuil Chrìosd.” (Eoin vi. 55.)

Gabhaidh mi cupan a' bheannachaidh ;— agus urramach gu'n robh a ghràdh-san, a bha



“air a dheanamh 'na mhallachadh air mo shon,” (Gal. iii. 13.) chum's gu'n lionadh e an cupan so le beannachd.

O cia saor a dh'òl mo Thighearn “do'n t-sruth air an t-slighe.” Cuimhnich, O m'anam! an gràdh sin thug air a ràdh, “An cupan a thug m'Athair dhomhsa ri òl nach òl mi e?” Bu chupan searbh dhasan e, ach dh'òl se e gu ruig na deisgeanan. Is cupan beannachaidh dhomhsa e; agus nach òl mi as gu toileach mar chuimhneachan airsan?

“Iosa bheannaichte! dh'òl thusa o laimh an Tighearn cuach a chorruidh; dh'òl thu, dh'fhàisg thu as, deisgeanan cuaiche na ball-chrithe,” (Isaiah li. 17.;) agus an do chuir thu a'm' lamhaibh-sa “cupan a' chomhfhurtachd so?” “Feuch ciod a' ghné ghràidh so!”

“O fuil luachmhor, a ghlanas o gach uile pheacadh!

Ol, O m'anam! agus cuimhnich air Iosa.

“Ol, agus dean caoidh air son do pheacanna, agus t'amaideachd.”

Ol, agus gabh ri maitheanas.

Ol, agus gabh greim do choimhcheangal Dé, a bha air a sheulachadh le fuil an Uain, “mar t'uile shlainte, agus t'uile mhiann.”

Ol, agus dichuimhnich do dhoilgheasan.

Ol, agus thoir maitheanas do d' naimhdibh.

Ol, agus thoir buaidh air eascairdibh t'anama.

Ol, agus dean gairdeachas ann an dòchas glòir Dhé.

Iosa beannaichte ! cuiridh mi an cuimhne do ghràdh nì's mò na fion, (Dan Sholaimh i. 4.)

“ Dhasan a ghràdhaich sinn, agus a dh'ionn-laid sinn o ar peacaibh 'na fhuil féin, agus a rinn rìghre dhinn, agus sagairt do Dhia agus d'a Athair-san ; Dhasan gu'n robh glòir agus cumhachd gu saoghal nan saoghal. Amen.” (Tais. i. 5, 6.)

Beannaichte gu'n robh Dia air son Iosa Crìosd.

“ Buidheachas do Dhia air son a thiodhlaic do-labhairt.”

§ 6. *Aig co-dhùnadh an t-sacramaint.*

“ Is airidh an t-uain a chaidh mharbhadh air cumhachd, agus saobhreas, agus gliocas, agus neart, agus urram, agus glòir, agus moladh fhaotainn.”

Moladh, agus urram, agus glòir, agus cumhachd, gu'n robh dhasan a ta 'na shuidhe air an rìgh-chaithir, agus do'n Uan gu saoghal nan saoghal,” (Tais. v. 12, 13.)

“ Cia so-ghràdhach do phàilliuna, a Thigh-earna nan slògh ! Is beannaichte iadsan a tha 'nan comhnuidh a'd' thigh-sa ; is fearr là a'd' chùirtibh na mìle : b' fhearr leam bhì ri dor-saireachd ann an tìgh mo Dhé, na bhì'm chomhnuidh ann am pàilliunaibh aingidh-eachd.” (Salm lxxxiv. 1, 4, 10.)

Agus, O m'anam ! ma bha an uair so cho milis, air do'n rìgh bhì air fhoillseachadh dhomh 'na ghlòir, agus an duthaich tha fad air astar, ged chunncas iad a mhain gu dorcha tre ghloin, cìod e sìorruidheachd ann an neamh,

'nuair a chi mi e mar a ta e, agus a bhios aithne agam air, mar a ta aithne orm; 'nuair a bhios mi maille ris, far am bheil e, agus a chi mi a ghlòir. Dean cabhag, O fhir mo ghràidh!

Air an doigh so is coir dhomh mo Thighearn a chuimhneachadh gus an tig e. Beannaichte gu'n robh Dia air son an orduigh naoimh so. Ach, O gu'm biodh m'anam air a chlaoidh le fadal air son ath-theachd Chrìosd, " 'nuair a dh' fhoillsichear e dhoibhsan aig am bheil suil ris, as eugmhais peacaidh, chum slainte," (Eabh. ix. 28.)

Thubhairt e, " Tha mi teachd an aithghearr; seadh, thig, a Tighearn Iosa," (Tais. xxii. 20.) Aig an àm cheudna, O m'anam! cuimhnich c'ait an robh thu, agus ciod a bha thu deanamh. Dh' fhosgail thu do bheul do'n Tighearn, agus cha'n fheud thu dol air t'ais. Cheangail thu t'anam le mionnaibh: Mhionnaich thu, agus feumaidh tu a choimhlionadh, gu'n coimhid thu breitheanais a cheartais.

Dh'aidich thu air an là'n diugh gur e an Tighearn do Dhia: Bi firinneach dha: Leig leis-san a mhain bhi air àrdachadh a'd' chridhe; bi leis-san, agus na b'ann le neach eile.

A nis, O mo Dhia! tha mi g'ad bheannachadh air son saorsa do thighe: tha mi g'ad bheannachadh air son combhaidh do spioraid: Nàire mo dhroch ghiulain tha mi gabhail dhomh féin, ach an cliu gu h-iomlan tha mi toirt duitse. O cuidich leam tre do ghràs, mar a ghabh mi ri Iosa Crìosd, mar sin gu'n gluais mi ann, chum's ge b'e àit am bi esan,

an sin gu'm bi mise, a sheirbhiseach neo-airidh,  
mar an ceudna. Amen agus amen.

---

## CAIB. VI.

*An fìor-chreideach an uaignidheas an deigh dha  
bhi aig bord Suipeir an Tighearna.*

§ 1. *An uair a bha an Sacramaint sòlasach.*

“ Beannaich an Tighearn, O m'anam ; agus moladh gach ni a ta an taobh stigh dhìom, 'ainm naomh-san : Beannaich an Tighearn, O m'anam ! agus na dichuimhnich a thiodhlacan uile ; a chrùnas thu le caoimhneas gràidh, agus caomh-throcairibh ; agus a shàsuicheas do bheul le nithibh maith.” (Salm ciii. 1, &c.)

Cia cho taingeil is coir dhomh a bhi gu'n robh dorsan tighe an Tighearn fosgailt' dhomh, agus gu'n robh saor-chomas agam teachd a dh'ionnsuidh a bhuird. Cia mar thachair so dhomhsa, a thoill o chionn fhada a bhi air mo dhruideadh steach am measg nan spiorad am prìosan, agus a bhi air mo bheathachadh le aran an amhghair, agus le uisge an amhghair, gu'm faighinn comas teachd air aoidheachd gu leithid so do chuir ; “ cuir do nithibh blasta làn do smior, do fhion aosda air a dheadh tharruing ? ” gu'm faicinn an “ Rìgh 'na ghlòir, agus gu'n suidhinn maille ris aig a bhord ; ” gu h-àraidh 'nuair a bha aobhar agam a smuaineachadh gu'm bithinn air m' fhuadach-

adh o a làthair, agus gu'n cluinninn na briathra dòlasach sin, " Na faic m'aghaidh ni's mò."

Beannaichte gu'n robh Dia, a leig dhomh bhì beò a dh' fhaicinn an là so,—an là aoibhneach so ; agus nach robh mi air mo bhacadh fada roimh so le buille iongantach, agus air mo thoirt am braighdeanas leis a' bhàs a dh' ionnsuidh sheòmraichean an tighe sin, a dh' orduicheadh do gach uile bheò.

Beannaichte gu'n robh e, nach do leig e leam teachd beò ni's faide an dichuimhn air ordugh cho milis agus cho tarbhach ; gu'n d' thug e dearbhadh dhomh air mo dhleasdna ; gu'n do bhrosnuich e mi gu rùnachadh, agus gu'n do dhaingnich e mo rùn-suidhichte ; air achd is gu'n do choisrig mi mi féin do'n Tìgh-earn agus d'a Eaglais, thre thoil Dé, a dh' aindeoin uile mhi-ruin an diabhuil. 'Se so an ni a chuir mi romham uair agus uair ; ach bhac Satan mi. Beannaichte gu'n robh Ceannard mo shlainte, nach do bhac e mi ni's faide ; nach b' urrainn an àireamh laidir do chunn-ùilean a chuir e r'a cheile mo chumail air m' ais o m' dhleasdna : " gu'n robh mi air mo dheanamh ro-thoileach ann an là a chumhachd." (Salm cx. 3.)

Beannaichte gu'n robh Dia, nach d' rinn mo neo-churam nadurra, agus mo ghaol air fois, thoirt orm dleasdna a sheachnadh, a ta 'g iarraidh dichioll, agus co-chur saothreachail gu ulluchadh air a shon ; nach d' thug mo mhiann an deigh an t-saoghail so orm bhì

gearain air son na h-aimsir a dh' fheumas fear-comanachaidh iomchuidh a chur air leth o ghnothuichibh saoghalta, chum e féin ulluchadh fa chomhair na seirbhis naoimh so; gu h-àraidh nach do tharruing m' amharusan neo-chreideach, mo theagamh, m' eagal, agus m' eud, mi o m' dhleasdhas, le bhì toirt orm a smuaineachadh gu'n robh mi neo-iomchuidh agus neo-airidh.

Tha e mar fhiachaibh orm mar an ceudna esan a chliuthachadh air son còmhnaidh a spioraid Naoimh agus a ghràis, do bhrìgh gu'n robh m' inntinn air doigh àraidh ciùinichte; gu'n robh miann mo chridhe air 'ainm, agus air a chuimhne; gu bheil aobhar agam a chreidsinn gu'n robh mi treibhdhireach, agus gu'n do ghluais mi ann an ionracas mo chridhe: Ged tha e 'na aobhar nàire dhomh nach d' rinn mi ni's fearr, is coir dhomh esan a mholadh gu'n d' rinn mi cho maith; "Cha mhise, ach gràs Dhé a tha maille rium! Cha'n ann duinne, O Thighearn, cha'n ann duinne a bhuineas a' ghlòir."

Ach, O m'anam! Na biodh do thaingeachd air a cur an céill am briathraibh coit-chionnamhàin: gabh ath-bheachd do'n ghnothuch gu h-iomlain, agus biodh t' a' aideachadh d'a réir sin. Feudaidh moran gràidh bhì air a chur an céill le nithibh a ta, a reir coslais, ro-bheag; nithibh air am feudar beachd-smuaineachadh le mòr thoil-inntinn, agus a ta airidh a bhì air an cuimhneachadh le taingeachd.

Tha e mar fhiachaibh orm Dia a chliuthachadh, do bhrìgh, le a fhreasdal cairdeil, gu'n do "threoraich e mi do'n tigh-fhiona sin, far an robh a ghràdh 'na bhratach tharum;" gu'n robh dorsan an ionaid naoimh fosgailte; nach 'eil mo chrannchur air a shonrachadh dhomh sua h-ionadaibh sin, far am bheil tighean-aoraidh Dhé air am milleadh —a mhinistirean air am fògradh do chùilltibh,—agus anama cràbhach air an co-eig-neachadh le h-ainneart gus am Mana neamhaidh, am biadh spioradail, a thional le cunnart am beatha. Beannaichte gu'n robh Dia gu'm feud sinn teachd cruinn an ceann a cheile, le caoimhneas ar luchd-riaghlaidh, agus "nach 'eil neach ann a chuireas eagal oirnn;" gu bheil an Tighearn "ag ulluchadh bord fa'r comhair am fianuis ar naimhde," (Salm xxiii. 5. ;) agus ged ghuidh mic Bheliail mallachd agus mi-rùn duinn, nach urrainn doibh ar milleadh; seadh, nach 'eil comas aca dragh a chur oirnn. Beannaichte gu'n robh Dia, cha'n urrainn doibh masladh a thoirt duinn, agus a ràdh, "C'àit a nis am bheil ar Dia?" Feudaidh sinn a nis "dol maille ris a' mhòrchuideachd gu tigh Dhé le guth na mòrchuideachd a ta cumail là féille," (Salm xliii. 3, 4.) Beannaichte gu'n robh 'ainm gu bheil e air a cheadachadh dhuinne, a's urrainn aideachadh "gu bheil sinn samhach san tìr," (Salm xxxv. 20.) ar coir-bhreith nadurra a shealbhachadh, agus nach 'eil sinn air ar meas le ar luchd-riaghlaidh 'nar ceannaircich, no diubhalach do rìghribh, (Esra iv. 15.)

Tha e'na aobhar molaidh domh mar an ceudna “nach d' eirich olc air bith dhomh, agus nach d' thainig plàigh am fagus do m' fharduich,” (Salm lxxxi. 10.) a dh'fheudadh mo dhruideadh a mach, ged bhiodh dorsan a thighe-san fosgailte: nach robh mo thigh air a dhunadh suas, agus “A Tighearn bi tròcaireach” air a sgrìobhadh air; “nach do dhlùth-lean droch-thinneas rium,” (Salm xli. 8. ;) agus “nach robh mo leasraidh làn do ghalar granda,” (Salm xxxviii. 7.) a chumadh mi air mo leabaidh no ann am sheòmar, agus a bhacadh dhomh dol gu tigh an Tighearn: gu'n robh “rùn-diomhair Dhé air mo phàill-iun, agus nach d' thainig truaighe dhoruinn-each air bith orm, a chuireadh m' inntinn thar a chèile, agus a dh' fhàgadh mi eu-comasach air an ordugh a fhrithealadh le sìth agus le cràbhadh. Beannaichte gu'n robh Dia, nach robh feum agam air leisgeul Aaroin, 'nuair a dhichuimhnich e an iobairt-pheacaidh itheadh anns an ionad naomh, agus a cho-riasunaich Maois ris: “Agus thachair an leithidean sin do nithibh dhomh-sa; agus nam bithinn air itheadh na h-iobairt-pheacaidh an diugh, an gabhta rithe an lathair an Tighearn?” (Lebh. x. 19.) Gu h-àraidh bhithinn taingeil nach d' thug Dia air falbh a spiorad,—nach do fhuasgail e an diabhl,—agus nach do leig e fa sgaoil mo thruaillidheachd; air achd, air dhomh bhi air mo ghlacadh ann am peacadh uamhasach, no air mo chlaoidh le buaireadh craiteach, nach biodh a dhànadas agam na



thigeadh am fagus do'n Dia eudmhòr sin 'na ordugh naomh; ach gu'm feumadh m'ait bhi falamh, do bhrìgh gu'n robh deamhan casaideach, agus cogais agairteach a' glaodh-aich agus ag ràdh, "Cha'n 'eil e glan, gu cinnteach cha'n 'eil e glan," (1 Sam. xx. 26.)

Bheirinn mar an ceudna cliu do m' Dhia, nach robh mi air mo mhealladh a thaobh a fhreasdal do'n mhinisteir,—stiubhard nan rùndiomhair sin; nach d'fhàg tinneas, no tuit-eamas air bith eile eu-comasach e air son seirbhis a mhaighstir: *ach* gu'n robh Dia maille ris a reir a gheallaidh chaoimhneil; gu'n robh Iosa Criosd maille r'a spiorad, agus gu'n d' thug e dha "teangadh nan daoine foghlumte, a chum gu'm b'aithne dha focal a labhairt ann an deadh àm," (Isaiah l. 4.) Cia uamhasach an rabhadh a thug e dhuinn gun sinn theachd am fagus as eugmhais an trusgainbainnse! Cia caoimhneil an doigh air an d' thug e misneach do gach anam cràbhach agus toileach "teachd le dànadas gu caithir nan gràs," agus, le creidimh, "gu uisge a tharruing á tobraichibh na slainte!" Cia druigh-teach an doigh air an do chuir e an ceill fulangas ar Tighearna! Cia durachdach a sparr e oirnn creidimh 'na fhuil, agus co-chosmhalachd r'a bhàs! Cia deothasach a mhol e 'eispiel, agus a bhrosnuich e gu umhlachd choitchionn, le bhi nochdadh sonas an t-sluaigh sin a ta deanamh seirbhis da, agus 'ga leantuinn, agus a bhios "maille ris far am bheil e, agus a chi a ghloir!" Cia durachdach a

ghuidh e gu'n tuirlingeadh spiorad naomh air gach anam treibhdhireach! gu'n cuimhnich-eadh Dia sinn, o'n neach a's àirde gus an neach a's isle " leis an deadh-ghean a nochdas e d'a shluagh féin, agus gu'm fiosraicheadh e sinn le 'shlainte!" nach biodh fear-comanachaidh air bith aig a' bhord sin air là eile air chall aig deas laimh Chrìosd; ach gu'n " suidheamaid sìos maille ri Abraham, Isaac, agus Jacob ann an rioghachd Dhé," agus gu'n rachamaid a steach do'n fhois sin a dh'fhàgadh fa chomhair sluaigh Dhé. Beannaichte gu'n robh Dia, nach robh a bheul air a dhùnadh, no a spiorad air a chumbannachadh, mar pheanas ceart air son mo pheacanna, leis an do bhrosnuich mi e gus na sochairean sin a mhi-ghnathaich mi gu truagh a thoirt uam.

Is còir dhomh 'ainm a chliuthachadh mar an ceudna nach do dhiult e dhomh " a ghràs, agus nach d' thug e a spiorad naomh uam," 'nuair thainig mi dh' ionnsuidh a bhuid. Ged bha m' ulluchadh cho neo-iomlan,—cho goirid air glanadh an ionaid naoimh,—agus mo ghiulan uile ro-fhailleach, gidheadh tha dòchas agam gu'n do choinnich mi esan " do 'm bheil gràdh aig m'anam:" bha trocair an Tighearn os ceann mo dhùil cho maith agus os ceann mo thoillteanais. Beannaichte gu'n robh Dia, nach do thachair dhomh a reir roimh-fhiosachd m'inntinn thruaillidh agus chasaid-each. Bha dùil agam ri gruaim mharbhtach, ach, do'm ioghnadh mhòr, chaidh m'fhàilt-eachadh le feith-ghàire shòlasach: " Thog e

orm solus a ghnùise," labhair e briathra taitneach rium, agus chuir e air falbh mi le gairdeachas agus le h-oranaibh, le tiompan, agus le clarsaich ! (Gen. xxxi. 27.)

Molaidh mi e, do bhrìgh gu'n do chuidich e le m' ana-creidimh, air a'chd is ged tha mi air bheag creidimh, nach robh i ri iarraidh 'nuair bu choir dhi bhi ann an cleachdadh. Chuimhnichinn le cridhe taingeil a chaoimhneas domh anns a' chomas a fhuair mi gu greim a dheanamh air nithibh neo-fhaicsinneach ; 'nuair chunnaic mi an t-aran agus am fion gu'm b'urrainn domh sealltainn trompa agus an cuspair beannaichte sin a ta iad air an sonrachadh gu chur an céill : ged tha mi ullamh gu bhi cosmhuil ri Tomas ana-creideach, gidheadh, (tre strìochdadh glormhor mo Shlànuighir, cha robh mi mi-chreideach ach creideach, (Eoin xx. 27.) Nochd se e féin air an doigh sin do m'anam, nach b'urrainn domh ach a ràdh, " Mo Thighearn agus mo Dhia." Smuainich mi nach robh mi cur an teagamh gur e Iosa am Mesiah, esan a sheulaich Dia an t-Athair, ni's mò na ged bhithinn lathair 'nuair a thainig a shamhuil so do ghuth d'a ionnsuidh o'n ghlòir oirdheirc, " Is e so mo mhac gràdhach-sa, anns am bheil mo mhòr-thlachd."

Shaoil mi gu'n do chreid mi cho daingean gu'n do bhàsaich esan air a' chrann-cheusaidh air son mo pheacanna, is ged bhithinn ag amharc air an t-sealladh uamhasach sin,— a'm' sheasamh làimh ris an Oigh Muire, agus

an deisciobul gràdhach. Chunnaic mi, tre chreidimh, a chorp air a bhriseadh, agus 'fhuil air a doirteadh; *chunnaic mi* a chruaidh-ghleachd san taobh a stigh, 'nuair a ghlaodh e gu h-àrd, “Mo Dhia, mo Dhia, c'arson a thréig thu mi?” agus an coimh-mheasgadh glormhor do mhorachd, do ghràdh, agus do dhoilgheas a bha 'na ghnuis 'nuair a thubhairt e, “Tha e crìochnaichte, agus, air cromadh a chinn da, thug e suas a spiorad!” (Eoin xix.30.)

Bha comas air a thoirt domh, gun amharus air bith, a chreidsinn gu'n do bhàsaich, agus gu'n “d'eirich e a rìs a reir nan sgrioptuir;” (1 Cor. xv. 4.) agus ged “bha e marbh gu bheil e nis beò, agus gu'm bi e beò gu saoghal nan saoghal,” (Tais. i. 18.) Cha mhòr nach robh mi a'm' fhianuis, a'm' inntinn féin, air a dhol suas *gu neamh*; air dhomh bhi creidsinn na cùise so cho dearbhta is ged bhithinn am measg dhaoine Ghalile, “'nuair thogadh suas e, agus iadsan 'ga fhaicinn; agus thug neul as an sealladh e,” (Gnìomh. i. 9.) Chreid mi gu bheil e 'na shuidhe aig deas laimh Dhé, a' deanamh eadar-ghuidhe air son na h-Eaglais, agus a' riaghladh a gnothuichean, cho cinnteach is ged fhaiceadh mo “shuilean an rìgh 'na mhaise, agus an tìr cian fad as,” (Is. xxx. 17.) Seadh, shaoil mi, a reir mo bharrail, gu'm b'urrainn domh sealltuinn air son 'fhoill-seachaidh an dara uair, (a bhios as eugmhais peacaidh chum slàinte,) le uiread do mhuin-ghinn is ged chluininn an dà aingeal ag ràdh, “C'ar son a'ta sibh 'nur seasamh ag amharc gu

neamh? An t-Iosa so a thogadh suas uaibh gu neamh, is amhuil sin a thig e, mar a chunnaic sibh e a' dol gu nèamh." (Gnìomh. i. 11.)

Seadh, beannaichte gu'n robh Dia! bha comasair a thoirt domh gu creidsinn ann an Iosa mar mo Shlanuighear. Fhuair mi misneach gu a ràdh, "Bha an corp so air a bhriseadh, agus an fhuil so air a doirteadh air mo shonsa, Ghràdhaich mac Dhé mi, agus thug se e féin air mo shon," (Gal. ii. 20.) Agus ged bha beachd domhain agam a thaobh mo neo-iom-chuidheachd féin, agus ged bha mòran aingidheachd, agus pheacanna uamhasach agam r'a chaidh, gidheadh, (beannaichte gu'n robh 'ainm,) bha mi air mo thogail suas os ceann gach eagail agus iom-chomhairle a bha cur curam orm; agus air mo chomh-eigneachadh le h-ainneart naomh "gu creidsinn ann an dòchas an aghaidh dòchais." (Romh. iv. 18.)

Chunnaic mi mi féin suarach agus graineil mar ifrinn, mar am prìomh pheacach a's miosa; agus gidheadh cha robh e 'n comas domh tuiteam ann an eu-dòchas, do bhrìgh gu'n deach am focal so a thoirt dachaidh dhomh, "Glanaidh fuil Iosa Crìosd o gach uile pheacadh," (1 Eoin i. 7.) Air leam gu'n dubhairt mo Thighearn gràdhach rium le caoin-fhaoilte "Biodh misneach mhaith agad; is mise ta ann, na biodh eagal ort," (Marc. vi. 50.) Thigibh a m' ionnsuidh-sa, sibhse uile a ta ri saothair, agus fuidh throm uallaich, agus bheir mise suaimhneas dhuibh, (Mat. xi. 28.) agus an ti a

thig a m' ionnsuidh, cha tilg mi air chor sam bith a mach e," (Eoin 6. 37.) Ge b'e neach leis an àill, gabhadh e uisge na beatha gu saor," (Tais. xxii. 17.)

Gun amharus, bha mo chridhe neo-chreid-each ullamh gu ràdh, " Cia mar is urrainn so a bhi?" An urrainn a leithid do chnuimheig a bhi 'na cuspair gràidh shiorruidh? An urrainn do chreutair cho suarach agus cho truailleidh bhi 'n duil gu bheil daimh aig ri, agus coir ann an, Iosa Criosd; agus comas gu teachd a dh'ionnsuidh a shleibh naoimh? Tha mi cosmhuil ri Iacob 'nuair a chual e gu'n robh Ioseph beò agus 'na Thighearn air tìr na h-Eiphit, " Dh'fhannaich a chridhe, oir cha do chreid e iad." Ach bha mo spiorad air a bheathachadh, 'nuair a thug mi fa'near an t-ulluchadh a rinn Dia fa m' chomhair chum gu'n gabhainn seilbh air an rioghachd. Agus an uair a smuainich mi gu'm feud dùil a bhi agam ri ni air bith o thròcair neo-chriochach tre thoillteanas neo-chriochnach, b'urrainn domh glaodhach a mach, " Beannaichte gu'n robh Dia; A Thighearn, tha mi a' creidsinn; cuidich thusa le m'ana-creidimh!"

Is còir dhomh cliù agus moladh a thoirt da, do bhrìgh gu'n robh " a ghràdh air a dhortadh a mach ann am chridhe," (Romh. v. 51.) gu mor thar mo dhùil; gu h-araidh air dhomh a thoirt fa'near gu'n robh mo chridhe neo-thoinisgeach, gun mhothachadh, agus fuair mar charraig eighe. Chunnaic mi glòir mo Thighearn, agus cha mhòr nach do ghlaodh mi a mach,

“ Is e so fear mo ghràidh, is e so mo charaid, a nigheana Ierusalem.” (Dan Sholaimh v. 16.)  
 Chunnaic mi e mar a ta an Eaglais 'ga chur an céill, agus b'urrainn domh a ràdh maille rithe, “ Seadh, tha e gu léir ionmhuinn.” O cia mar a mhiannaich mi teachd ni b' fhaigse dha, agus sealladh ni's soilleire fhaotainn deth!  
 “ Tha tart air m'anam chum Dhé, chum an Dé bheò ; seadh, mar a thogras am fiadh chum nan sruth uisge, mar sin tha m'anam a' togairt a d' ionnsuidh-se, a Dhé.” (Salm xlii. 1, 2.)  
 Bhithinn toileach air bàsachadh ann an greadh-nachas mo ghràidh, chum's nach cailinn sealladh do chuspair cho glòrmhor gu siorruidh.

O cia mar a dhrùigh comharan a ghràidh luachmhoir air m'anam, agus mar a lion iad mi le taingeileachd. Smuainich mi gu'm b'urrainn domh mìle bàs fhulang air a shonsan a ghràdhaich mi, agus a thug e féin air mo shon. Agus O na dichuimhnicheam a chaoidh cia cho nàireach, agus cho doilich 'sa bha mi, 'nuair a thug mi fa'near peacanna agus tuisleadh a' chuid a chaidh seachad do m' bheatha. 'Nuair a ghairm mi gu cuimhne gach dleasdanas a dhìchuimhnich mi, agus gach peacadh a chuir mi an gnìomh, a reir mar a sgrìobh mo choguis sios iad, cia mar a bhual mo chridhe mi! O smuainich mi, “ An e so do chaoimhneas do d' charaid gràdhach? An ann mar so a dh'ìocas tu do'n Tighearn, O a chreutair amaideach agus gun chéill? Am bheil na nithe sin ionchuidh gu bhi air an iocadh air son gràidh cho iongantach? Cia d'a oibrìbh

maithe air son am bheil e air a dhichuimhneachadh, agus air a mhaslachadh leat air an doigh so? Nach 'eil e mithich dhomh bhi mosgal á m' chodal chum's gu'n runaich mi gu laidir agus gu bunailteach air umhlachd ni's fearr a thoirt seachad? Gun teagamh is leoir dhomh an aimsir a chaidh seachad gu nithe a choimhlionadh a ta neo-iomchuidh do chreideach agus do dhuine; seadh, gu mi féin a thilgeadh ni's isle na na "beathaichean tha bàsachadh; oir is aithne do'n damh a shealbhadair, agus do'n asail prasach a maighstir." (Isaiah i. 3.)

Uime sin tha mi le mòr-dhurachd a' toirt buidheachais do Dhia, gu'n d' thug e dhomh tre a spiorad agus a ghràs, creidimh, gràdh, aithreachas agus deadh-rùn. 'Se esan a dh' oibrich annam araon an toil agus an gnìomh, agus gheibh esan a' ghlòir: air dhoigh eile, bhithinn mar a bha mi aig amannaibh a chaidh seachad,'nuair, (mar a dh' fheumas mi aideachadh chum mo nàire,) a chaidh mi gu smuairneach a dh' ionnsuidh a bhuird, agus a phill mi gun mhothachadh air bith; an uair a chaidh mi gu dubhach, agus a phill mi gun sòlas; agus an uair a bha mo dheanadas a mhàin 'na chleachdadh corporra anns nach 'eil tairbhe air bith. Feumaidh mi aideachadh gur e a ghràs a's aobhar gu'n robh mo staid ni b'fhearr na b'abhaist di; oir, abradh sluagh an ni a's àill leo, air mo shon féin tha mi a' mothachadh nach urrainn domh ni maith air bith a dheanamh: "Annam-sa, sin ri ràdh ann am



fheoil, cha'n 'eil maith air 'bith' a' gabhail comhnuidh."

"A nis, O mo Dhia! gabh ri m'aidmheil buidheachais: Gleidheam mothachadh do ghràidh an comhnuidh ùrar air mo chridhe; agus gu h-àraidh cuidich leam gluasad air doigh a bhios freagarach do m' aidmheil, agus do m' shocharaibh: Na saltram a chaoidh "air mac Dhé fo m' chosaibh, agus na measam mar ni mi-naomha fuil a' choimhcheangail leis an do naomhaicheadh mi. Amen. Air sgàth Iosa.

§ 2. *An uair nach robh an t-Ordugh taitneach a réir mo dhòchais.*

Bha mi aig bord an Tighearn, far an cleachd leis coinneamh a chumail r'a shluagh agus am beannachadh: Chaidh mi air m'aghaidh le lan-dòchas, an dùil ged bha mi ro neo-iomchuidh, gu'm biodh co-chomunn agam "ris an Athair agus r'a Mhac Iosa Criosd:" gu'm faighinn comhdhail shòlasach, agus gu'm pillinn le gairdeachas. Ach, mo thruaighe! Cia mòr a ta mi air mo mhealladh! "Thàinig mi gus na sluichd, agus cha d'fhuair mi uisge sam bith; phill mi le m' shoithichibh falamh; bha nàire agus masladh orm." Dh'ulluich mi òran-molaidh, agus shaoil mi gu'n co-dhùininn a' chuir mi le "Hosanna do mhac Dhaibhidh:" Ach, mo thruaighe mi! b'eigin domh "mo chlarsach a chrochadh air na crannaibh seilich. Tha m'fheill air a tionndadh gu bròn, agus m'òrain gu tuireadh, agus tha a' chrìoch mar là searbh." (Amos viii. 10.)

Bha m'inntinn dorch, mo chridhe cruaidhe, mo smuainte mi-riaghailteach, m'aighe buair-easach, agus m'anam maille ris gach ni tha an taobh stigh dhiom gu tur ann an eas-ordugh. Cha b'urrainn domh aon chuid creidsinn, no aithreachas a ghabhail, no dòchas no gràdh altrum, no ni air bith eile bu choir dhomh a dheanamh. Chleachd mi, agus rinn mi strì rium féin an diomhan. Bha mi mar gu'm b' ann air mo cheangal le cuibh-richibh, air mo luasgadh thairis, agus mo chridhe 'na chodal. Aig an àm cheudna "bha mo naimhdean beothail," (Salm xxxviii. 19.) an diabhl meachranach, an saoghal 'gam thàladh, agus deich mìle ni faoin 'gam mhealladh agus 'gam bhuaireadh.

"Och is duine truagh mi!" 'Nuair bu chòir dhomh bhi soirbheachadh, 'sann a bha mi dol air m'ais:—" 'Nuair a b'àill leam maith a dheanamh, bha an t-olc lathair agam." (Romh. vii. 21.) Tha crith orm bhi toirt fa'near ciod an doigh air an do shuidhe mi sios aig a' bhord naomh, agus is iongantach nach do ghabh am maighstir beachd orm, agus nach dubhairt e, "A charaid cia mar thàinig thu an so? Nach dubhairt e r'a sheirbhisich, "Air a cheangal duibh eadar chosan agus làmhan, togaibh leibh e agus tilgibh e anns an dorchadas iomallach." Tha foighidin Dhé a' cur iongnadh orm, gu'n do ghiulain e le leithid do ghniomh faoin, agus nach do mhosgail e m'anam trom le breitheanas uamhasach; air do'n bhagradh m'fhàgail caoinshuarach, nach d'fheuch e ciod a dheanadh

coimhliadh a' bhagraidh orm; a reir briathra an Abstoil, " Air a shon so tha mòran 'nur measg lag agus tinn, agus tha moran 'nan codal." (1 Cor. xi. 30.)

Tha mi toirt cliu do fhoighidin Dhé, agus cha bhi mi eu-dòchasach a thaobh maitheanas tre fhuil Chrìosd: ach cha'n urrainn domh maitheanas a thoirt domh féin, agus tha mi as eugmhais foighidin 'nuair tha mi toirt fa'near cia cho neo-mhothail 'sa bha mi, agus cia olc a riaghailtich mi. Bu mhiann leam gu'n cuireadh am freasdal a's cruaidhe grabadh orm; gu'n cumadh ni air bith, ach peacadh, air ais mi, chum's nach mi-ghnàthaichinn an t-ordugh naomh so—nach bithinn ciontach ann an ìolc co mòr,—nach tuitinn ann an leithid do chunnart,—agus nach bithinn air mo luchdachadh le leithid do dhoilgheas. Ach, mo thruaighe, tha e 'na ni faoin, theagamh neo-laghail, bhi a' miannachadh so!

Thig uime sin, O m'anam! agus an àite bhi caithe na h-aimsir ri caoidh gun fheum, smuainich ciod e do dhleasdanas san staid sam bheil thu aig an uair so. Irioslaich thu féin gu mòr an lathair Dhé, agus asluich a dheadh-ghean: faic am bheil aobhar air bith comh-fhurtachd agad; agus dean dichìoll (ma tha e a'd' chomas) chum an cruaidh-chas so a thionndadh gu maith.

" A Dhia, bi tràcaireach dhomh-sa a ta a'm' pheacach:" Tha mi ag aideachadh m' aingidheachd, agus ag iarraidh nàire a ghabhail domh féin mar a bhuineas domh: A'd' aghaidh-sa, " O Thighearn, pheacaich mi, agus

feumaidh gu'm fireanaichear thu 'nuair a labhras tu, agus gu'm bi thu glan 'nuair a bheir thu breth." Cha robh ni air bith a dh'easbhuidh air do thaobh-sa ; bha gach uile ni ullamh : fhuair mi bord air a sgaoileadh, agus cupan a' cur thairis. Choimhlion am ministear a chuid féin do'n ghnòthuch air mhodh treibhdhireach agus dùrachdach ; agus b'e mo choire féin nach robh e 'na ordugh milis agus chum foghlum dhomh-sa, cho maith is do shluagh eile. B'e mo leisg, no m' uaill, no m' ana-creidimh, no ni eigin eile annam féin, a bhrosnuich do spiorad gu m'fhàgail, agus a thug ort do ghràs àicheadh,—ni as eugmhais nach urrainn domh bheag air bith a dheanamh. Tha mi ag aideachadh gu h-iriosal, agus a' caoidh o m' chridhe nach do ghluais mi a reir nam bòidean a thug mi seachad, agus an deadh-ghean a chaidh nochdadh dhomh. Mhionnaich mi aig a' bhord so, agus cha do choimhlion mi ; chaidh sìth a labhairt, gidheadh phill mi a rìs chum amaideachd ; fhuair mi co-chomunn milis maille riutsa, gidheadh dhichuimhnich, dhearmad, agus bhrosnuich mi thu, agus uime sin bha mi air mo smachdachadh le ceartas air do fhear mo ghràidh mo threigsinn ; chum " 'nuair a dh'iarr mi e, nach d'fhuair mi e ; agus an uair a ghairm mi air, nach do fhreagair e mi." (Dan Shol. v. 6.) " Uime sin do m' Chruithear bheir mi ceartas ; gabhaidh mi gràin diom féin, agus ni mi aithreachas ann an duslach agus ann an luathre." A Dhia, thoir maitheanas domh gu'n robh m'ulluchadh cho eutrom, agus m'fhein-cheas-

nachadh cho neo-dhiongmhalta, mo smuain-eachadh cho sgaoilte, m'urnuighean cho fuar, agus mo dhìchioll anns na h-uile nithibh cho beag :—Thoir maitheanas domh ma dhearmad mi dleasdanas ulluchaidh, no ma chuir mi tuille cudthrom orra na bu chòir dhomh, no ma thug leisg orm an dearmad, no uail gu dòchas a chur annta :—thoir maitheanas domh ma bhrosnuich mi mo Dhia, agus ma dh'fhàg mi mi féin neo-iomchuidh air son na cuirme naoimh sin, le m' dhurachd an deigh gnothuichean an t-saoghail so,—le deidh anabarrach air son bìdh agus dibhe, le codal, no le cùlaidh-shugraidh neo-fheumail,—le miann mìgheimnidh, no le mì-riaghailt a'm' ghnòthuichibh ; no ma bha mi ciontach ann am peacadh air bith do nach do ghabh mi aithreachas iomchuidh, ma tha mi teachd beò an dearmad air dleasdanas air bith, no fo chumhachd anamian nach 'eil air a chlaoidh ; “ thoir fios domh c'arson a ta thu cur a'm' aghaidh ; irioslaich mi gu mòr,—ionnlaid mi gu h-ìomlan, agus thoir maitheanas domh gu saor, air sgàth Iosa.” Amen.

Ach, O m'anam ! ged tha aobhar cho mòr agad air son irioslachaidh agus fein-mhaslaidh, cha'n fheud thu tuiteam ann an eu-dochas, no bhi diultadh sòlas a ghabhail.

Is coir dhomh dòchas a bhi agam gu'n robh mo chridhe ceart maille ri Dia, agus nach robh mi ciontach le m' thoil do mhealltaireachd no do ni faoin 'na lathair ; uime sin feudar beachdachadh air iomadh ni chum m'eagal a

chasgadh, agus mo dhoilgheas a chiùineachadh.

Cha'n 'eil mi a' deanamh seirbhis do mhaighstir cruaidh : bheir Dia grasmhor agustròcaireach fa'nearan neo-iomchuidheachd sin a ta 'g eirigh o dhubhachas, o thriob-laidibh cuirp, agus o bhuaireannibh laidir. Is aithne dha ar dealbh ; is cuimhne leis gur duslach sinn ; agus cha'n 'eil dùil aig ri leithid do ghiulan o chreutairibh bàsmhor 'sa tha aig o ainglibh neimh, agus o spioradaibh nam firean air an deanamh foirfe. Feudaidd briathra grasmhor mo Thighearn, " A ta gun amharus an spiorad togarach ; ach a ta an fheoil anmhunn," (Mata xxvi. 41.) bhi air an gnathachadh chum sòlas a thoirt do na fìor-chreidich iriosal, ged tha iad gu minic air am mi-ghnàthachadh a chruadhachadh a' chealgair leisg agus an-dàna.

Smuainicheam mar an ceudna nach còir dhomh an comhnuidh co-dhùnadh gu bheil an t-ordugh cailte, far nach robh ceudfaidhean na h-inntinn air an togail an àird. Feudaidd fìor cho-chomunn ri Dia a bhi far nach 'eil fìor thoil-inntinn. Feudaidd an sacramaint bhi air a bheannachadh chum irioslachd agus fìor-naomhachd a chur air an aghaidh. Bha mi dh'easbhuidh fìor-mhothachadh, agus dh'iarr mi làn-dearbhadh ; seadh, tha e ro-chosmhuil gu'n robh so air àicheadh ann am maitheas, chum obair Dhé a ghiulan air a h-aghaidh a'm' anam, a dh' fheumas iomadh doigh gus an ni so a choimhlionadh ann ; mar a ta gaoth agus uisge, reotha agus dorchadas 'nan amannaibh

féin, cho feumail do'n talamh ri féith agus ri teas na greine. Le so, feudaidh e bith, gu bheil Dia a' teagasg dhomh teachd beò ni's mò air creidimh ann am fireantachd agus lànachd Iosa; bhi ni's an-earbsaich' asam féin, agus ni's mall gu achmhasan a thoirt do shluagh eile; bhi ni's furachair, ni's iriosail', ni's seirceil', agus ni's trocairich' na bha mi riamh. Theagamh gu'm faic mi aobhar gu Dia a mholadh an deigh-laimh air son nan nithe a ta cho cràiteach a nis. Cha leig mi am feasd air dichuimhn' na briathra a labhair mo Thighearn ri Peadar " An ni so a ta mi a' deanamh cha'n aithne dhuitse e a nis; ach bithidh fios agad air an déigh so." (Eoin xiii. 7.)

A thuille air sin, bheirinn fa'near nach urrainn domh air an uair buannachd an orduigh so a mheas. An ni sin a ta air a chuir le deuraibh, feudaidh e bhi air a bhuaineadh le h-aoibhneas, ged nach 'eil sin ro-chosmhuil air an uair. Feudaidh an iocshlaint spioradail mo chàil a leigheas, ged nach oibrich i air doigh fhaicsinneach, agus nach dean i grad-leigheas.

Gidheadh bha mi an cois mo dhleasdais; agus feudaidh e tachairt gu'n gabh Dia ri mo mhiann treibhdhireach, ged nach 'eil e aig an uair a' gabhail rium agus ag ràdh, " Is maith, a dheadh sheirbhisich fhirinnich." Agus an deigh so uile, tha beagan sòlais ag eirigh o bhi toirt fa'near gu'n do choimhlion sluagh eile an gnothuch so air doigh ni's taitniche, agus gu'n do mhothaich iad mòran " aoibhneis

agus sìth ann an creidsinn.” Agus tha mi toirt buidheachais do Dhia air son a’ chomhara gràis so, gur urrainn domh bhi aoibhneach do bhrìgh gu’n d’fhuair sluagh eile tuille maitheis agus deadh-ghean na fhuair mi féin.

Ach biodh nithe cho suarach ’sa’s urrainn droch chogais, agus namhaid chasaideach am fàgail, beannaichidh mi Dia a thug gràs dhomh gu bròn a dheanamh, gu m’amaideachd a chaidh, agus gu eigheach ri Dia air son trocair tre an fhuil sin is urrainn mo pheacadh uamhasach a mhaitheadh, ged mheas mi an t-ordugh mar ni mi-naomha.

Agus a nis biodh e ’na rùn-suidhichte agus durachdach agam, (a’ leigeil mo thaice ri neart a’s fearr na mo neart féin,) gu’n gluais mi ni’s iomchuidh san àm ri teachd. Agus gus am faigh mi cothrom air oidhearp eile a thoirt, gluaiseam gu h-iriosal fo dhearbhbheachd mo pheacaidh,—bitheam ni’s curamaich’ agus ni’s faicilliche am chaithe-beatha,—agus thigean beò gach là fo eagal bòidean sin Dhé a ta air mo cheann. Air doigh àraidh, bitheam curamach “ gu mi féin a ghleidheadh o m’aingidheachd ;” (Salm xviii. 23.) am peacadh sin do’m bheil mo chàil agus mo ghnothuichean ’gam fhàgail ni’s buailtiche, agus leis am bheil mi ni’s trice air mo ghlacadh. Bitheam gu sonraichte curamach gu’n coimhlion mi na dleasdais sin a ta mo chridhe truailidh a’ fuathachadh. ’Se so an doigh a’s fearr air an urrainn domh mo chall a leasachadh. Nar leigeadh Dia gu’n tugainn



misneach dhomh féin o bheachd air bith gu bhì dearmadach san àm ri teachd : Gidheadh 'se mo dhleasdanas a chreidsinn, gu bheil esan a' cuimhneachadh Chrìosd san t-sacramaint air an doigh a's fearr, a ta teachd beò 'na dheigh a sin reir an doigh a dh'aidich agus a gheall e ; air dhomh fios a bhì agam gu bheil caithe-beatha diadhaidh, a ta sruthadh o bhuaidh an t-soisgeil, 'na theistean ni's fearr air luchd-comanachaidh iomchuidh na tha gach greadhnachas agus ard-thogradh air an urrainn duinne smuaineachadh. Cha bhithinn toilichte as eugmhais mothachaidh ; ach gun teagamh is e an ni sonraichte ann an gnothuch a ta comasach air neach a dheanamh ni's eolaich, agus ni's fearr, gu'm fàsainn ann an gràs agus ann an eòlas ar Tighearna Iosa Chrìosd." (2 Pead. iii. 18.)

Air an aobhar sin is coir dhomh guidhe gu lathail agus gu durachdach gu'm beannaicheadh Dia 'ordugh féin chum na crìche mòire so, no bithidh mo shaothair-sa cailte, agus mo dhòchas air a mhealladh.

Agus, O gu'n deonaicheadh e a bheannachd d'a reir sin ! Thoir orm nach dichuimhnich mi an ceangal fo'm bheil mi ; ach aig gach àm gu'n cuimhnich mi gu bheil mi a'm' chreideach, agus gu'n do ghabh mi gu durachdach ri Chrìosd ; chum's gu'm bi an smuain so 'na bhacadh o pheacadh, agus 'na bhrosnuchadh gu dleasdanas—'na leigheas an aghaidh sanuis nimhneach namhaid mhòir ar n-anama—'na dhion o dhroch eisempleir " na cloinne sin

anns am bheil e ag oibreachadh, (Eph. ii. 2.) agus 'na iocshlaint fo uile thrioblaidibh agus dhoilgheasaibh na beatha so. Faigheam na sochairean mora so le bhi feitheamh air Dia, chum's gu'm miannaich mi ath-philleadh a leithid so do ordugh; agus, le co-chomunn bitheanta ris na naoimh air thalamh, gu'm bi mi air mo dheanamh iomchuidh air son comuinn ni's fearr ann an saoghal ni's fearr, 'nuair a shuidheas mi sìos maille ri Abraham, Isaac, agus Iacob ann an rioghachd Dhé— Seadh maille ri Crìosd, far am bheil e, agus am faic mi a ghlòir, ni is e m'uile shlainte agus m'uile mhiann. *Amen.*

# CLEACHDAN

## LUCHD-COMANACHAIDH.

---

---

### AN DARA EARRANN.

AM FIOR-CHREIDEACH AIR A SHEÒLADH MU THIM-  
CHIOLL A CHAITHE-BEATHA AN DEIGH DHA  
SACRAMAINT SUIPEIR AN TIGHEARN A GHABH-  
AIL.

---

### ROIMH-RADH.

GABHAIDH mi e mar ni a ta air a luas-  
achadh dhomh, gu bheil sacrameint supeir an  
Tighearn 'na ordugh seasmhach san eaglais, do  
bhrìgh nach 'eil mi air an uair a' labhairt riusan  
a ta 'ga chur an teagamh. Tha mi a' reuson-  
achadh riusan a dh'fheith gu cogaiseach do'n  
ordugh so, agus a ta 'g iarraidh gu'm freagair  
e a' chrìoch shonraichte a chaidh chur fa  
chomhair,—eadhon gloir Dhé, agus maith ar  
n-anama féin. 'Se so tha gach creutair dùr-  
achdach a' cur roimhe mu'm bheil e suidhe  
sios aig bord an Tighearn, agus 'se so a dh'  
fheumas e leantuinn an deigh dha éirigh o'n  
bhord sin.

Sgrìobh mòran mu thimchioll dhleasdnas ulluchaidh; agus thilgmise mo chuibhrionn bheag féin anns an taisgeach choitchionn. Air giulan iomchuidh an déigh an t-sacramaint, labhrainn beagan leis féin; cha'n ann do bhrìgh nach deachaidh so a laimheaschadh; ach a chionn nach do labhair sluagh eile cho follaiseach agus cho soilleir do thaobh na cùise so, 'sa labhair iad mu thimchioll an rùin-shuidhichteinntinn sin tha feumail gu'r deanamh 'nar luchd-comanachaidh iomchuidh. Agus a thuille air sin, tha mi a' gabhail a' ghnòthuich so fo làimh, an dòchas gu'n cuir mi 'n céill air dòigh ro-shoilleir an fhirinn réidh agus chudthromach so,—gur e deadh-fheum adheanamh do aon sacramaint, an doigh a's fearr gu ulluchadh a dheanamh air son sacramaint eile."

Tha sacramaint suipeir an Tighearn air aon do na dleasdnaibh sin ris an goirear le diadh-airean *dleasdnaibh mheadhona*. 'Se sin is ainm do gach earrann do'n aoradh o'n leth muigh. Cha'n e gu bheil iad 'nam *meadhonaibh* a mhàin; oir tha iad air an sonrachadh gu ar dleasdnas do Dhia a chur an céill, agus leo in tha sinn a' toirt urrainn do'r n-ard-Thighearn. Uime sin, 'nuair tha sinn ag itheadh agus ag òl do'n lòn choisrigte so, tha sinn a' toirt Chrìosd 'nar cuimhne agus a' foillseachadh a bhàis, agus le sin tha sinn toirt umhlachd dhasan a ta air àrdachadh agus 'na Thighearn os ceann nan uile; tha sinn ag aideachadh, "gur e Iosa Crìosd an Tighearn, chum glòir Dhé an

Athar." (Phil. ii. 11.) Ni mò tha iad a mhàiri (ma labhras sinn air dòigh iomchuidh,) *gu sonraichte* mar so; oir ged tha glòir Dhé agus ar slainte féin neo-eadar-dhealaichte, 'nuair a bheachdaicheas sinn air ar prìomh-chrìoch air gach seorsa dòigh, gidheadh 'se glòir Dhé gun teagamh ar crìoch àraidh, agus an ni sin is còir dhuinn bhi againn san amharc thar gach ni eile. Ach tha iad mar sin *da rìreadh*, air dhoibh bhi air an sonrachadh mar mheadhonaibh chum na crìche mòire so, " Gu'm bi sinn air ar deanamh iomchuidh gu bhi 'nar luchd-comhpairt do oighreachd nan naomh san t-solus." Tha suipeir an Tighearn gu h-àraidh, a reir barail sgriobhairean diadhaidh, a' cuideachadh gu mòr chum na crìche so. " Tha iadsan a ghabhas so gu h-ìomchuidh, air an deanamh 'nan luchd comhpairt do chorp agus do fhuil Chrìosd, chum am beathachadh spioradail agus am fàs ann an gràs," (deir aon leabhar cheisd:) "Tha ar n-anama air an neartachadh agus air am beathachadh le corp agus le fuil Chrìosd, amhuil a ta ar cuirp le aran agus le fion," (deir leabhar cheisd eile.)

A nis, chum's gu'm bi a' chrìoch so air a coimhlionadh, feumaidh sinn ro-aire a thoirt duinn féin an deigh do'n chuirm naoimh bhi thairis, cho maith is ulluchadh iomchuidh a dheanamh roimh-laimh, agus a bhi ro fhurach-air 'nuair tha sinn 'ga gabhail: Oir, thugaibh fa'near.

1. Nach 'eil an sacramaint ag oibreachadh air an doigh sam bheil sèun no geusadaireachd

ag oibreachadh, a ta air a ràdh, a leighiseas euslaint, no a ghleidheas o chunnart, le co-chur o'n taobh a muigh; agus sin a thaobh naoidheana agus amadanna aig nach 'eil fios air ni air bith mu thimchioll na cùise. No air doigh nadurra mar a ni iocshlaint, 'nuair tha i air a h-uimeachadh agus air a co-chur gu ceart, creuchdan a leigheas, co dhiubh a bhios an inntinn a' toirt fa'near nan nithe tha tach-airt, no nach bi. Cha'n e toradh nan sacramaint, "*ex opere operata*,"—(mar a ta luchd-foghlum na Roimhe gu mi-shnasmhor a' cur an céill barail amaideach no do-thuigsinn.) Cha'n urrainn duine air bith bhi cho aineolach is gu'n smuainich e, gu'm faigh an t-anam buannachd spioradail air bith o bhi 'g itheadh arain agus ag òl fìon a mhàin; oir tha iad so (mar a thug Mr Bhines fa'near) "neo-fhreagarach agus neo-iomchuidh do'n anam; agus feudar a' choluinn a bheathachadh le àile ni's fearr na dh' fheudar an t-anam le aran agus le fìon." Seadh nan creideamaid gu bheil an t-aran agus am fìon air an tionndadh, no a' gabhail a steach annta corp agus fuil Chrìosd; (oir is e sin tha na focail chruaidh so, BRIGHATHARRACHADH agus CO-BHRIGHEACHADH a' ciallachadh,) "a thog (mar a thubhairt Mr Bhines) tuille consachaidh, agus a dhoirt tuille fola o na rugadh iad, agus gun aon diubh fathast sè ceud bliadhna dh'aois, na's urrainn duinn gu maith a smuaineachadh:"—tha mi ag ràdh, nam b'e an t-aran agus am fìon air mhodh corporra feoil agus fuil Chrìosd,

cha deanadh bhi 'gan gabhail do'n chorp crìoch spioradail agus shabhalta a fhreagradh: oir tha ar Slanuighear féin ag ràdh, "Cha'n 'eil tairbhe sam bith san fheoil." (Eoin vi. 63.)

2. Tha oibreachadh an t-sacramaint air a thoirt mu'n cuairt le meadhonaibh modhanna-ail. Is meadhon e air orduchadh le Dia chum ar teagasg; agus a reir coslais tha e iomchuidh agus ceart fa chomhair na cùise sin. Ciod air bith an doigh air am beachdaich sinn air,—mar chuimhneachan,—mar bhreth-buidheachais, mardhleasdnas,—mar mhionnan, no mar bhòid, tha e a' cuideachadh chum fàs na beatha spioradail; agus tha soirbheas an earbsa ri ar dìchioll dhurachdach agus iomchuidh, fo stiùireadh spiorad naomh Dhé, a chuireas a bheannaichd gun teagamh an lorg 'orduigh féin. Agus,

3. Uime sin, an deigh do'n ghnòthuch bhi thairis, feumaidh sinn ro-aire a thoirt, air eagal gu'n caill sinn an ni sin air son an d' oibrich sinn. Cha'n 'eil sinn gu bhì'n dòchas, ged ghabh sinn an sacramaint air doigh chràbhach, agus ged bha ar creidimh agus ar dòchas agus ar gràdh làidir san àm, gu bheil ar curam thairis 'nuair tha'n t-ordugh crìochnaichte. Tha e fìor gun amharus gu bheil crìoch àraidh air a coimhlionadh 'nuair tha an ghnòthuch air a chur gu taobh,—sin ri ràdh, gu'n d'aidich sinn Crìosd gu follaiseach, gu'n d'fhoillsich sinn a bhàs, gu'n do choisrig sinn sinn féin air mhodh durachdach agus follaiseach do Dhia ann an Crìosd, agus gu'n d'riun sinn gach ni eile tha

dleasdanach dhuinn, no ris an goirear ar numhlachd (cho fhad 'sa ta e mar sin;)—tha na nithe sin uile, tha mi ag ràdh, air an coimhlionadh le luchd-comanachaidh iomchuidh mu'm bheil iad a' pilltinn o bhord an Tighearn. Ach leag na dleadnais so, do bhrìgh gur dleadnais mheadhona iad, a mhàin bunait ùr air son tuille, oibre le bhi cur luchd aidmheil fo chomain laidir, agus a' toirt misnich mòire dhoibh; agus is e an gnothuch an déigh-laimh aitreamh naomhachd agus shìth a thogail air a' bhunait sin.



## CAIB. I.

*Bhi gabhail ath-bheachd do'r giulan aig an t-Sacramaint.*

---

CHUM'S gu'n coimhlionar crìoch an t-sacramaint le sinn bhi air ar n-àrdachadh ann am maitheas, no, a réir briathra an Abstoil, le ar "fàs ann an gràs agus ann an eòlas ar Tighearn agus ar Slanuighir Iosa Crìosd," (2 Pead. iii. 18.) tha e feumail gu'n gabhamaid a' cheud chothrom gu ar giulan a chnuasachadh. 'Se ar dleasdnas sinn féin a cheasnachadh roimh dhuinn teachd gu bord an Tighearn, nam b'àill leinn bhi 'nar luchd-comanachaidh iomchuidh; agus 'na dheigh sin, nam b'àill leinn gluasad air doigh iomchuidh. Bithidh e freagarach gu'n gairm sinn sinn féin gu cunntas, an do chuir sinn seachad uiread do'r n-aimsir 'sa cheadaicheadh ar staid dhuinn, chum ar cridheachan a rannsachadh, agus ar slighean fhiosrachadh;—chum ar n-anama ùmhlachadh, ar peacanna aideachadh, agus tràcair iarraidh;—chum ar creidimh a neartachadh, ar dòchas a dhaingneachadh, agus ar gràdh fhadadh do Dhia, do Chrìosd, agus do aon a cheile;—chum rùn-suidhichte a shonrachadh, agus riaghailtean a dhealbhadh gu ar stiùireadh san àm ri teachd, &c. Agus mar an ceudna, an robh an

aimsir a chuir sinn air leth fa chomhair na crìche so, air a buileachadh a reir an rùn ; agus cìod a chaidh a choimhlionadh : An deach sinn suas gu tigh-aoraidh Dhé le durachd spioraid ; agus an robh ar n-inntinn fo leithid do smuainte 'sa bha iomchuidh do'n ghnòthuch mu'n robh sinn.

Ach gu h-àraidh is còir dhuinn a chuimhneachadh cìod bu ghiulan duinn aig bord an Tighearna ; An do thuit eagal Dé oirnn 'nuair a thionnsgnadh sinn air an t-seirbhis : Air a' chuid a's lugha, an d'thug sinn oidhearp air an Tighearn a chur romhainn, agus an d'thug sinn fa'near gu bheil “ na h-uile nithe lomnochd agus fosgailte do shùilibh an 'Ti sin d'am feum sinn cunntas a thabhairt ;” (2 Pead. iii. 18. ; ) gu bheil nithe diomhair ar cridheacha cho soilleir 'na shealladh-san ri dreach ar gnùise, agus gnè ar n-inntinn cho fhaicsinneach dha ri suidheachadh ar cuirp ; gu bheil an Dia uile-làthaireach agus uile-leirsinneach, mar an ceudna 'na Dhia eudmhor ; agus mar nach gabh e mealladh, nach mò na sin a nìthear fanoìd air ;—mar nach toirear an car as, nach mò na sin a chuirear suarach e ;—gu bheil e 'g iarraidh a' chridhe, agus as eugmhais so nach gabh e ni air bith eile ; agus nach bi ni air bith o'n taobh a muigh, ge b'e saothair a bhios 'na chois, no luach a bhios ann, co-ionnan ri cràbhadh dùrachdach spioraid ;—gu'm bi samhlaidhean iriosal, agus aghaidhean comhdaichte, agus sùilean togta suas, agus uchd air chrith, agus deoir air an toirt a dh'

aindeoin, 'nan neo-ni (no ni's miosa,) as eug-  
mhais a' ghnè inntinn sin tha iad a' ciallachadh.

An d'fhàg sinn an saoghal 'nar déigh 'nuair a chaidh sinn suas gu aoradh a dheanamh,—no an d'thug sinn oidhearp air ar cridhe a dhruideadh air gach ni a ta neo-dhùchasach, agus calg-dhireach an aghaidh na cùise a ghabh sinn fo làimh ;—gu h-àraidh an do ghléidh sinn sinn féin o gach smuain pheacach, agus o oibreachadh spioraid dhiomhain, uaibh-  
rich, mhi-gheimnidh, shanntaich agus dhiogh-  
altaich.

An robh ar cridhe air doigh eigin suidh-  
ichte air, agus curamach mu 'n ghnothuch a ghabh sinn fo làimh, agus an d' thug sinn oidhearp air grabadh a chur air gach smuain neo-iomchuidh agus sheachranach.—An do smuainich sinn le mòr-churam air a' ghnothuch mu'n robh sinn, agus an do thog sinn ar cridhe an àirde san t-seirbhis.

An do dhrùigh na nithe a chunnaic agus a chuala sinn oirnn, agus an robh sinn fo mhoth-  
achadh ceart leis gach iomadh smuain a ghluais tre ar n-inntinn. An robh ar creidimh ann am beò-chleachdadh, agus am fac sinn gu'n robh sinn creidsinn gu daingean anns na nithibh sin a bha air am foillseachadh, no air an cumail a mach dhuinn anns an t-sacramaint, —gu h-àraidh, “ gu'n do bhàsaich Crìosd air ar son a réir nan sgrioptur,”—air do fhoill-  
seachadh bàs Chrìosd bhì 'na phrìomh-chrìoch an orduigh so. An do “ las an teine, 'nuair a bha sinn a' beachd-smuaineachadh:” An do

las ar cridhe an taobh a steach dhinn, 'nuair a dh'amhairc sinn air cuimhneachan a chuirp bhriste, agus air samhladh na fola sin a chaidh dhortadh air son maitheanais ar peacanna. An do bhrosnuich e ar gràdh do Chrìosd, 'nuair a thug sinn fa'near cia mar a ghràdhaich esan sinn. An d' rinn sinn caoidh air a shon-san a lot ar peacanna ; an d' fhuathaich sinn sinn fein air son ar gràineileachd ; am b' fhearr leinn bhì fulang nì air bith na bhì peacachadh an aghaidh Dhé, agus an do chuir sinn romhainn, tre a ghràs, gu'm biomaid ann an naimhdeas sìorruidh ris an nì mhalluichte sin a b'aobhar air esan a chur gu bàs. An do ghabh sinn gu suilbhir ri Crìosd chum na crìche sin air son an d'ardaich Dia e, “ gu bhì 'na cheannard agus 'na Sblànuighear, a thoirt aithreachais agus maitheanais peacaidh do Israel,” (Gnìomh. v. 31. ;) agus an do bhòidich sinn, an earbsa ri neart a's fearr na ar neart féin, gu'n lean sinn e, cia b'e àit an treoraich e sinn, agus gu'n téid sinn cia b'e ionad an cuir e sinn. An do gheill sinn le làn-toil do riaghail a Fhreasdail naomh, ag aideachadh gu'n gabhamaid gach nì an caoimhneas a chitheadh ar Tighearn iomchuidh a chur 'nar crannchur, agus gu'm biomaid deas gu bàsachadh agus an saoghal so fhàgail cia b'e uair a ghairmeadh esan sinn : Agus, aig an àm so, gu'm bi ar n-uile spiorad, anam, agus chorp,—ar n-uile bhuidhean, mhaoin, agus shoirbheas, cho fhad 'sa ta e 'nar comas, aig a sheirbhis, agus chum a ghlòire. An robh dòchas sòlasach againn 'na throcair,

agus am b'urrainn duinn, ann an cuibhrionn mhaith, gairdeachas a dheanamh ann an dòchas glòire Dhé. Ann an aon fhocal, an d'fhiosraich sinn oibreachadh taingeileachd 'nar *cridhe* do Dhia air son a ghràidh do-mheas; agus oibreachadh spioraid cheirt agus sheirceil, eadhon a thaobh choigreach agus naimhdean, ach gu h-àraidh d'an taobhsan a ta do theaghlach a' chreidimh, cia b'e àit am bheil iad air an sgaoileadh, no ciod air bith doigh air am bheil iad air an comharachadh,—na h-uile dhiubh so do gach ainm agus comunn, a ta gràdhachadh Chrìosd ann an treibhdhìreas, agus mar so aig am bheil comh-pairt san t-slàinte choitchionn.

---

## CAIB. II.

*A thaobh ar dleasdais an déigh féin-cheasnachaidh, ma's e is gu'm faic sinn gu'n robh ar frithealadh sa' chuid a's mò riaghailteach.*

LE beannachd Dhé, ma's e is gu'm bi aobhar againn a smuaineachadh gu'n robh ar gnàthachadh ceart, agus ar giulan am bitheanta cofhregarach do chogais fhòghluinte, tha ar dleasdais air a chur sìos sna nithibh a leanas :—

1. Is còir dhuinn Dia a bheannachadh. Gun teagamh, cha'n 'eil feum air reusan air bith a ghnàthachadh a dh'fheuchainn do na

fior-chreidich gu bheil “gach tiodhlac mhaith agus iomlan a’ teachd o Dhia,” agus gu bheil e “ag oibreachadh annainn araon an toil agus an gnìomh:” gu bheil e fìor a thaobh na beatha spioradail, cho maith agus a thaobh na beatha nadureil, “gur ann annsan tha sinn a’ teachd beò agus a’ gluasad,” agus “gu’m buin ar slighean dasan.” Tha gnè a’ ghràis uaithe-san, agus tha cleachdadh a’ ghràis fo a riaghladh agus a stiùradh. Tha sinn ag aideachadh so ’nar n-athchuinge, agus bu chòir dhuinn ’nar moladh mar an ceudna; oir cha’n ’eil ni air bith ni’s mi-reusanta na gu’m biodh ar dòchas *ri cuideachadh* ann an Dia, agus gu’n tugamaid a’ ghlòir duinn féin. Ma thug e seachad an spiorad naomh, ’nuair a chaidh iarraidh, nach còir a mholadh leosan a fhuair e? Cha robh esan fo stiùradh an spioraid aig bord an Tighearn, nach ’eil ullamh gu a ràdh, “Beannaichte gu’n robh Dia, eadhon athair ar Tighearn Iosa Crìosd, a bheannaich sinn leis gach uile bheannachadh spioradail ann an ionadaibh nèamhaidh ann an Iosa Crìosd.” (Ephes. i. 3.) Esan aig an robh a chridhe air a shocrachadh, seinnidh e agus bheir e moladh uaithe. Tha briathra Dhàibhidh, air aobhar sonraichte eile, ro-ìomchuidh aig an àm so, “A nis, uime sin ar Dia-ne, tha sinn a’ toirt buidheachais duit, agus a’ cliuthachadh t’ainme urramaich. Ach cò mise, agus ciod iad mo shluagh, gu’m biodh e ’nar comas tabhartais a thoirt seachad cho toileach air an dòigh so?” (1 Eachd. xxix. 13, 14.)

Chum ar taingeileachd a bheothachadh, ni sinn gu maith a ghairm 'nar cuimhne an robh a' chùis air doigh eile gu minic do'r taobh: gu h-àraidh a mheud againn sa' bha 'nar luchd-comanachaidh car mòran bhliadh-nacha, a bha air ar suidheachadh ann an tigh an Tighearn," agus "a' teachd fo bhlàth ann an cùirtibh ar Dé," feudaidh sinn a chuimhneachadh gu maith na mùth aimsirean a chaidh thairis oirnn. Bha sinn gu tric air ar mealladh 'nar dòchas; chaidh sinn a mach làn dùil agus phill sinn a dh'easbhuidh comhfhurtachd; agus bha reusan againn air dòigh spioradail briathra an fhàidh a cho-chur ruinn féin, "Phill iad le'n soithichibh falamh; bha nàire agus masladh orra, chòmhdaich iad an cinn."

Tre cheannas droch chridhe neo-chreideach, agus dian-iarrtus cealgach an t-saoghail so, agus ais-innleachdan ar namhaid fhurachair, nach do thachair e gu minic dhuinn "amhuil duine ocrach a chi aisling, agus, feuch, a ta e 'g itheadh, ach air dùsgadh dha tha 'anam ciocrach; agus amhuil duine tartmhor a chi aisling, agus, feuch, tha e ag òl, ach air dùsgadh dha, feuch, tha e fann, agus anam a' miannachadh." (Isaiah xxix. 8.) Bha an t-aran san robh ar dùil mar chloich; ar fion measgta le h-uisge; seadh, an ni bu chòir a bhi 'na chupan beannachaidh, bha e cosmhuil ris an ni sin a thairg iad do'r Slanuighear, agus cha'n òladh se e,—“fion-geur measgta le domblas.” (Mata xxvii. 34.) Bu chòir do'n bheachd so taingeileachd a lasadh suas 'nar cridheachaibh,

“ ma shuidhe sinn sìos fo a sgàile, agus ma bha a thoradh milis do ar blas :” Ma “ bhlais agus ma chunnaic sinn gu bheil Dia tròcaireach :” Ma chuimhnich Dia oirnn ‘na ordugh naomh “ leis a’ ghràdh a ta aige d’a shluagh féin, agus ma dh’amhairc e oirnn le a shlàinte.” Ann an aon fhocal, is còir dhuinn ar n-ath-bheachd a chrìochnachadh, mar a chrìochnaich sinn an t-ordugh féin, le laoidh-mholaidh agus le halleluia, ann am briathraibh an t-Salmadair, “ Beannaich an Tighearn, O m’anam ; agus moladh gach nì a ta an taobh stigh dhìom ‘ainm naomh-san. Beannaich an Tighearn, O m’anam, agus na dichuimhnich a thiodhlacan uile.” (Salm ciii.)

2. Feumaidh sinn ùbhi cleachdadh urnuigh, agus oidhearp a thoirt gu’m bi an drùghadh a rinneadh air ar cridhe maireannach ; chum’s nach bi e cosmhuil “ ri neul na maidne, agus ris an drùchd mhoch a shiubhlas air falbh ; cosmhuil ri fras do uisge a fhluicheas uachdar an talaimh thartmhoir, ach air dha tiormachadh, a dh’ fhàgas am feur nì’s seargta na bha e roimhe. Thubhairt Daibhidh, an lorg a’ bhreith-bhuidheachais a chaidh ainmeachadh roimhe so, “ O Thighearn, gleidh so gu bràth ann am breithneachadh smuainte cridhe do shluaigh, agus ulluich (no socraich) an cridhe dhuit féin.” (1 Eachd. xxix. 18.) Is coir dhuinn guidhe gu dùrachdach air Dia gu’n cumadh e ‘nar cuimhne cìod a thachair aig an ordugh naomh so ; chum’s nach téid na nithe a chunnaic, a laimhsich, a chuala, agus a



bhòidich sinn, as ar cuimhne ; no gu'm bi iad air an cuimhneachadh mar dhrùchd a shiubhlas gu grad air falbh ; ach gu'n gabh iad greim do ar n-anamaibh, agus gu'm bi iad " mar thairngibh air an sparradh le uachdaranaibh choimhthional : " Chum's mar shàsuich Dia ar beul le nithibh maithe, 'nuair a rinn e cuirm d'a shluagh, " cuirm do nithibh blasda, cuirm do fhion aosda, do nithibh blasda làn do smior, do fhion aosda air a dheadh tharruing, " (Isaiah xxv. 6.) nach caill sinn gu heallamh blas nan nithe taitneach sin a fhuair sinn aig a' bhord. B'urrainn do na h-Israelich ghearanaich cuimhne a chumail car fada air fàileadh phoitèan-feola na h-Eiphit, agus cha do dhichuimhnich iad " an t-iasg a dh'ith iad san Eiphit gu saor ; na culairean, agus na mealbhucain, agus na leigis, agus na h-uinneinean, agus an creamh ; " (Aireamh xi. 5.) agus nach cuimhnich Israel Dhé, am fìor thimchioll-ghearradh, am mana nèamhaidh sin a bhlais iad aig a' bhord a sgaoil e air an son san fhàsach ? Na dichuimhneachmaid ciod an tlachd leis an do bheathaich sinn air-san " aig am bheil 'fheoil gu fìrinneach 'na bhiadh, agus 'fhuil gu fìrinneach 'na dheoch ! " Chum na crìche so lùbamaid ar glùn " do Athair ar Tighearna Iosa Crìosd. "

Feumaidh sinn oidhearp a thoirt air ar giulan a chumadh ri ar n-urnuigh ; oir, air dhòigh eile, tha sinn a' deanamh fanoid air Dia, agus 'gar mealladh féin : feumaidh sinn bhì air ar faicill nach caithear air falbh an drùgh-

adh a rinneadh *air ar cridhe*, agus nach bi a neart air a lughdachadh. Cia air bith cho curamach 'sa bhios sinn, (oir is e sin anmhuinneachd ar naduir) fàsaidh a' ghlòir a chunnaic sinn, agus a' mhillsead a bhlais sinn, 'nuair a shuidhe an rìgh aig a bhord, mòran ni's lugha ; agus air an aobhar sin rinn Dia solair tràcaireach chum ar mothachadh taitneach agus priseil ath-ùrachadh, le ath-theachd coitchionn là ar cuirme. Gidheadh buinidhe dhuinne faire a dheanamh an aghaidh gach nì a dhubhas a mach na dearbhaidhean a dh'fhàg sealladh do Iosa air a cheusadh, agus beachd creideach do Iosa air a ghlòrachadh, agus a ta gu h-aithghearr gu bhì air fhoillseachadh, air ar n-inntinn.

Gu h-àraidh, feumaidh sinn faire a dheanamh an aghaidh gach peacaidh danadais ; tha sin 'na phrìomh-ghnothuch sa' chùis so. Nì aon pheacadh danadais, gu h-àraidh ma tha e 'na pheacadh graineil, na dearbhaidhean a's làidir a dhealbh an Sacramaint air ar cridhe, a sguabadh gu grad air falbh. Bithidh a' chùis mar gu'n gabhadh neach mòr-shaothair air droch chonnadh a lasadh, agus 'nuair a las se e, gu'n doirteadh e uisge air ; tha a shaothair cailte, agus tha an obair air fàs ni's do-dheanamh. Le peacadh danadais tha an spiorad air a mhùchadh a thaobh 'oibreachaidh, air a cheart dòigh san abrar gu bheil e fulang doilgheis. Fa'n aobhar sin bha leisgeul aig Daibhidh urnuigh a dheanamh air an doigh so, 'nuair a bha e ciontach do ghraineileachd antromaichte mort-

aidh agus adhaltrannais, “ Na toir do spiorad naomh uam.” Agus ni peacanna a’s eutroime a’ cheart ni a choimblionadh ann an tomhas, gu h-àraidh ma tha iad air an gnàthachadh, cha’n e mhain an aghaidh tuigse shoilleir agus eòlais chinntich, ach an aghaidh dearbh-rabhaidh cogais fhirinnich. No mar teid na gnothuichean an fhaide uamhasaich so, (mar tha dòchas nach téid ach ainmic,) gidheadh ma tha sinn tuiteam ann am peacannaibh gràineil le dìth faire agus stuamachd inntinn, bithidh an toradh a leanas mi-thaitneach, agus feudaidh dùil a bhi againn ri dochunn do shìth agus do shuaimhneas ar cogais: Agus an àite an t-suidh-eachadh inntinn sin gu comunn a chumail ri Dia, a ghiulain sinn air falbh o’n ordugh a chaidh a fhrithealadh gu ceart, éiridh seorsa do fhuath agus do choimhicheas suas eadar sinne agus esan a ghràdhaich ar n-anama. Caillidh sinn ar dochas a thaobh Dhé, agus folaichidh esan a ghnùis uainne. “ Giulainidh se e féin do ar taobh mar a’s cleachd le daoinibh a dheanamh, ’nuair tha iad fo dhoilgheas agus ann an corruich ruinn, a’ tarruing air falbh an caoimhneas uainn, a’ seachnadh ar coluadair, agus ’g ar toirt thairis do thoil ar naimhde:” Agus bithidh sinn deas gu sinn féin a ghiulan d’a thaobh-san mar is cleachd leinn a thaobh caraid a dhroch-uisig sinn, agus a mhaslaich sinn gun aobhar,—teichidh sinn o a làthair, agus seachnaidh siun a choluadar.

Is còir dhuinn mar an ceudna faire a dheanamh an aghaidh déigh anamiannach a thaobh

nithe an t-saoghail so. Air an uair cha leig ar gnothuichean dhuinn bhi an còmhnuidh an àros Dé. An déigh tamuill bhig feumaidh sinn teachd a nuas o'n bheinn, agus cuirear grabadh air ar comunn taitneach ri Dia le curam measarra, le gnothuichibh, agus le fearas-chuideachd na beatha so. Ach mar àill leinn teachd a dhéigh-làimh sna nithibh sin air son an d' oibrich sinn, feumaidh sinn aire a thoirt gu'm bi ar curam mu thimchioll nithe coitchionn air a chumail an taobh a steach do chrìoch cheart. Ni curam iomaganach ar n-inntinn a ghoirteachadh agus a ghiorrachadh, agus ithidh e mar chanmhuinn: Fàgaidh mòran ghnòthuichean (mur eigin duinn gu soilleir an gabhail fo làimh) ar n-inntinn luaineach, agus bacaidh iad na h-ath-smuaintean a dh' fheumas bhi air an gnàthachadh aig uairibh iomchuidh, a bheathachadh an t-soluis sin a las ar smuainte *an taobh a stigh dhinn* aig an ordugh bheannaichte. 'Nuair tha sinn ro-churamach mu thimchioll mòran do nithibh, tha e cruaidh oirnn ni air bith a dheanamh gu maith; agus tha e cunnartach gu'm bi an t-aon ni feumail gu mòr air a dhìchuimhneachadh. Tha a' cheart fheum, no feum ni's mò, againn air crìochan iomchuidh a chur roimh sugradh agus cridhealas na beatha so. Ni mòran aighear, cuirmean fada, agus cluiche dhian, ar gnè feolmhor, agus le mòran cleachdadh, bheir iad mu'n cuairt na nithe ceudna a bheir giulan a ta mòran ni's ciontaiche: agus air iomadh dòigh

tha iad ni's cunnartaich, do bhrìgh gu bheil iad a' goideadh oirnn gun fhios duinn, agus nach 'eil iad cho uamhar ri amharc orra 'sa ta ciontan a's truime, a dh'ionnsuidh an toir iad sinn mu'm bheil sinn toirt an aire dhuinn féin. Seadh, feudaidh toil-inntinn an fhoghlum féin, cia air bith cho glan agus leth-bhreith-each 'sa ta e, (ma leanar e le tuille sa' chòir do dhùrachd, agus as eugmhais fois agus stadan iomchuidh,) ar spùineadh do ar n-ionmhas, agus do'n ghnè inntinn bu chòir dhuinn altrum, cho maith ri toil-inntinn ana-bhar feolmhor féin. Leigidh mi so gu ràdh, cha'n e mhàin an t-sluaigh sin tha gabhail mòr-thlachd ann an Cunntas, an Eachdraidh, agus an Dànaibh, ach eadhon gu'n ràdh-san a ta ri cnuasachd chonnspoideil, ged bhi an stéidh-theagaisg air diadhachd, agus air rannsachadh ro-àrd. Tha na h-uile ni dhiubh sin, ma tha iad air an leantuinn gu dian, teachd an taobh a steach do'n toirmeasg so ; " Na gràdhaich an saoghal, no na nithe a ta san t-saoghal: ma ghràdhaicheas neach air bith an saoghal, cha'n 'eil gràdh an Athar ann." (Eoin ii. 15.)

Mar an ceudna feumaidh sinn bhi air ar faicill an aghaidh anabharr do bhròn saoghalta. A thaobh a' *bhròin* so tha'n t-Abstol ag ràdh " gu'n oibrich e bàs." Gun teagamh tha na focail so a' ciallachadh bàis ann an seadh coitchionn; ach tha e fìor mar an ceudna gu bheil bròn mi-riaghailteach ro-chronail a dh'fhàs na diadhachd san anam. Tha e soilleir



gu bheil am bròn so ag éirigh o dhéigh ro-mhòr air nithibh talmhaidh : agus tha e ceart cho soilleir gu bheil e a' lughdachadh ar mothachadh agus ar blas do nithibh neamhaidh—ni tha e feumail duinn a chumail air ar n-inntinn, agus air son am bheil sinn a' gnathachadh sacramaint Suipeir an Tighearn, mar mheadhon sonraichte agus iomchuidh, chum a ghleidheadh ann am beothalachd cheart.

Tha mi ag aideachadh gu bheil trioblaidean air an sonrachadh, agus freagarach gu maith a dheanamh dhuinn, agus gu ar leas a's luachmhoire a chur air aghaidh. “ Le dubhachas na gnùise nithear an cridhe ni's fearr.” (Ecles. vii. 3.) “ An ti a's ionmhuinn leis an Tighearn smachdaichidh se e;” agus tha sin chum ar leas, ionnas gu'm biomaid 'nar luchd-comhpairt d'a naomhachd ; agus bheir e uaith toradh sìochail na fìreantachd do'n dream a ta gu dligheach air an cleachdadh ris. Tha e air aideachadh gu bheil cuibhrionn do dhoilgheas, 'nuair tha sinn a' *fulang* fo smachdachadh ar n-Athar nèamhaidh, nadureil agus ro iomchuidh d'a chloinn : Ach feudaidh an *doilgheas* so bhi thar tomhas, agus an sin tha e cronail agus a' toirt uaith droch thoraidh ; gu h-àraidh, tha e cur grabadh air spioradalachd na h-inntinn,—ni a ta diadhachd chothromach ag iarraidh agus a' coimhlionadh. Feudaidh sluagh cron a dheanamh dhoibh féin le dol thar tomhas 'nan doilgheas saoghalta, cho maith is le neo-mheasarrachd 'nan aoibhneas. Mar a ni soirbheas cron duinn, 'nuair a thogas e ar

crìdhe tuille 's ârda ; air an dòigh cheudna ni ar n-àmhghar coire dhuinn 'nuair a leigeas e ar crìdhe tuille's iosal.—Cha'n 'eil trioblaidean toirt a nach toraidh cheirt, ach an uair tha sinn ciùin, a' geilleachdainn do thoil Dhé, agus ann an gnè nèamhaidh : Tha am bròn saogh-alta a thoirmisg mi fad an aghaidh nan nithe so.

3. Ma bha ar giulan aig bord an Tighearn air a stiùradh gu ceart, agus ma thug e uaith an toradh a mhiannaich sinn, tha e iomchuidh gu'n tugamaid fa'near gu dùrachdach, nach còir dhuinn mòr-chudthrom a chur air a' ghnè mhaith inntinn sam bheil sinn 'gar faotainn féin. Feudaidh so bhi 'na ribe dhuinn : Oir ged tha e 'na ni ri mhiannachadh gu'm biodh ar crìdheachan air an teòthachadh, agus ar n-aighe air an togail suas le beachd dìongmhálta air nithibh naomha, 'nuair tha iad air an soillseachadh do'r n-inntinn fo shamhladh iomchuidh, gidheadh cha'n fheud sinn bhi toilichte le so, mar gu'm biodh àrd-chrìoch a' chomanachaidh air a choimhlionadh. 'Se is aobhar air so, mar a thug sinn cheana fa'near, nach 'eil san t-sacramaint ach dleasdanas mheadhonail. Tha e air orduchadh chum ar còmhnadh gus na nithe tha aidmheil na creidimh a' cur mar fhiachaibh oirnn a choimhlionadh air dòigh iomchuidh agus fhreagarach ; agus tha e soilleir do gach creutair tuigseach gu bheil mòr-dhealachadh eadar a bhi 'g ar n-ulluchadh féin fa chomhair na h-oibre, agus a bhi cur na h-oibre sin an gnìomh. Tha an lòn spioradaìl

so air a shonrachadh gu ar neartachadh fa chomhair na slighe agus na oibre a ta romhainn: Agus tha fhios againn uile, ged bhi an lòn ro-mhaith, agus ged ith sinn e le mòr thoil-inntinn, agus ged mhothaich sinn gubheil e pairteachadh misneich agus neirt duinn a reir ar miann; gidheadh mur téid sinn air ar turus ann an neart an lòin so, agus mur ulluich sinn sinn féin gu dichiollach fa chomhair ar dleasdais, tha sinn fad o chrìoch ar lòin a fhreagradh: Seadh, tha ar lundaircachd, agus ar dearmad air an dòigh so air an antromachadh. Uime sin,

4. Feumaidh sinn bhi cinnteach gu bheil sinn toirt deadh-bhuil as an lòn spioradail tha sinn a' faotainn aig bord an Tighearn chum àrd-chrìoch *ar* beatha. 'Se a' chrìoch is còir do gach neach iarraidh sa' bheatha so, agus a' chrìoch tha e a' bòideachadh aig an t-sacramaint, Dia a ghlòrachadh agus a thoileachadh, agus le bhi deanamh so, a shlàinte féin oibreachadh a mach *mar an ceudna*. Biodh fhios ma ta aig gach fear-comanachaidh, ciod air bith an gluasad inntinn a mhothaich e aig a' chuirn, gu bheil a shaothair cailte, agus ni's miosa na cailte, mur 'eil obair na naomhachd san taobh a stigh, agus na diadhachd ghnìomhach, air an cur air aghaidh leis. Cha'n 'eil ar cruinneachadh an ceann a chéile gu feothas, mur dean e ni's fearr sinn, agus sin ann an gnè ar n-inntinn, agus 'nar coluadar.

5. Ann an gnè ar n-inntinn.—'Se crìoch gach orduigh, agus gu sonraichte an orduigh



naoimh so, an cridhe a dheanamh ni's fearr. 'Nuair tha daoine gu tur neo-nuadhaichte 'nan staid, tha an cridhe, an duine follaichte, gu h-iomlan air a chòmhdachadh le dorchadas, air a lionadh le eas-ordugh, agus ro mhi-riaghailteach: Tha an reusan aon chuid 'na chodal, no air a tharruing air falbh le coslas mealltach, agus le claon-bhreith thruaigh: tha an aignidhean làidir agus buaireasach, agus tha an staid uile gu freagarach air a mìneachadh leis an Fhàidh, 'nuair tha e 'g a samhlachadh "ris a' mhuir bhuarite, nach urrainn bhi aig fois; ach tha a h-uisgeachan a' dùsgadh nios salchair agus làthaich." (Isaiah lvii. 20.) Tha spiorad Dhé a' deanamh atharrachaidh orrasan a ta air am breith a rìs,—atharrachaidh a ta an dà chuid sona agus iongantach. Tha iad air dòigh air an tionndadh calg-dhìreach an aghaidh an seann staid; tha an reusan ag ath-thionnsgan a riaghailt;—tha an aignidhean buaireasach a' sìoladh;—tha iad a' teachd d'an ionnsuidh féin, agus a' faotainn beachd ceart, an déigh dhoibh bhi ann an staid bhoichd agus mhi-riaghailteach: Tha iad a' smuaineachadh gu ceart, a' soirbheachadh, agus 'gan giulan féin le measarrachd fhaicsinneach. Tha an t-atharrachadh so air a chur an céill sna sgrioptuir-ibh fo iomadh samhladh, a dhrùigheas air gach inntinn dhùrachdach cho mòr is gu bheil iad furasd a chuimhneachadh. Ach fathast cha'n 'eil an obair mhaith ach a' tòiseachadh 'nuair tha iad an toiseach air am breith le Dia:

Feumaidh i bhi air a giulan air a h-aghaidh uigh ar n-uigh gu iomlaineachd. Tha sinn air ar n-ùr-bhreith, agus tha sinn gus am focal, (fuidh am bheil orduighean an t-soisgeil air an gabhail a steach) a fhrithealadh “chum’s gu’m fàs sinn leis; (1 Pead. ii. 2.) “gus an tig sinn uile chum duine iomlan, chum tomhais àirde lànachd Chrìosd.” (Ephes. iv. 13.) Uime sin feumaidh sinn a thoirt fa’near gu dùrachdach, gur e fàs ann an gràs crìoch ar frithealaidh do’n ordugh spioradail so.

Cha’n ’eil sinn gu bhi toilichte cia air bith co maith ’sa choimhlionas sinn ar *bòidean* aig an ordugh naomh so, mur mothaich sinn gu bheil sinn fàs ann an co-choslas iomchuidh ri Crìosd ar ceann;—gu bheil sinn ni’s mò air ar cumadh ris;—agus gu bheil tuille “do’n inntinn sin annainn a bha ann an Iosa Crìosd:” ’Se tha so a’ ciallachadh “bhi cur umainn an Tighearn Iosa Crìosd,” mar a ta e a’ seasamh an aghaidh “bhi deanamh ulluchadh air son na feòla, chum a h-anamianna a choimhlionadh:” ’Se so “bhi cur umainn an nuadh dhuine, a ta air a chruthachadh a réir Dhé am fireantachd agus am fìor-naomhachd.” (Eph. iv. 24.) Feumaidh sinn, nan nochdamaid sinn féin ’nar luchd-comanachaidh iomchuidh, iarraidh gu dian agus ruith gu dùrachdach an déigh an iomlaineachd sin, do’m bheil Iosa naomh ’na àrd eisempleir, agus ’na shamhladh foirfe. Leigeamaid le briathraibh agus le eisempleir an ti sin a lean Crìosd cho bunaiteach, bhi an còmhnuidh air ar n-inntinn:

“A bhràithre, cha'n 'eil mi a' meas gu'n do ghlac mi greim: Ach aon ni a ta mi a' deanamh, air dhomh na nithe a ta air mo chùl a dhichuimhneachadh, agus bhi 'g am shìneadh féin chum nan nithe a ta romham, tha mi a' dian-ruith a dh' ionnsuidh a' chomharaidh, chum duaise àrd-ghairme Dhé ann an Iosa Crisod.” (Philip. iii. 13.) Ris a' chùis so co-chuiridh mi briathra an Abstoil cheudna;”

“Air dhuinn na geallanna so, (a ta air an samh-lachadh, air an daingneachadh, agus air an cur ris na creidich ann an suipeir an Tighearn) a bhi againn, glanamaid sinn féin o gach uile shalachar feòla agus spioraid, a' coimhlionadh naomhachd ann an eagal Dé.” (2 Cor. vii. 1.) Faiceamaid gu bheil ar creidimh a' fàs gu mòr, agus le leithid so do mheadhonaibh iomchuidh, gu'm bi an ni a ta dh'easbhuidh air a dheanamh iomlain:—gu'm bi sinn làidir ann an creidimh, a' toirt glòire do Dhia;—gu'm buannaich sinn an dòchas, tre chumbachd an spioraid Naoimh;—gu'n téid sinn air ar n-aghaidh air dòigh fhaicsinneach ann an slighe òirdheirc na seirce,—ni a's e suim agus brìgh ar dleasdanais a thaobh Dhé agus dhaoine;—gu'm fàs sinn ann an gloinead cridhe, an aghaidh gach truailidheachd collaidh, agus “gach anamiann feòlmhor a ta cathachadh an aghaidh an anama,” chum gu'm bi aig “foghidinn a h-obair dhiongmhalta féin,”—ni is e meur do'n irioslachd sin a ta feumail chum gu'm meal sin a dheadh-ghean-san, a thubhairt gu'n cuir e an aghaidh nan uaibh-

each, ach gu'n toir e gràs dhoibhsan a ta iriosal: Ann an aon fhocal, " gu'm fàs sinn suas anns na h-uile nithibh dhasan a's e an ceann, eadhon Crìosd." (Ephes. iv. 15.)

2. 'Nar coluadar.—'Se so dearbhadh gnè ar n-inntinn, ceart mar is e *toradh* dearbhadh an *aobhair*. Tha beatha mhaith 'na dearbhadh air cridhe maith. Feumaidh sinn ma ta sealltuinn ri so; chum gu'm faicear gu soilleir 'nar caithe-beatha gu'n robh an t-ordugh naomh tarbhach dhuinn; gu'm bi sinn ni's firinniche, agus ni's deigheil air maith a dheanamh san t-seadh sin sam bheil an t-Abstol a' gnàthachadh an fhocail, " Theagamh gu'm biodh aig neach eigin do mhisnich eadhon bàs fhulang air son duine mhaith:" Chum, air dhuinn bhi 'g aideachadh gu bheil sinn a' giulan ìomhaigh Chrìosd, agus a' fàs ni's fearr leatha, gu'n lean sinn gu teann air lorg 'eisempleir-san, a chaidh mu'n cuairt a' deanamh maith; cho fhad 's gu'm brosnuichear sluagh eile le ar n-eud: chum's gu'm bi sinn ni's ciùine agus ni's iriosal 'nar giulan a thaobh ar coimhearsnaich, agus gu'm faicear sinn air ar sgeadachadh le breaghachd spioraid mhacanta;—gu'm bi sinn ni's fearr 'nar daimh-ibh fa leth, agus gu'm fritheil sinn do'n dreuchd a dh'orduich freasdal Dé fa'r comhar le tuille riaghailteachd agus maiseileachd;—gu'm bi sinn 'nar fir-phòsda, 'nar mnaibh-pòsda, 'nar pàrantaibh, 'nar cloinn, 'nar n-uachdaran-aibh, 'nar ministearibh, 'nar maighstiribh, agus 'nar seirbhisich ni's fearr;—gu'm feuch

sinn gu bheil tuille riaghailt againn thar ar miann, ar n-aighe, agus ar teangadh; agus ann am briathraibh farsuinn an Abstoil, “Gu bheil sinn a’ caithe ar beatha gu stuama, gu cothromach, agus gu diadhaidh san t-saoghal a ta làthair:” gu’n nochd sinn a’ bhuidhe a fhuair am meadhon orduichte so oirnn, le sinn bhi air ar glanadh chum tuille toraidh a thoirt a mach; agus “air ar lionadh le toraibh na fireantachd, a ta tre Iosa chum glòire agus cliu Dhé.” (Philip. i. 11.) Ann an aon fhocal—“mar a fhuair sinn cionnus a’s còir dhuinn imeachd agus Dia a thoileachadh, gu meudaieheadh sinn mar sin ni’s mò agus ni’s mò.” (1 Tesal. iv. 1.) ‘Se so bhi ‘g orduchadh ar coluadar gu ceart, do’m bheil e air a ghealltainn gu’n tèid slàinte Dhé a nochdadh:—obair sin Dhé, anns nach bi ar saothair, ma bhunaicheas sinn, ‘diomhan anns an Tighearn.’

Thubhairt mi a cheana, agus tha e feumail gu’m bi so air a chur an céill gu soilleir, gu bheil sinn ‘gar ceangal féin air dòigh ro-chudthromach aig bord an Tighearn gus na nithe so uile a choimhlionadh. Tha sinn an sin a’ ceangal ar n-anama le mionnaibh, agus a’ bòideachadh ar dichioll a dheanamh gu fàs ann an naomhachd, agus gu buanachadh inn-te gu ruig a’ chrìoch. Agus am feum mi a dhearbhadh, cia air bith cho tiomhaidh, cho dùrachdach, agus cho deothasach ‘sa bha sinn aig an ordugh chudthromach so, nach robh a’ chrìoch air a coimhlionadh ma’s e is nach ‘eil

sinn dìleas do ar bòid agus do ar gealladh suidhichte? Cuimhnicheamaid briathra an duine ghlic, a ta ro-fhreagarach do'n chùis so, "An uair a bhòidicheas tu bòid do Dhia, na cuir dàil 'na dìoladh; oir cha'n 'eil tlachd aig ann an amadanaibh: an ni a bhòidicheas tu dìòl e." (Ecles. v. 4.) Tha am foillseachadh a ta air a dheanamh san t-sacramaint do chorp agus do fhuil Chrìosd, air a shonrachadh gu ar naimhdeas a tharruing a mach do thaobh a' pheacaidh, air son an d' fhuiling esan, agus gu ar brosnachadh gu dian-strì 'na aghaidh; agus aig an àm cheudna gu rùn-suidhichte a chur romhainn, gu'n toir sinn gràdh dhasan a ghràdhaich sinn agus a thug e féin air ar son, le bhì coimhlionadh gach ni tha e 'g iarraidh aig ar làimh. Tha sinn ag aideachadh gur e so ar seirbhis reusonta: 'Se so tha sinn a' cur romhainn, a' gealtuinn, agus a' bòideachadh, 'nuair tha sinn a' gabhail ar sàth do chuimhneachan na h-ìobairt a thug e seachad: agus feumaidh sinn so a dhioladh, no bheir sinn seachad iobairt nan amadan.

Biodh e air a thoirt fa'near, mar a ta sinn 'gar cur féin fo gheallanaibh, gu bheil sinn an earbsa ri spiorad agus gràs Dhé 'gar cuid-eachadh chum an àrd-chrìoch a ta againn san amharc a choimhlionadh: agus gu fìor tha ar dòchas air a dheadh stèidheachadh, eadhon air focal cinnteach a' gheallaidh, "Gu'n toir ar n-Athair nèamhaidh an spiorad naomh dhoibhsan a dh'iarras e." (Lucas xi. 13.) Nis gu cinnteach ni gealla còmhnaidh ceangal a

dhaingneachadh. Ma dh'orduich Dia an sacramaint 'na mheadhon chum na crìche so, agus ma gheall e a ghràs dhoibhsan a dh'iarras e, gu so a dheanamh, gun teagamh is coir dhuinn iarraidh leis gach uile dhìchioll agus thabhuanachd. Tha so gu soilleir air a chur an céill ann am briathraibh an Abstoil; “Làn-oibrichibh 'ur slàinte féin le h-eagal agus ball-chrith: oir is e Dia a dh'oibricheas annaibh araon an toil agus an gnìomh a reir a dheadh-ghean féin.” (Philip. ii. 12, 13.)

Le so nochd mi cìod e ar dleasdhas, ma bha ar frithealadh do an t-sacramaint air dòigh àraidh riaghailteach agus sòlasach. Ma bha a' chùis air dòigh eile, leigear ris sna nithibh a leanas cìod is còir dhuinn a dheanamh.

---

### CAIB. III.

*A' feuchainn cìod e ar dleasdhas, ma bha ar giulan aig bord an Tighearn mi-iomchuidh no neo-shòlasach.*

AIG ath-smuaineachadh dhuinn, ma chi sinn nach robh sinn sunndach aig an ordugh bheannaichte so; ma bha ar creidimh lag,—ar smuainte luaineach,—ar cridhe fuar,—agus ar namhaid a' buadhachadh; feudaidh ar dleasdhas bhi air fhoillseachadh leis na nithibh a leanas.

1. Biomaid air ar n-irioslachadh 'nar n-inntinn an làthair Dhé. Ma dh'éirich ar mearalladh o thinneis cuirp, no o thrioblaid ghoirt 'nar teaghlaich, agus gu'n do chomh-éignich sinn sinn féin gu teachd chum bord an Tigh-earn, a nochdadh am mòr-mheas a bha againn do'n ordugh, agus le dòchas gu'm faigheamaid comhfhurtachd ;—tha sinn, eadhon sa' chùis so, gu sinn féin irioslachadh fo làimh chumhachdaich an Ti a's àirde, agus gu dearbh-mhothachadh a bhi againn do cheartas a fhreasdail *do'r taobh*, ag aideachadh gu bheil sinn airidh air gach cronachadh a's toil leis a chur 'nar crannchur. Gidheadh is còir so a mheas mar thrioblaid a ta e mar fhiachaibh oirnn a ghiulan le foighidinn; agus 'se ar dleasdanas comhfhurtachd a thoirt duinn féin nach 'eil ar gnothuch ri breitheamh cruaidh, ach ri Athair truacanta, d'an aithne ar dealbh, agus a chuimhniceas gur duslach sinn.

Ach smuainichidh mi gu'n do chuir cogais *dhileas* ar mi-shòlas as leth ar droch ghiulan féin. An sin bu chòir dhuinn bhi fo nàire, agus bròn diadhaidh a dheanamh air son na leisge, na neo-gheimnidheachd, no an t-saogh-altachd a chuir grabadh air ar n-ulluchadh; no an uail agus an fhéin-speis a thug oirnn mor-chudthrom a chur air: no ciod air bith na h-aighe truailidh a chuir grabadh air ar cràbhadh, agus a thug cothrom do Shatan thairis oirnn. Ma bhrosnuicheas sinn ar cogais gu bhi firinneach, gheibh sinn, as eugmhais taisbein spioradail, a mach an ni



malluichte, a's coireach gu'n do tharruing Dia e féin air falbh uainn ;—a's coireach nach d' fhuair sinn esan d'an robh gràdh aig ar n-anamaibh, agus nach fhac sinn a chumbhachd agus a ghlòir, mar a chunnaic sinn iad sin san ionad naomh. Agus, air dhuinn beachdachadh air a' chùis gu h-iomlan, mar a dh' fhoillsichear i le ar cogais fo riaghladh focal Dé, biomaid fo mhothachadh iomchuidh, a' gabhail gràin dinn féin, agus a' nochdadh ar doilgheis air dòigh iriosal agus iomchuidh ; mar Esra (ann an cùis eile,) a thuit air a ghlùinibh, agus a sgaoil a mach a làmhan do'n Tighearn a Dhia, agus a thubhairt, “ O mo Dhia, tha nàire orm, agus rughadh gruaidh m'aghaidh thogail riut-sa, O mo Dhia ;” (Esra ix. 6.) ag aideachadh agus a' caoidh ar peacanna sa' choitchionn, agus gu h-àraidh an truailidh-eachd sin tha sinn am barail a b' aobhar air a' chlaon-stiùireadh agus air a' mhi-shoirbheas a dh'éirich dhuinn.

Agus ma bhios ar n-aithreachas treibhdhireach agus neo-chealgach, cha'n 'eil aobhar againn a chur an teagamh nach fhaigh sinn tròcair tre an fhuil sin a ghlanas o gach uile pheacadh. Air son so feumaidh sinn guidhe gu dùrachdach ; agus chum ar n-asluchadh aig caithir nan gràs a bheothachadh, thugamaid fa'near gu'n do chuir sinn cionta mòr an gnìomh le ar giulan neo-iomchuidh aig bord an Tighearna. Bhithinn air m' fhaicill an aghaidh ni air bith a ràdh a chuireadh doilgheas air spiorad lag ; agus thug mi cheana fa'near

am mathalachd a ni Dia 'nuair tha neach air a shàruchadh le euslainte cuirp, no le an-mhuinneachd cridhe. Ach cha ni beag bhic iontach do chorp agus do fhuil an Tighearn; agus gidheadh tha iadsan ciontach deth so, a dh'itheas an t-aran agus a dh'òlas an cupan air doigh neo-ionchuidh; mu thimchioll an t-sluaigh sin tha e air a ràdh, gu'n ith agus gu'n òl iad breitheanas dhoibh fein. Agus cia air bith mar chiùn-mhìnichear na h-earrannan sin a ta cumail a mach nithe cho uamhasach, le bhì rannsachadh brìgh na ceud Chanain agus rùn an roimh-theagaisg; gidheadh tha e soilleir gu'm feud duine maith bhì ro-chiontach air an dòigh sin; agus 'nuair tha e air a dhìteadh le a chogais air son dearmad neo-leisgeulach, is coir dha maitheanas iarraidh sa' chùis so, air a' cheart doigh air an gnathach leis a dheanamh, 'nuair tha e ciontach ann am peacaibh a's mò na sin. Agus ged nach abrainn gur e so brìgh a' bhonn-teagaisg sin, Eabh. x. 29. a ta gun teagamh ag ainmeachadh dealachadh iomlan o'n chreidimh; gidheadh cha bhì inntinn *an duine* dhùrachdaich ain-deonach air roinn do'n chionta a ghabhail da fein " ann a bhì saltairt fo chosaibh mac Dhé, agus a' meas mar ni mi-naomha fuil a' choimhcheangail, leis an do naomhaicheadh e, agus a' deanamh tarhuis air spiorad nan gràs;" agus co-chuiridh e eadhon r'a staid fein an urnuigh sin san t-salm aithreachail, " Saor mi o chionta fola, O Dhé! a Dhé mo shlàinte; agus àrd-mholaidh mo theanga t'fhìreantachd." (Salm

li. 14.) Air gach dòigh, tha e ro-fheumail gu'n aideachamaid ar cionta aig a leithid so do àm,—gu'n nochdamaid ar drochthoilltineas,—gu'n guidheamaid air son saorsa o chorruch an Uile-chumhachdaich,—agus gu'n cuireamaid romhainn, tre ghràs Dé, bhi ni's faicilliche 'nar caithe-beatha san àm ri teachd ; gu'n tig sinn chum an orduigh naoimh so le gnè inn-tinn ni's fearr, agus gu'm bi sinn ni's stuama 'nar giulan o'n taobh a stigh agus a muigh.

2. Deanamaid roghainn do mheadhonaibh ceart chum ar cionta a leasachadh cho maith 'sa dh'fheudas sinn, agus an dochair a dh'éirich dhuinn o bhi 'nar luchd-comanachaidh neo-iomchuidh ; agus tha sinn gu oidhearp a thoirt air so a dheanamh,

1. Cha'n ann a mhàin le bhi feitheamh gus an tig an ath-chothrom mu'n cuairt. Gun amharus tha sinn le làn rùin ar cridhe gu gealltainn, ma bheir Dia sinn a rìs gu ruig a bhord, mòr-dhichioll a dheanamh gu'm bi ar giulan ni's iomchuidh.—Ach cha leòir so:—Cha toilich so cogais a ta fo dheadh-riaghladh ; ach fàgaidh e neo-shocrach sinn, do bhrìgh gu'n do chaill sinn geall luachmhor a bha air a chur 'nar làmhaibh, agus sin theagamh air dòigh nach gabh leasachadh a chaidh ; oir ceart mar nach gabh na nithe a chaidh seachad toirt air an ais, cha mhò na sin a's urrainn duinn a ràdh gu'm faic sinn là eile do mhac an duine, no gu'm faigh sinn cothrom eile air a' chùis a mhi-ghnathaich sinn ath-leasachadh le ar curam san àm ri teachd. Ach,

(2.) Le bhi dichìollach a choimhliodhadh nan dleasdnas a ta gu h-orduichte a' leantuinn an t-sacramaint. Mar do shoirbhich an gnothuch leinn a réir ar toil,—mar a mhiannaich agus a shaoil sinn, bu choir do churam a thaobh ar mi-shealbh ar brosnuchadh gu bhi ni's faicilliche mu thimchioll nan dleasdnas sin, a ta gu bhi air an gnàthachadh chum crìoch àraidh an t-sacramaint a fhreagradh, cìod air bith a' ghnè inntinn san robh sinn aig àm na cuirme. Gun teagamh is e crìoch an orduigh so gu'm fàs sinn ann an gràs; an sin tha sinn a' faicinn gach aobhar a's fearr gu so a dheanamh, air fhoillseachadh air dòigh ro-dhruigh teach; an sin tha sinn 'gar cur féin fo cheanglaichibh ro-làidir, agus a' faotainn mòran misnich; agus 'se ar gnothuch aire a thoirt gu'm bi ar caithe-beatha air a riaghladh d'a réir sin, 'nar n-uile ghiulan a thaobh Dhé agus dhaoine: tha na nithe sonraichte a bhuineas d'a so soilleir do gach inntinn thoileach agus dhùrachdach, agus bha iad air am foillseachadh 'nan àite iomchuidh féin.

Bheir mi a mhàin fa'near air a' cheann-teagaisg so, ged nach 'eil bhi dùblachadh ar dichìoll 'nar dleasdnas an déigh làimh, 'na dhìoladh ceart air son ar dichuimhn' pheacach 'nuair a bha sinn aig bord an Tighearn, gidheadh gur e so ar dleasdnas, agus an ni a's fearr is urrainn duinn a dheanamh; agus feudaidh gràs iongantach Dhé a' chùis a riaghladh chum maith a thoirt á olc: agus feudaidh dochas a bhi againn gu'n deau

e so, ma bhios ar n-aithreachas air a chur an céill le ath-smuaineachadh dian, le rùn-suidhichte bunailteach, le geur-fhaire, agus le urnuighibh dùrachdach, air son gach dearmaid agus tuislidh tha againn r'a chaidh. Agus ged nach roghnaicheadh duine glic air bith codal an déigh na h-uaire, no tuisleadh air an t-slighe, cha'n'eil e 'na ni mi-ainmic gu'n dean dichioll an déigh-làimh suas air son na mi-shealbh so, agus gu'n tionndaidh i an ni a bha 'na dhochair gu bhi ma dheireadh 'na bhuannaichd.

---

#### CAIB. IV.

*Ag iarraidh bhi gu minic a' gabhail ath-bheachd do na nithibh a thachair aig an t-sacramaint, chum's gu'n cuir e air aghaidh ar leas spioradail.*

GU ruig so, bha mi a' cur an céill ciod tha mi am barail (le mathalachd iomchuidh) is e dleasdhas luchd-comanachaidh, chum's gu'm bi beatha Dhé'n an anam air a neartachadh le ordugh na suipeir naoimh. Tha mi nis a' teachd gu beagan a labhairt an rathad comhairle; agus a thaobh iomchuidheachd na comhairle so, tha

mi fàgail gach neach aig am bheil toil do dhiadhachd gu 'bhreithneachadh féin. 'Se so an nì a ta mi a' miannachadh, gu'n cuir sinn an t-ordugh naomh so romhainn 'nar gluasad no 'nar caithe-beatha lathail, an déigh do ar ceud chuimhneachan agus do ar n-ath-bheachd dùrachdach dol seachad. Ciod air bith dòigh sam faicear ar giulan agus ar soirbheas, 'nuair a rannsaichear iad gu dùrachdach, bithidh e iomchuidh gu'n gabh sinn ath-sheall lathail do na nithibh a thachair eadar Dia agus ar n-anama aig a' chuirn naoimh so; agus *is còir dhuinn so a dheanamh* aig amannaibh sonraichte,—'nar cràbhachd uaignidheach; agus air uairibh ann an socair ar smuainte, no ann an cùisibh cruaidhe.

1. Aig amannaibh sonraichte, air dhuinn bhì ag aoradh do Dhia an diomhaireachd. 'Nuair tha sinn dol a steach do'r seòmar uaignidheach, a reir àithne Dhé, chum cleachdan cràbhach anns am bheil toil-inntin beatha a' ehreidich cho mòr a' seasamh, agus a ta 'ga ulluchadh cho mòr air son seirbhis Dé, anns an ionad san do shuidhich a Fhreasdal e;—tha mi ag ràdh, 'nuair a thèid sinn gu taobh a chomhnaltradh ri nèamh, an urrainn nì air bith bhì nì's iomchuidh nà bhì smuaineachadh air an ordugh naoimh a fhritheil sinn? agus nach feudar bhì an dochas gu'n cuir e ar n-inntinn ann an gnè ceart air son na diadhachd a ta againn san amharc?

'Se aideachadh, irioslachadh, urnuigh agus

moladh, oibre na h-aimsire seunta sin ; cha'n urrainn do'n àm a chuir sinn air leth gu cràbhadh uaighidheach, agus gu smuaineachadh air a' bheachd a ghabh sinn do Chrìosd aig bord an Tighearn, gun ar fàgail (le beannachd Dhe,) ni's iomchuidh fa chomhair seirbhis an t-seòmair. Ma ghiulaineas sinn Crìosd air a cheusadh 'nar n-inntinn, mar a bha e air a chur romhainn san t-sacramaint, ciod am briseadh cridhe leis an aidich agus an caoidh sinn ar peacanna air son an do lotadh e, agus ar n-aingidheachd air son an do bhruthadh e? 'Nuair a dh' amhairceas sinn airsan a lot sinn, nach dean sinn caoidh mar a chaoidheas duine air son 'aon-ghin mhic, agus nach bi doilgheas oirnn air a shon, "mar dhoilgheas air son ceud-ghin?" (Sech. xii. 10.) Aig bord an Tighearn tha sinn a' faicinn olc a' pheacaidh ann an samhladh ro-shoilleir, agus air dòigh tha deas gu drùghadh oirnn. Tha sinn 'ga fhaicinn, mar gu'm b'ann le làn-bhuaidh, a' toirt thairis corp beannaichte mhic Dhé do lotaibh, do phiantaibh, agus do bhàs ; agus a' tilgeil leithid do dhoilleireachd uamhasach thar 'anam 'sa chuireadh aingeal soillse fo amhladh siorruidh ; oir thug e airsan, do'm bheil na h-aingle ag aoradh, eigheach a mach, " Mo Dhia, mo Dhia ! C'ar son a threig thu mi ?" Agus am bitheanta, tha sinn air dòigh àraidh air ar taiseachadh leis na nithibh a ta air am foillseachadh dhuinn an sin : air do ar cridheacha bhi air an teòthachadh roimh làimh le bhi leughadh leabhraichean diadhaidh, le beachd-

smuaineachadh cràbhach, le as-tharruing o nithibh talmhaidh, agus o chùisibh faoin ; agus gu h-àraidh le feartaibh an spioraid naoimh, air an toirt seachad a reir iarrtuis urnuighean a ta air an deanamh gu minic, agus le mòrdhùrachd. A nis tha dearbh-fhios gu mair drùghadh domhain car fada, agus a thuille air sin gu bheil e ro-fhurasda ath-ùrachadh, 'nuair chuireas an inntinn thuige i fein aig àmannaibh iomchuidh ; tha so r'a fhaicinn ann an nithibh coitchionn : Ciod an t-aobhar gairdeachais no doilgheis a ta chòmhnuidh aig an neach sin, aig am bi 'inntinn air a h-oibreachadh suas gu mothachadh ro-mhòr ann an cùisibh iongantach ? Tha an ràdh so fìor mu thimchioll nithe spioradail ; agus bithidh e 'na reusan car son a's còir dhuinn fulangais Chrìosd a chur romhainn, (mar a chunnaic sinn iad air am foill-seachadh san ionad naomh,) anns a' chuid eile do ar cràbhadh diadhaidh, cho maith is 'nar n-aithreachas agus 'nar n-irioslachd. 'Se beatha na h-urnuigh agus a' bhreith-bhuidheachais oibreachadh a' chreidimh, an dochais, a'ghràidh, an aoibhneis, na taingeileachd. Agus cia mar a dh'àrdaichear an inntinn gu a leithid so do smuaintibh, le bhi cuimhneachadh air na nithibh a chunnaic, a laimhsich, agus a bhlais sinn, 'nuair a bha na gràsan sin ann an àrd-chleachdadh aig a' chuirn ro-naoimh so, cha ruig mi leas a chur an ceill air doigh ni's sonraichte na rinn mi a cheana : tha mi 'g iarraidh a mhàin deuchainn a dheanamh dheth so, agus freagradh a' chrìoch air a son fein.



Bheir mi nis a mhàin fa' near, ciod an gnathachadh a dh'fheudar a dheanamh deth so chum inntinn luaineach a shocrachadh. Aig cuid do shluagh, bithidh smuaintean an cridhe an comhnuidh a' dealbh ni-éigin, agus is gann gu'n gabh iad cumail o bhi dol air faondradh, "Cosmhuil ri sùilean an amadain, gu iomal na talmhainn." (Gnàth-fhocal xvii. 24.) Tha fhios aig mòran air so gu doilgheas an cridhe: Agus ciod am feum a dh'fheudas e dheanamh dhoibh, iomhaigh an orduigh naoimh so bhi 'nan inntinn, a reir mar a ta e air a dhlùth-cheangal ri crann-ceusaidh agus ri rìgh-chaitheir "an Ti sin a bha marbh, agus feuch a ta beò, agus a' rioghachadh gu saoghal nan saoghal," tha mi fàgail gu breithneachadh gach neach.

2. Ann an socair ar smuainte, agus ann am fois o ar gnothuichibh saoghalta, bithidh e ro-ìomchuidh gu'n tionndaidheamaid ar n-inntinn a dh'ionnsuidh an àrd-orduigh so ar creidimh, agus gu'n gabhamaid beachd air na nithibh a thachair dhuinn 'na fhritheileadh; gu h-àraidh, c'uin a bheachdaich sinn mu dheireadh air ughdar an t-sacramaint; c'uin a dh'fhoillsich sinn a bhàs,—a dh'aidich sinn ar daimh dha, agus a choimhlion sinn ar bòidean. Ciod air bith is ceird duinn, feumaidh uairean foise a bhi againn; agus feumaidh an inntinn, cho maith ris a' chorp, a h-anail fhaotainn; Agus cia air bith cho taitneach 'sa ta e, tha sugradh agus fearas-chuideachd am bitheanta ro-fhreagarach do nadur an duine. Anns an

ni so, a réir uile choslais, tha eadar-dhealachadh eadar talamh agus nèamh ; agus ma tha sluagh ann air dhòigh eile, cha'n 'eil gnothuch agam riu, ach a mhàin am fàilteachadh thaobh an sonais. Aidichidh a' chuid a's mò do chreidich, tha mi am barail, gu bheil a' chùis mar a dh'ainmich mi. Agus do bhrìgh gu bheil an inntinn an comhnuidh gnìomhach, (ged nach urrainn di bhì an comhnuidh dian-ghnìomhach,) nach fheud beagan do a smuainte socair bhì air an stiùradh air an doigh so ? Cha'n 'eil mi a' druideadh a mach mìle sòlas neo-chronail, nach 'eil gu dìreach spioradail ; ach tha mi a' comhairleachadh cumadh diadhaidh a thoirt do ar smuaintibh m'an timchioll, (ma dh'fheudas mi so a ràdh,) no coslas spioradail, le bhì tilgeil steach 'nam measg san dol seachad, beagan do nithibh naomha, air doigh uaignidheach nach bhì air fhaicinn. Agus cìod an nì a's iomchuidh chum na cùise so a choimhlionadh, na bhì smuaineachadh airsan a bheathaich sinn aig a bhord o chionn ghoirid, agus a bhà làthair maille ruinn chum na cuirme rioghail a dheanamh taitneach dhuinn ! Nan cuireadh uachdaran talmhaidh a leithid so do urram oirnn, ghabhadh e freumh 'nar n-inntinn, agus chrochadh e air ar smuaintibh, theagamh nì b' fhaide na b' àill le duine glic. Nan drùghadh smuainte' spioradail oirnn air an dòigh cheudna, nach biodh deadh aobhar air, agus nach feudadh e deadh-chrìoch a fhreagradh ? Chuireadh e casg air iomadh smuain amaideach,

agus bhacadh e iomadh droch smuain, nam biodh togairt ar cridhe a dh'ionnsuidh nithe diadhaidh: Chumadh so ar n-inntinn àrdaichte, agus 'na h-àite féin; agus ghleidheadh e sinn o bhi air ar tilgeil thairis leis gach tuiteamas mi-thaitneach, no bhi air ar giulan air falbh leis gach togradh mi-cheillidh, 'nuair a thig-eadh ni eigin eile a bha ni bu taitniche 'nar rathad.

Agus a reir mar a ta so feumail, a ta e mar an ceudna so-dheanta. Cha'n 'eil a dh'easbhuidh air neach gu so a choimhlionadh ach inntinn spioradail, ni is e maise, spionnadh, agus mar an ceudna, beatha a' chrìosduidh; mar is maith tha fhios acasan a bhlais nithe Dhé, agus "aig am bheil an ceudfaith air an cleachdadh;" (Eabh. v. 14.) an dream a dh'fhiosraich gu bheil an cridhe far am bheil an ionnhas; gu bheil iad ag iarraidh nan nithe sin a ta shuas, far am bheil Crìosd 'na shuidhe aig deas làimh Dhé,—gu bheil Crìosd a' gabhail còmhnuidh 'nan cridhe tre chreidimh, eal-g-dhìreach an aghaidh luchd-aidmheil a thaobh ainme, aig am bheil an aire air nithibh talmhaidh: An dream a thuigeas na briathra so, "Seadh gun amharus, agus a ta mi a' meas nan uile nithe 'nan calldach air son ro-òirdh-eirceis èolais an Tighearn Iosa Crìosd." (Phil. v. 8.) B' aithne do na h-Iudhaich chràbhach, a bha fo shaorsainn dhorcha, aig an robh a mhàin "sgàile nithe maithe ri teachd, agus cha'n e fìor-dhealbh nan nithe féin," (Eabh. x. 1.) ciod e bhi tasgaidh suas focail Dhé

'nan cridhe agus 'nan anam ; bhi g'an ceangal mar chomhar air an làmhaibh, agus mar eudanan eadar an sùilibh" ; agus gun teagamh smuainicheadh iad féin air na nithibh a bha iad gu theagasg d'an cloinn, " 'Nuair a shuidheadh iad 'nan tigh, agus an uair a dh'imicheadh iad air an t-slighe, agus an uair a luidheadh iad sios, agus an uair a dh'éireadh iad suas." Agus gu cinnteach, do bhrìgh gu bheil cothroman nì's fearr againn, tha sinn fo fhiachaibh nì's mò gu so a dheanamh ; agus an uair a leughas sinn mu thimchioll dian-thogradh *chloinn Israeil* an deigh phàilliuna, chùirtean, agus altair Dhé ; agus cia mar a bha an cridhe air an t-slighe a bha treòrachadh d'an ionnsuidh,—ni a ta air f'hoillseachadh sna briathraibh so, " An anama a' miannachadh, seadh eadhon a' fannachadh," agus " an cridhe agus am feoil ag éigheach gu h-àrd an déigh an Dé bheò," feudaidh e thoirt oirnn a smuaineachadh, air do Chrìosd, a ta air a shamhlachadh leis an àrd-ordugh naomh so, bhi 'g iarraidh a leithid sin do urram uainne, gu bheil e 'na ni cudthromach bhi fo stiùradh lathail cuimhneachain a chuirp agus 'fhola, a ta gu mòr nì's luachmhoire na uile sheirbhis an teampuill, do bhrìgh gur e so bha air a shamhlachadh le *seirbhis* an teampuill, agus gur e so is crìoch di.

Ann am briathraibh aithghearr, tha foghlum furas dhasan aig am bheil tuigse. Cnuasaichidh an creideach aig am bheil eòlas tre fhéin-fhiosrachadh cìod a ta mi a' ciallachadh *le so* ; agus cha'n 'eil a' chùis doilich a

mhìneachadh dhoibhsan tha fiosrach mu thimchioll nadur an duine, ged bhi iad 'nan coigrich do chreidimh bheothail, agus do chumhachd na diadhachd. Ma mhiannaicheas duine gu mòr cuspair talmhaidh air bith, bithidh an ni sin tha e gràdhachadh an còmh-nuidh air inntinn, agus 'ga leantuinn 'na ghnò-thuichibh, 'na shùgradh, agus 'na choludair, cho maith agus teachd a steach 'na smuaintibh an uaignidheas agus an diomhaireachd; agus *tachairidh sin* gun bhi cur grabadh air 'na riaghladh a' ghnòthuichean coitchionn: Seadh air an làimh eile, beothaichidh e a ghluasad, agus leasaichidh e ghiulan air dòigh ro-fhaicsinneach d'a choimhearsnach. B'urrainn domh dearbhaidhean a thoirt seachad, agus ughdairean ainmeachadh, chum na crìche so. Ath-sgrìobhaidh mi a mhàin earrann o aon Ughdar d'am bheil mòr-mheas agam air son 'fhoghlum feallsanachd agus 'eòlas air nadur an duine, ged nach urrainn domh air doigh air bith aontachadh leis a' chunntas a thug e seachad mu thimchioll a' chreidimh chriosduidh. 'Se so a bhriathra: " Anns na nithibh so uile ('se sin sùgradh neo-chronail,) cha'n 'eil sinn gu Dia a dhichuimhneachadh, (anns am bheil sinn teachd beò agus a' gluasad,) air achd is nach bi againn an comh-nuidh aomadh diomhair ris, agus mothachadh d'a eagal, agus d'a làthaireachd; ni a nochdas e féin gu minic am meadhon nithe eile le tagradh goirid agus urnuigh dhiomhair: agus a chum nach smuainichear gur cùis

iongantach agus do-thuigsinn an ni so, cuiridh mi an céill e le aon dearbh shoilleir a fhreagras do fhiosrachadh nan uile dhaoine. Cha'n àicheadhar nach còir do gach neach tuille gràdh a bhi aige do Dhia, na do ni air bith eile. Nis tha e soilleir gu bheil e doilich do dhuine a ta gaolach air mnaoi no air ni air bith eile, na nithe do'm bheil gràdh aige fhuadachadh o a chridhe, ma ghabh an gràdh freumh 'na chridhe, agus sealbh air 'inn-tinn: Seadh 'nuair tha e 'g itheadh, ag òl, no 'na chodal, bithidh a smuainte an comh-nuidh ag aomadh an rathad sin; agus 'na ghnothuichibh lathail, no 'na fhearascuideachd, cia air bith cho suidhichte 'sa bhitheas e, cha leig e le mòran ùine dol seachad gun bhi nochdadh air dòigh eigin a ghaol do'n ni sin tha e a' gràdhachadh."\*

Their mi a mhàin, ma cheadaicheas na h-aingidh dhoibh féin na peacanna anns an robh iad ciontach aithris 'nan smuaintibh, agus ma bhuilicheas luchd na h-inntinn thalmhaidh an càil air faoin-innleachdaibh, agus ma ghairmeas iad gu'n cuimhne na h-amanna a chaidh seachd agus na nithe a thachair doibh, agus le sin gu'n gluais iad a réir cumhachd agus gnè na h-inntinn feolmhoir; cha bhi e 'na ni miomchuidh dhoibhsan a ta air am breith leis an spiorad, agus aig bord an Tighearn a bhlais agus a chunnaic gu bheil e grasmhor, bhi cnuasachadh, a' beachdachadh, agus gu minic

\* Barclay's Apol. Prop. 15, § 9.

a' gairm suas cuimhneachan na cuirme naoimh sin, far am bu toil le Dia a ghràs a nochdadh doibh. “Tha feoil Chrìosd gu firinneach 'na biadh, agus is deoch gu firinneach 'fhuil!” Agus le bhì cuimhneachadh gu coitchionn air an lòn a fhuair sinn aig a bhord, (ma nì sinn so le rùn dùrachdach agus creideach,) gheibh ar n-anama farsuinneachd gu cnuasachadh, agus còmhnadh mòr gu fàs ann an gràs, agus gu meudachadh le uile mheadachd Dhé.

3. Ann an cùisibh ro-chruaidh, bithidh e ro-ìomchuidh bhì cuimhneachadh air cuirm naoimh an t-sacramaint a chaidh seachad.

Ma thig trioblaid ghoirt 'nar crannchur, feudaidh sinn gu h-ìomchuidh beachdachadh air-san a bhàsaich ar ar son, air dhuinn a bhàs fhoillseachadh o chionn ghoirid, agus air na nithibh mòra a dh'fhuiling e, agus cia cho ciùin agus cho foighidneach 'sa bha e, “'nuair a dh'ìrioslaich se e féin, agus a bha e umhal gu bàs, eadhon gu bàs a' chroinncheusaidh;” “agus ged bu mhac e gu'n d'fhoghlum e umhlachd o na nithibh a dh'fhuiling e;” cia, “air son an aoibhneis a chuireadh roimhe, mar a dh'fhuiling e an crann-ceusaidh, a' cur na nàire an neo-shuim, agus mar a dh'fhàg e eisempleir againn, chum gu'n gluaiseamaid-ne 'na cheumannaibh.” Biodh e an comhnuidh 'nar cuimhne gu bheil comh-fhulangas aig ruinne, do bhrìgh gu'n d' fhuiling e féin; agus tre thoillteanas na h-ìobairt a thug e seachad air a' chrann-cheusaidh, gu bheil e 'na eadar-mheadhonnair

cumhachdach air ar son, chum's gu'm faigh sinn còmhnaidh ann an àm iomchuidh, agus comhfhurtachd a reir ar feuma; a' cuimhneachadh mar an ceudna gu'n do gheall e so dhuinn aig a' bhord, far an robh esan air a sheulachadh dhuinne, cho maith 'sa bha sinn air ar seulachadh dhasan: agus leis a' bheachd so, thugamaid misneach dhuinn féin 'nar n-athchuinge ris-san is e "Athair ar Tighearna Iosa Criosd, agus mar an ceudna Athair na tròcair agus Dia na h-uile comhfhurtachd d'a shluagh 'nan uile àmbghar." (2 Cor. i. 3, 4.)

Ma bheir an namhaid laidir ionnsuidh oirnn, seallamaid air Iosa a bha air a nochdadh dhuinn gu soilleir air a cheusadh. Thugamaid 'nar cuimhne, agus tagramaid e 'na làthair, gu'n robh e air fhoillseachadh a sgrios oibre an diabhuil, agus "air dha uachdranachdan agus cumhachdan a chreachadh, gu'n d'rinn e ball-samhuill dhuibh gu follaiseach, a' deanamh buaidh-chaitheim os an ceann tre'n chrann ud féin." (Colos. ii. 15.) Cumamaid 'nar cuimhne cia mar a ghuidhe e air son a dheisciobuil, nach diobradh a chreidimh e, 'nuair a dh'iarr Satan Peadar chum a chriaradh mar chruithneachd; agus cia mar a shaor se e o liontaibh an diabhuil, le sealladh *tròcaireach* a thoirt air:—Agus tagramaid gu h-iriosal, do bhrìgh gur e Criosd "an Ti ceudna an dé, an diugh, agus gu sìorruidh," agus do bhrìgh nach 'eil a chumhachd agus a ghràs air an lughdachadh le esan bhi air a thoirt air falbh, agus air



àrdachadh, gu'n toireadh e comhfhurtachd dhuinn aig a bhord chum dòchas a bhi againn ri a làthaireachd sa' chatha, agus ri cabhair fhaotainn uaith 'nuair tha sinn gu goirt air ar teannachadh.

Ma mhothaicheas sinn gu bheil truailidh-eachd ag oibreachadh, thugamaid fa'near ciod an sealladh a fhuair sinn do'n pheacadh ann am fulangas ar Tighearna, agus cuimhneachamaid " gu bheil ar seann duine air a cheusadh maille ris, ionnus gu'm bi corp a' pheacaidh air a sgrios, chum á so suas nach deanamaid seirbhis do'n pheacadh : " Agus thugamaid fa'near briathra so an Abstoil, " Uime sin o dh' fhuiling Criosd air ar son-ne san fheòil, armaichibh-sa mar an ceudna sibh fein leis an inntinn cheudna : oir an ti a dh' fhuiling san fheoil, sguir e do pheacadh, chum nach caitheadh e fuigheall 'aimsire anns an fheoil, a réir ana-mianna dhaoine, ach a réir toil Dhé." (1 Pead. iv. 1, 2.) Thugamaid fa'near " gu bheil sinn air ar suidheachadh ann an coslas a bhàis ; " gu h-àraidh, beachdachamaid air na nithibh a chaidh fhoillseachadh agus a thachair dhuinn aig an t-sacramaint, 'nuair a chuireas ar togradh truailidh dragha oirnn. Feumaidh sinn amharc air Slanuigh-ear ceusdta, " nan cuireamaid dhinn am peacadh a ta gu furasda ag iadhadh umainn ; " (Eabh xii. 1.) agus, gu h-aithghearr, ciod air bith an dleasdhas tha 'g iarraidh féin-àicheadh, cha choimhlionar e gu caoimhneil, agus gu taitneach, as eugmhais gu'n amhaire sinn air-

san, cha'n e mhàin a' cur romhainn eisempleir air a' chrann-cheusaidh, ach mar an ceudna a' seulachadh aig a' bhord gealladh cuideachaidh agus duais, a réir an t-soisgeil. Tha an t-ordugh so a' co-chur agus a' seulachadh, cho maith agus a' foillseachadh, geallanna an t-soisgeil, no (an ni ceudna) beannachdan a' chumhnaint nuaidh. Cha ghabh e cur an teagamh nach 'eil e ro-fheumail dhuinn beachd soilleir a bhi againn do ar bòidibh agus do ar geallannaibh, 'nuair tha sinn gu earrann do ar dleasdhas a choimhlionadh, a ta 'g iarraidh dichioll agus rùn-suidhichte: —'S e so an dòigh a's fearr gu leithid do dhùrachd a dhùsgadh suas annainn 'sa bheothaicheas ar gluasad, agus a neartaicheas sinn gu h-iomlan, a chuireas ar cridhe am farsuinn-eachd, agus a threòraicheas sinn le sòlas gu dleasdhas ar gairm naoimh. Mar so "éirigh sinn suas mar iolair air sgiathaibh, ruithidh sinn agus cha bhi sinn sgèth, siubhlaidh sinn agus cha'n fhàs sinn fann." (Isaiah xl. 31.)

---

#### CAIB. V.

*A' foillseachadh ciod an tairbhe a ta sruthadh o'n chleachd a chaidh a mholadh dhuinn, gu h-àraidh a thaobh chothroman ri teachd, &c.*

THA na sochairean a ta sruthadh o'n ghiulan iomchuidh a dh'ainmich sinn, an déigh dhuinn

comanach a ghabhail, dà-fhillte 'nan nadur,— a thaobh an coimhcheangal ris a' chothrom a chaidh seachad, agus an coimhcheangal ris na cothromaibh a ta ri teachd. Cha labhair mi a bheag mu thimchioll a' cheud ni dhuibh sin, air d'a so bhi air a choimhlionadh gu h-iomchuidh san earrann roimhe so ; ach mu thimchioll an dara h-aon labhrainn beagan air doigh àraidh. Agus an so thugamaid fa'near,

1. 'Nuair a ghluaiseas creidich air an dòigh a chomhairlich mi, cha ghabh e cur an teagamh nach 'eil iad an comhnuidh ulluichte fa chomhair an orduigh naoimh so. Tha anama dùrachach gu minic air an claidh le amharus agus ioma-chomhairle mu thimchioll nan nithe sin tha feumail chum an làn-ulluchadh : Am bheil iad d'a rìreadh air am breith a rìs;—'nan luchd-comhpairt do nàdur naomha ;—air dol thairis o bhàs gu beatha ; agus am bheil gràdh Dhé, ni is e freumh a' ghnòthuich, a' gabhail comhnuidh annta. Tha iad fo eagal nach 'eil iad treibhdhireach, agus a' cur an teagamh nach 'eil aca ach ainm bhi beò, agus dealbh na diadhachd as eugmhais a' chumhachd : Agus cha'n 'eil so a mhàin cumail air ais mòran o'n bhord naomh, ach tha e togail mòran trioblaid dhoibhsan do nach 'eil e an comas dleasdhas cho soilleir a dhìchuimhn-each gu tur, agus cumaidh e iomadh uair air falbh iad, 'nuair nach 'eil leisgeul sonraichte eile aca gun bhi làthair. Chaidh iomadh doigh-labhairt a ghnàthachadh a thaobh an t-sluaigh so. A' cheud dream, (eadhon an dream sin

tha diultadh gu tur bhi umhal do àithne Chrìosd air son an leisgeil so,) cha'n 'eil mi gabhail gnothuch riu : Ach ris an dream eile feudaidh mi a ràdh am bitheanta, gur e gluasad mi-iomchuidh an deigh an t-sacramaint, math-air-aobhar agus bunait gach amharus imcheisteach, agus gach eagal claidhteach agus neoshocrach a ta g'an lionadh, agus *mar an ceudna mathair-aobhair* an dearmaid bhitheanta a ta leantuinn sin. Fuidh làn-fhiosrachadh nach do chaithe iad am beatha mar bu chòir do luchd-comanachaidh iomchuidh a dheanamh, tha iad a' gabhail eagail bhi'g ath-ùrachadh am frithealaidh ; no ma dh'èignicheas siad iad féin gus an iobairt so a thoirt seachad, tha iad ga dheanamh air dòigh ro mhi-iomchuidh, agus tha a' chrìoch gu tric ro mhi-shòlasach.

Ach a nis, an dream a ta 'g an cleachdadh féin ri ath-chuimhneachadh agus ri beachd-smuaineachadh an déigh dhoibh bord an Tighearn fhàgail, air doigh eigin do na chaidh fhoillseachadh, cha'n urrainn doibh ach gann gun bhi fàs ann an dearbh-bheachd gnàth-aichte, air ann còir an am beannachdaibh cumhnaint an t-soisgeil : agus as eugmhais gu bheil iad ann an staid neo-ghnathaichte, cha bhi iad an amharus nach 'eil iad air an "ionnlaid," 'se sin, air an naomhachadh "agus air am fìreanachadh ann an ainm an Tighearn Iosa, agus le spiorad ar Dé-ne:" (1 Cor. vi. 11.) Agus air do'n chùis so bhi air a daingneachadh gu taitneach, tha a' chruaidh-chas mhòr

thairis, agus an ceap-tuislidh air a thoirt air falbh.

2. Cuiridh a leithid so do ghiulan air aghaidh gu mòr ar n-ulluchadh *air son an t-sacramainl*. Do bhrìgh, le ath-bheachd lathail, gu'm fàs ar smuainte mu Chrìosd, a ta sruthadh o'n t-sealladh a fhuair sinn deth aig a bhord, caidreach 'nar n-inntinn, cha bhi feum againn air deasachadh fad no saothreachail chum sinn féin ulluchadh fa chomhair an orduigh so. An ni sin air am bheil duine an còmhnuidh, agus air iomadh dòigh, a smuaineachadh, bithidh e ni's deise gu gnothuch a ghabhail ris, 'nuair tha gairm àraidh aig gu so a dheanamh; mar a bhios esan, a ta an còmhnuidh a' cuimhneachadh air a charaid, agus tha 'g iarraidh a thoileachadh le uile inntinn, deas gu dol d'a ionnsuidh, no gu gabhail ris gun mhòran rabhaidh, gu h-àraidh 'nuair a's e gràdh treibhdhireach, agus urram gun sgàth, an taon ni ris am bheil dùil; agus 'nuair tha greadhnachas, no deas-ghnàth o'n taobh a muigh air bheag luach. Tha ulluchadh a' chridhe air son an t-sacramaint so a' seasamh ann an deas-chreidimh, an gràdh, an aithreachas, an rùn-suidhichte, an umhlachd, &c. a' sruthadh o'n fhoillseachadh a ta air a dheanamh an sin air Chrìosd, agus gu h-àraidh air a ghràdh 'nuair a bhàsaich e air ar son. Agus ma bhios an ni so air a shuidheachadh 'nar n-inntinn, agus ma *bheachdaicheas sinn air ann an socair* ar smuainte gach là tha gabhail

seachad, a thuille air e 'gar fagail deas ann an teanntachdaibh àraidh, cia cho eallamh 's as urrainn duinn frithealadh, (gun bhi againn r'a dheanamh ach ar smuainte mu nithe talmhaidh a chur uainn car na h-aimsir, agus sinn féin ath-chuimhneachadh chum's gu'm fritheil sinn gu h-iomlain) do'n ghnothach a ta fa'r comhair! Air an làimh eile, iadsan a ta coimhlionadh an aoraidh aig bord an Tighearn, agus an déigh sin nach 'eil a' cuimhneachadh air bàs Chrìosd gus am bheil iad faotainn rabhadh follaiseach gu ulluchadh a dheanamh fa chomhair sacramaint 'eile; agus theagamh nach 'eil a' tòiseachadh gu ceart air ulluchadh a dheanamh gus am bheil an t-àm ro fhagus doibh, bithidh e ro-dhoilich dhoibh an cridheachan a chur an ordugh; agus feudaidh dùil a bhi aca gu'm fuiling iad mòran sa' chabhaig agus san imcheist, mar a thachaireas ann an gnothuichibh coitchionn, 'nuair a ni daoine moille gus am bheil iad a dhìth ùine, agus eucomasach air iomadh grabadh agus iarrtus dosheachnadh a ghiulan.

Tha iomadh neach aig am bheil ùin gu leòir air son nan cleachdan ulluchaidh sin, agus gidheadh nach urrainn a ghnàthachadh chum deadh fheum: Feudaidh so tachairt do chuid an cail-eigin a dhìth foghlaim; ach am bith-eanta tha e 'g éirigh o inntinn fheolmhor a ta 'g amharc air féin-ghnìomh ann an nithibh spioradail mar ni a ta mi-tharbhach agus neo-thaitneach. Ach ma chleachdas sinn sinn féin ri leithid do bheachd *'sa chaidh*

*ainmeachadh*, théid sin mu dheimhin a ghnóthuich le suilbhreachd agus misneach iomchuidh, agus feudaidh duil a bhi againn gu'n seachainn sinn an t-eas-ordugh, an imcheist, agus an neo-mhothachadh sin a ta an cois na h-inntinn nach 'eil air a cleachdadh ri leithid so do dhleasdnas : mar a bhios duine a ta leantuinn gnothuch àraidh éigin, agus aig am bheil inntinn gach uair a ta e 'na shocair air a suidheachadh air, ni's deise gu dol mu'n cuairt da, na bhios an neach sin a ta gun churam agus gun suim deth. Bithidh na peacanna a ghnàthaich sinn roimhe so ni's usadh a chuimhneachadh, agus bithidh an drùghadh a rinneadh oirnn air ath-bheothachadh air dòigh ni's furasda. A thuille air sin, air dhuinn àireamh ùr ni's lugha a bhi againn gu trioblaid a chur oirnn, bithidh e ni's iomchuidh dhuinn ar cunntas a dheanamh suas ; aithnichidh sinn teisteannas ar treibhdhreas ; agus cuiridh sinn umainn a' bhreaghachd sin a ni suas trusgan na bainnse ; mar a ta ar n-éididh lathail ni's usadh fhaotainn agus a chur umainn, na an éididh sin nach 'eil sinn a' caithe ach ainmig, no air uair eigin no àraidh. Ann am briathraibh aithghearr, esan a ta caithe a bheatha air doigh tha còrdadh ri foillseachadh an t-Slànuighir, bithidh e ni's usadh dha deanamh deas fa chomhair na h-earrainn so do'n t-seirbhis fhollaiseach, gach uair a bheir freasdal Dé cothrom dha.

3. Le giulan mar so fritheilidh sinn air

dòigh ni's freagaraich, agus ni's taitniche. Tionndaidh a leithid do chaithe-beatha 'sa chaidh ainmeachadh ar gnè gu bi uigh air nuigh ni's spioradail, agus air an aobhar sin ni e ni's iomchuidh sinn air son nan nithe a's àirde 'nar n-aoradh. Mar so bithidh sinn ni's ulluichte chum gach gràs a chleachdadh air am bi feum againn. Bithidh creidimh a thaobh nithe neo-fhaicsinneach gu coitchionn, agus a thaobh an Eadar-mheadhonair gu h-àraidh, furasd a tharruing a mach do'n neach sin a ta an comhnuidh a' smuaineachadh air na nithibh a ta shuas, agus aig am bheil losa air a cheusadh agus air aghlòrachadh mar gu'mb'ann a' gabhail còmhnuidh 'na chridhe. Agus cha bhì mòr-fheum air a' cho-reusonachadh gheur sin, "C'àit am bheil 'ur creidimh?" (Lucas viii. 25.) No idir, "Cionnus nach 'eil creidimh agaibh?" (Marcus iv. 40.) Agus, a' deanamh mathalachd air son nithe neo-ghnàthaichte a thachaireas, bithidh iadsan aig am bheil an aighean mar so air an cleachdadh, le beag strì comasach air an inntinn a thogail suas gu caithir Dhé, far am bheil esan a bha marbh, agus a ta beò, agus a bhios beò gu sìorruidh, a' suidhe aig a dheas làimh. Mar a chi esan, a sheallas gach là air cuspair fad as, an cuspair sin ni's fearr na chi coigreach, no neach nach 'eil cleachdadh ri bhì sealltuinn fad air astar; agus mar a ta aonach ni's usadh a dhìreadh, le bhì 'ga dhìreadh gu minic; tha e mar sin ann an cleachdadh a' ghràis, anns am bheil an inntinn



air a fosgladh suas gu sealltuinn air nithibh fad as, agus ag éirigh gu beachd-smuaineachadh naomh. Aig a' chuirn, 'nuair a ghairmear oirnn gu so a dheanamh mar chuimhneachan air-san, cia cho eallamh 's as urrainn duinn sùil ar n-inntinn a thionndadh chum a' chuspair sin air an robh sinn an còmhnuidh a' beachdachadh? Tha so a' cordadh ri reusan, ri dearbh-fheallsanachd, agus air a dhaingneachadh le fiosrachadh a' *chinne-daoine*: Oir 'nuair a chleachdas aon e féin car fada ri bhi cnuasachadh ni air bith 'na bheachd, tha gnè na h-inntinn a' fàs ullamh gus an ni ceudna a thoirt 'na chuimhne, gus ma dheireadh gu'm bi a smuaintean mu 'thimchioll neo-ain-deonach agus nadureil, cosmhuil ri tarruing na h-analach, no gluasad a' chridhe, a ta dol air an aghaidh as eugmhais na toil. Agus cha'n 'eil teagamh air bith nach gabh buaidhean a' mhothachaidh, agus na buaidhean sin tha an inntinn ag gnàthachadh ann an cleachd na tuigse, bhi air an deanamh ni's iomlaine le cleachdadh iomchuidh, agus deadh-bhuil. Ris a' bheachd so tha sinn air ar teagasg o'n Sgrioptur (mar chùis ro-chudthromach) bhi cur gealladh gràis Dhé, agus tuirling ro-shaoibhir an spioraid naomh, a bheirear dhoibhsan a ghnàthaicheas an talanta a réir mar is còir dhoibh: "Esan aig am bheil, gheibh e tuille." Feudar an ni ceudna a ràdh mu thimchioll aithreachais agus gràidh air gach doigh sam bheil iad air an cur an céill,

agus mu thimchioll gach ni eile a bhuineas do sheirbhis ar n-aoraidh. Ma bhios an cridhe air a chumail blàth, le e bhi an combnuidh suidhichte air 'àrd-chuspair, bithidh e ni's deise gu lasadh suas aig amannaibh sonraichte ann am miann laidir an deigh an Tighearn;—nis as eugmhais an ni so, cha bhi ar n-uile chleachdadh corporra tarbhach dhuinn féin, no taitneach no freagarach an làthair Dhé do'm bheil sinn ag aideachadh bhi deanamh seirbhis. Agus an urrainn duinn an cridhe a chumail ceart air doigh ni's fearr na dh'ainmich mi?

Leanaidh a' bhuannachd so mar an ceudna an ni a dh' ainmich mi,—nach bi ar n-inntinn air a cur troimh a chéile co mòr leis gach iomadh seòrsa seirbhis a ta againn r'a fhritheileadh aig a' chuirn naoimh so. Tha sinn an sin gu bhi ag ath-smuaineachadh air iomadh ni, agus gu iomadh rùn a chur an cèill; gràdh do Dhia,—fuath do pheacadh,—féin-ghràin,—agus mòr-irioslachd,—rùn suidhichte,—breithbuidheachais, &c. Tha na h-iomadaidh dhiubh so ullamh gu iad-san a shàruchadh nach 'eil a' gnàthachadh agus a' cleachdadh bhi ri aoradh spioradail agus diadhaidh. Tha e cunnartach gu'm bi an inntinn imcheisteach,—an smuainte luaineach,—agus an cridhe a' dol fodha le h-eagal nach urrainn doibh aire a thoirt gu ceart do gach ni a ta fa'n combair. Ach anns a' chleachdadh sin a dh' ainmich mi, gheibh sinn an t-sochair so, gu'm

bi comas againn dol o aon ni gu ni eile le beag deacair, agus gu'm bi ar n-inntinn so-ghiulan o aon sealladh gu sealladh eile, mar a dh'fhosglas iad suas duinn: No, ma thachair gu'n do dhichuimhnich sinn ni air bith, bheir ar fiosrachadh mu thimchioll nan nithe a thachair, 'nuair a bha sinn ag ath-smuaineachadh, comhfhurtachd dhuinn; agus gu h-àraidh an dùil a ta againn gu'n cuimhnich sinn na h-uile nithe ni's fearr 'nuair a thig an ath-chothrom mu'n cuairt.

Tha aon ni eile airidh air ar beachd,—gu bheil sinn, le bhi leantuinn an t-seòla a chaidh ainmeachadh, cosmhuil ri bhi ni's ulluichte fa chomhair seirbhis àraidh na h-aimsir so,—ni is e gairdeachas diadhaidh agus breith-buidheachais. Tha sacramaint suipeir an Tigh-earn 'na chuirn naoimh; aig *a' chuirn* so is còir dhuinn “ seirbhis a dheanamh do'n Tigh-earn le h-aoibhneas, agus teachd 'na fhianuis le luath-ghàire: teachd a steach 'na gheataibh le buidheachas, 'na chùirtibh le moladh; buidheachas a thoirt da, agus 'ainm a bheannachadh.” (Salm. c. 2. 4. Nis, cha'n urrainn neach air bith so a dheanamh cho maith ris-san a chumas air 'inntinn blas agus sòlas nan sacramaint a chaidh seachad; agus a dh'ath-ùraicheas iad 'na chridhe agus 'na shlighibh le leithid do chnuasachadh iomchuidh aig amannaibh àraidh 'sa chaidh a chomhairleachadh. Tha an sluagh so cosmhuil ri 'n anam a chumail ann an aiteas bunailteach, agus

tha mòr-aobhar aca a smuaineachadh gu'm faigh iad an t-àrdachadh àraidh sin, agus am meudachadh cridhe, a ta an Tighearn air uairibh a' toirt seachad, cha'n ann a mhàin mar dhuais air son dichioll agus spioradalachd inntinn, ach mar chùl-taice fo dheuchannaibh ri teachd, agus fo theanntachdaibh goirt: *Gidheadh*, "àrd-mholaidh an anam an Tighearna, agus ni an spiorad gairdeachas ann an Dia an Slànuighear," (Lucas i. 46, 47.) agus mur tachair ni cruaidh éigin doibh, bithidh "an anama air an sàsachadh mar le smior agus le sail, agus le bilibh aoibhneach molaidh iad an Tighearn:" (Salm lxiii. 5.) 'Nuair "a sheallas iad airsan a lot iad, agus a ni iad caoidh;" bithidh eadhon a' chaoidh so freagarach, seadh cairdeil do an aoibhneas anns an Tighearn Iosa Crìosd. Ann an aon fhocal, tha a leithid so do shluagh, le bhi cuimhneachadh air Iosa do-fhaicsinneach, cosmhuil ri "mòrghairdeachas a dheanamh le h-aoibhneas air dol thar labhairt, agus làn do ghlòir;" (1 Pead. i. 8.) agus feudaidh dùil a bhi aca gu'm pill iad o'n t-sacramaint le sìth shuidhichte, agus ciùineas inntinn, a dh'fhàgas iomchuidh iad air son an gairm coitchionn agus àraidh; agus gu'm fiosraich iad cìod a's ciall do na briathraibh so, " 'Se gairdeachas an Tighearn an neart." (Nehemiah viii. 10.)

Agus an sin, a' buanachadh 'nan cùrsa gnathaichte ann a bhi cuimhneachadh agus a' deadh-bhuileachadh nan nithe a thachair aig

a' chuir, chum's gu'm bi iad air an suidh-eachadh agus air am meudachadh 'nan gnè spioradail, agus 'nan coluadar nèamhaidh, bithidh gu leòr do theistean aca, " Nach do mheall siad iad féin le'n smuaintibh diomhain, an àit dearbh-mhothachadh do ghràdh Dhé ; cosmhuil riusan a ta gluasad ann an diomhanas agus an slighe an t-saoghail so, agus gidheadh a ta deanamh uail gu bheil mothachadh aca do ghràdh Dhé."

Mar so chuir mi an céill a' bhuanachd a dh'eireas o dheadh-bhuil a thoirt á aon chomanach, chum ar n-ulluchadh fa chombair chomanacha eile air am faigh sinn cothrom gu frithealadh. Bithidh gach ni eile a ta agam r'a ràdh ann am moladh a' chleachdaidh so, air a chur sios fo thri cheannaibh.

1. Air an doigh so cha bhi sinn air ar buaireadh gu mòran a smuaineachadh mu thimchioll bhi gabhail comanaich gu minic. Tha e air innseadh dhuinn gu'n robh creidmhidh o shean a' gabhail comanach gach là : gu cinnteach rinn iad so gach là sàbaid : oir b'e so earrann do'n aoradh suidhichte. Cha'n fhaigh mi coire do chleachd nan Eaglaise athleasaichte, ach tha mi an dòchas gu'm feud mi a ràdh gun oilbheum, gur e aon do'n dà ni so is reusan gu'n deachaidh an seana chleachd a mhuthadh cho mòr ;—aon chuid saobh-chràbhadh ann a bhi 'g àrdachadh an orduigh so os ceann orduighean eile ni's mò na tha na scriptionean a' luasachadh ; no

easbhuidh an spiriodalachd inntinn, agus an deadh-rùn ann an cùisibh ar creidimh, a bha aon uair 'na ghlòir do Eaglais Chrìosd. No, feudaidh e bhi, beagan do'n dà chuid. Gidheadh, nach fheud mi a ràdh, nan tugamaid deadhbhuil as an ordugh so, air doigh air bith do na dh' ainmich mi, cha bhitheamaid cho deas gu leisgeul a chur sa' ghnòthuch 'nuair bha freasdal Dhé a' toirt cothrom duinn an t-ordugh a fhrithealadh? Cia tric tha aitean an t-sluaigh falamb, 'nuair nach 'eil ni air bith g'am bacadh! Ni nach tachaireadh nan cumadh iad suas an gnè spioradail inntinn sin, a dh'ionnsuidh an d'thug an coluadar ri'm fear-saoraidh air a cheusadh iad.

Tha sinn a' leigeil ar faire dhinn, agus a' treigsinn ar dùrachd: A' leigeil ar cridhe sgaoilte ri amaideachd agus diomhanas; no a' dol tuille's fàil ann an sùgradh saoghalta. Tha so 'gar fagail mi-iomchuidh gu sinn féin ath-chuimhneachadh, agus g'ar tàladh gu leisgeulan a dhealbh air son ar dearmad: Ni aon dearmad rathad air son dearmad eile, gus ma dheireadh gu'm bi sinn eallamh air fàs 'nar coigrich do fhrithealadh air Chrìosd aig a bhord. Agus tha toradh an ni so gu tric ro-uamhasach; air tùs, beatha dhearmadach; agus an sin, bhi toirt aoidheachd do na barailibh sin a dh'fhìreanaicheas ar giulan: Nithe nach tachaireadh nan leanamaid an cleachd a dh'ainmich mi.

2. Tha maith eile ag éirigh o so, nach

biomaid air ar tilgeadh sìos, nan tachaireadh e gu'n rachadh ar cur seachad le gnothuch eigin air ar frithealadh coitchionn agus suidhichte. 'Nuair tha mi a' cronachadh dearmad gun aobhar, tha mi ag aideachadh gu'm feud deadh aobhar a bhi againn gu ar cumail air ar n-ais o'n ordugh so ; cha'n e mhain tinneas cuirp, siubhal ann an tìr choigrich ; agus gun neach iomchuidh a bhi làthair gus an t-ordugh a fhrithealadh ; ach nithe eile air nach urrainn neach breth a thoirt ach sinn féin. 'Nuair a thachaireas so, is amhghar e, agus tha sinn gu chaoidh mar sin ; ach cha choir dhuinn sìth ar n-inntinn a mhilleadh air a shon. Bithidh spioradalachd ghnathaichte ar n-inntinn, tha 'g eirigh o ath-bheachd air na nithibh a dh'fhiosraich sinn an lathair Dhé aig a bhord, 'na mheadhon sonraichte gu ar ciùineachadh, agus gu mi-shuaimhneas anabarrach a bhacadh a dh'fheudadh tachairt duinn air doigh eile. Iadsan a ta air an cumail air an ais o chomanach ùr, cuimhnicheadh iad ciod a thachair aig a' chomanach mu dheireadh ; agus le beannachd Dhé, feudaidh e a' chrìoch cheudna a fhreagairt, a dheanadh frithealaidh as ùr. Mar so feudaidh duine, mar gu'm b'ann, comanach a ghabhail leis féin, agus ged bhi e " as lathair sa' chorp, gu'm bi e a lathair san spiorad," maille ri Eaglaisibh Chrìosd : Bithidh an gnothuch so so-dheanamh dhoibhsan a chleachd bhi gabhail ath-bheachd do'n giulan, mar a chaidh a chomhairleach-


adh. Ach cuimhnichibh gur e an eigin da rìreadh, agus nach e leisgeul faoin a bhios ann; air dhoigh eile, tha sinn ciontach do dhearmad dleasdais shoilleir; agus cha ghabhar coimhleasachadh, no ni air bith gu bhì co-ionann ris, a steach 'na àite.

3. Bheir so mar an ceudna comhfhurtachd dhuinn, ma thachaireas e tre euslaint, no tre theanntachd chruaidh, nach bi mothachadh againn gu bheil sinn ann an leithid do ghnè inntinn 's bu maith leinn, no a chleachd sinn. —Iadsan nach smuainich ach gann air an t-sacramaint, gus a bheil e aig an làimh, agus an sin nach faigh a' chomhfhurtachd a shaoil leo, tha iad ullamh gu fulang fo dhroch thoradh am mearallaidh; aon chuid tha iad ro-bhrònach, no tha iad a' fàs gun suim mu thimchioll na cùise. Ach iadsan tha toirt oidhearp san aimsir a ta eadar an dà shacramaint, an sacramaint mu dheireadh a chuimhneachadh agus a dheadh-bhuileachadh, bithidh cuideachadh aca an aghaidh an dà uile so; gu h-àraidh ann am fiosrachadh an treibhdhireas, agus nach do chaill iad an ni sin ris an robh dochas aca, tre inntinn neo-churamach, thalmhaidh, no fheolmhoir: Agus mar sin, an àite bhì fo iomagan “ gu'n d'ith agus gu'n d'òl iad breitheanas doibh féin,” geillidh iad da, mar a gheilleas iad do thrioblaidean eile a ta do-sheachnadh; agus cosmhuil riu sin, beachdaichidh iad air mar ni a's còir bhì air a ghnàthachadh chum màltachd



agus féin-irioslachadh, agus cuiridh iad an dòchas ann an trocair an Dé ghràs-mhoir, tre eadar-mheadhonair uile-chumhachdach. Ach an so feumaidh sinn aire a thoirt, nach toir sinn misneach dhuinn féin gu bhi dearmadach agus neo-churamach, leis an ni sin nach 'eil air a shonrachadh chum na crìche so.

Tha iomadh buannachd eile ag éirigh o dheadh-bhuil a dheanamh, agus o ghluasad faicilleach an deigh dhuinn bhi a' frithealadh, do'n ordugh mhoir so do'n chreidimh, a dh'fheudadh bhi air a chur an céill gu ro-ìomchuidh; ach air do'n chrìoch a chuir mi romham bhi air a coimhlionadh cho fhad 'sa b'urrainn domh, co-dhùnaidh mi nis le bhi 'g asluchadh beannachd Dhé air an obair so. Amen.



# AN COMH-DHUNADH.

---

---

## I.

URNUIGH AIR SON NEACH ARAIDH ROIMH SHACRAMAINT SUIPEIR AN TIGHEARN.

A Thighearna Dhé uile-naoimh, uile-bheannaichte, agus uile-ghràsmhor ! tha mi a' teachd a'd' làthair, leis gach uile irioslachd agus urram, a dh'iarraidh do ghnùise, agus a dh'asluchadh do dheadh-ghean ; agus mar theisteachas air do dheadh-thoil do m' thaobh, a ghuidhe gu fiosraichinn obair mhaith *do ghràis* annam.

Tha mi ag aideachadh gu bheil mi neo-airidh, gu tur neo-airidh air an urram,—neo-ìomchuidh, gu tur neo-ìomchuidh air son na seirbhis, chum an do ghairmeadh mi. Is sochair ro-luachmhor e, gu bheil comas agam thusa a chluinntinn a'd' fhocal, agus coluadar a chumail riut ann an urnuigh ; agus os bàrr, mar gu'm bu ni beag so, tha mi nis air mo chuireadh gu co-chomunn a chumail riut aig do bhord, chum gu'n cuimhnichinn an sin bàs mo Shlànuighir, agus gu faighinn sealbh,

tre chreidimh, air na socharaibh priseil a tha sruthadh uaithe. Tha mise, nach 'eil airidh air an sbruileach, air mo chuireadh gu aran na cloinne itheadh.

Bheiream buidheachas duit, O Thighearna, air son daingneachadh an orduigh bheannaichte so,—an dìleab phriseil,—an comhara gràidh so, a dh' fhàg an Tighearn Iosa aig an Eaglais; gu bheil e air a chumail suas gu ruig an là 'n diugh; gu bheil e air a fhrithealadh san dùthaich so; gu bheil comas agam-sa teachd d'a ionnsuidh; agus gu bheil cothrom agam a nis bhi a'm' fhear co-pairt deth. A Thighearn, deònaich nach gabh mi ri do ghràs an so an diomhain!

O Thusa, a ghairm mi gu suipeir bainnse an Uain, thoir dhomh trusgan na bainnse: Oibrich annam a' ghnè anama, agus na h-aigean cràbhach agus diadhaidh sin a ta freagarrach air son an orduigh naoimh so, agus a ta feumail chum's gu'n gabh mi e air dòigh a bhios taitneach, agus a chum mo bhuannachd. Feuch an teine agus am fiodh! Tha na huile nithe deas; ach c'àit am bheil an t-uan air son na h-ìobairt-loisgte? A Thighearn, ulluich uan dhuit féin, le bhi 'g oibreachadh annamsa nan uile nithe a ta thu 'g iarraidh uam aig an àm so! Tha ulluchadh a' chridhe agus freagrachd na teanga araon uaitse. A Thighearn, ulluich mo chridhe neo-ulluichte chum comh-chomunn a chumail riutsa!

Tha mi ag aideachadh, O Thighearn, gu'n do pheacaich mi a'd' aghaidh: Ghluais mi

gu h-amaideach, eadhon gu ro-amaideach ; oir, tha amaideachd ceangailte suas a'm' chridhe : Pheacaich mi, agus thàinig mi gearr air glòir Dhé ; Thàinig mi gearr ann a bhi 'g ad ghlòrachadh, agus air an aobhar sin tha mi neo-airidh bhi air mo ghlòrachadh maille riut. Tha breithneachadh mo chridhe olc an còmhnuidh. Tha mo nàdur truailidh so-aomadh a dh'ionnsuidh an t-saoghail, agus chum ana-mianna na feòla a shàsachadh : Ach a dh'ionnsuidh Dhé, agus Chrìosd, agus nèimh, tha mi ag imeachd gu mall, le iomadh stad agus mairneil. Seadh, tha fuath aig m' inntinn fheòlmhor do nithibh spioradail agus nèamhaidh. Mhi-bhuilich mi m'aimsir, agus mi-ghnàthaich mi gach cothrom gràs mhor a thug thu dhomh ; chaidh mi an déigh diomh-anasa breugach, agus chuir mi cùl ri tairgse nan gràs. A Dhia, bi tròcaireach dhomhsa ta a' m' pheacach ! oir cia beag a rinn mi o thàinig mi dh'ionnsuidh an t-saoghail do'n obair mhòr sin air son an do chruthaichheadh mi !

Ghabh thusa mi ann an cumhnant riut féin ; oir bhaisteadh mi ann an ainm Chrìosd, —chuireadh air leth mi air do shonsa, agus sheulaichheadh mi gu bhi a'm' sheirbhiseach dhuitse. Chuirear leatsa, agus mar an ceudna leam féin, mòr-fhiacha orm, chum thusa a ghràdhachadh, seirbhis a dheanamh dhuit, agus a bhi teachd beò chum do ghlòire. Ach, cosmhuil ri bogha mealltach, dh'aom mise air falbh uait : cha do choimhlion mi an

cùmhnant a rinu mi riut ; cha mhò bha gnè m'inntinn, agus mo chomhradh gnàthaichte, a réir an t-soisgeil sin do'n d'rinn mi aidmheil, no a réir nan nithe sin a bha mi ag earbsadh fhaotainn uaitse, no a réir mo bhòidean dhuit. Tha mo nàdur ag aomadh gu cul-sleamhnachadh uaitse, an Dia beò ; agus nam bithinn fo'n lagh, bhithinn gu tur caille ; ach tha mi fo ghràs, fo chumhnant nan gràs, fuidh am bheil comas aithreachais agam, agus an lorg aithreachais gealladh air maith-eanas peacaidh, a ta cuireadh na cloinne cul-sleamhnachaidh gu pilltinn, agus a ta gealltainn gu'm bi an cùl-sleamhnachadh air a shlànuchadh. A Thighearn ! tha mise a' gabhail ris a' chùmhnant so ; seulaich dhomh e aig do bhord. An sin deonaich gu'm bi mo chridhe air irioslachadh fo mhothachadh peacaidh, agus gu'm bi tuirse orm air a shon air dòigh dhiadhaidh. O gu'n amhairc mi an sin airsan a lot mi, agus gu'm bi mi tuirseach agus fo chràdh air a shon ! gu'n siol-chuir mi le deuraibh, agus gu'n gabh mi Criosd air a lotadh a steach do chridhe leointe : agus an sin bitheadh fuil Chrìosd, a ta labhairt nithe a's fearr na fuil Abeil, air a crathadh air mo chogais, chum a glanadh agus chum sìth a thabhairt di : An sin thoir dearbh-chinntè dhomh gu bheil thu réidh rium, gu bheil m'èusaontas air a dhubhadh a mach, agus nach tig mi a chaoidh gu dìteadh. An sin abair rium, “ Biodh deadh

mhisneach agad, a ta do pheacaidh air am maitheadh dhuit.”

Agus a chum's nach tig mi gu neo-iom-chuidh a dh'ionnsuidh an orduigh naoimh so, tha mi a' guidhe gu'n tugadh tu dhomh eòlas ni's dluithe agus ni's soilleire air Iosa Criosd, agus esan air a cheusadh—air Iosa Criosd, agus esan air a ghlòrachadh; chum air dhomh eòlas a bhi agam airsan, agus air cumhachd 'aiseirgh-san, agus air comh-chomunn 'fhuil-angais, air dhomh bhi air mo chur ann an coslas crutha r'a bhàs, gu'm bi mi comasach air corp an Tighearn aithneachadh, agus air bàs an Tighearn fhoillseachadh.

Tha mhiann orm, a Thighearn, dlùthachadh ri Criosd le creidimh fìor agus beò, agus tha mi ag'aontachadh a ghabhail a m' ionnsuidh mar mo Thighearn agus mo Dhia. An so tha mi 'g am thoirt féin suas da mar m'Fhàidh, mo Shagart, agus mo Rìgh, chum bhi air mo riaghladh, air mo theagasg, agus air mo thearnadh leis; 's esan m'aon-ghràidh, 's e m'fhìor-charaid e.—A Criosd a mhàin ni mi bun. Meudaich, a Thighearn, mo chreidimh, —dean do neart foirfe ann am laigse,—agus cuidich leam, fo shamhladh an arain agus an fhiona, Iosa Criosd an Tighearn a ghabhail thugam le creidimh beò. O biodh an teagasg-soisgeulach sin, gu'n do bhàsaich Criosd a theasairginn pheacach, (a ta air a leigeil ris san ordugh so,) 'na bhiadh, agus 'na dheoch do m' anam;—'na bhiadh da rìreadh agus 'na dheoch da rìreadh: bitheam air mo bheathachadh agus

air m' ùrachadh leis: biodh e dhomh 'na neart agus 'na òran,—'na thobair o'n sruth sòlas agus naomhachd do m' anam. Agus deonaich gu'n druigh bhi cumail cuimhne air bàs Chrìosd air m'anam le cumhachd, agus gu'm bi buaidh naomhachaidh aig a'm' bheatha agus a'm' chomhradh; chum agus a' bheatha tha mi nis a' caitheamh san fheoil, gu'n caithinn i tre chreidimh mhic Dhé, a ghràdh-aich mi agus a thug e féin air mo shon.

A Thighearn, socraich mo smuainte; cuidich leam teachd a t'ionnsuidh le cridhe treibhdhireach, agus deonaich gu'm fritheil mi air do sheirbhis as eugmbais ro-churam saoghalta. Tarruing a mach miann mo chridhe a'd' dhéigh: Thoir dhomh ocras agus tart na còrach chum's gu'm bi mi air mo shàsachadh. Cuidich leam teachd dlùth dhuit le cridhe fìor, agus ann an làn dearbh-bheachd a' chreidimh; agus do bhrìgh nach 'eil mi air mo chumhannachadh annadsa, O na leig dhomh bhi air mo chumhannachadh ann am innibh féin!

Tarruing mi, O Thighearn, agus ruithidh mi a'd' dhéigh. Cuir a mach do sholus agus t'fhirinn chum mo thrèorachadh agus chum mo stùireadh: doirt a nuas do spiorad orm chum araon an toil agus an gnìomh oibreachadh annam, air chor is gu'n dean mi an ni sin a ta maith. Dùisg thusa, a ghaoth á tuath! agus thig thusa, a ghaoth á deas, agus séid air mo ghàradh! Thig thusa, a spiorad bheannaichte gràis, agus soillsich m'inntinn le eòlas Chrìosd; lùb mo thoil gu toil Chrìosd,—lìon



mo chridhe le gràdh Chrìosd, agus neartaich mo rùn gu teachd beò agus gu bàs fhaotainn maille ris-san.

Oibrich annam, tha mi a' guidhe ort, ceudthùs a' ghràidh naoimh, agus seirc do na huile dhaoineibh, chum's gu'n toir mi maith-eanas do m' naimhdibh, (ni tre do ghràs tha mi a' deanamh o m' chridhe,) agus gu'm bi comh-chomunn spioradail agam ann an creidimh, an dòchas, agus an gràdh naomh, maille rìusan uile anns gach àit a ta gairm air ainm an Tighearn Iosa Chrìosd. A Thighearn, beannaich iad uile, agus gu h-àraidh an coimhthional sin maille ris am bheil mise gu teachd a dh'ionnsuidh an orduigh naoimh so. A Thighearn ghràs-mhoir, thoir maith-eanas do gach neach tha 'g iarraidh an Tighearn Dé 'aithriche le 'uile chridhe, ged nach 'eil e air a ghlanadh a reir glanaidh an ionaid naoimh. Cluinn m'urnuigh, O Thighearn, agus slàn-uich am pobull.

Coinnich mi, O Thighearn, le beannachadh, eadhon le beannachadh athar aig do bhord! Dean t'orduighean féin tlachd-mhor le do làth-air eachd, agus coimhlion annamsa uile dheadh-thoil do mhaitheis, agus obair a' chreidimh le cumhachd, air sgàth Iosa Chrìosd, mo Shlànuighir, agus m'fhir-shaoraidh bheannaichte! Dhasan, maille ris an Athair, agus an Spiorad siorruidh, gu robh moladh gu saoghal nan saoghal. Amen.

## II.

URNUIGH AN DEIGH SUIPEIR AN TIGHEARN A  
GHABHAIL.

O THIGHEARN, mo Dhia, agus m' Athair ann an Iosa Crìosd! Cha'n urrainn domh irioslachd do ghràis do m' thaobh-sa a mholadh gu leòir. Cìod e an duine gu'n àrdaicheadh tu e, agus mac an duine gu'm fiosraicheadh tu e! Cò mise? agus cìod e mo thigh, gu'n d'thug thu mi gu ruige so;—gu'n d'thug thu mi do d' thigh-cuirme, agus gu'm b'e do bhratach tharum an gràdh? Tha aobhar agam a ràdh, gu bheil là ann ad chùirt, seadh uair aig do bhord, mòran ni's fearr na mìle là—na deich mìle uair an àit air bith eile: Is maith an ni dhomh tarruing dlùth do Dhia. Beannaichte gu'n robh Dia air son sochairean a thighe, agus an aiteis sin leis am bheil e deanamh a shluaigh aoibhneach 'na thigh urnuigh.

Ach tha aobhar agam a bhi fo rughadh gruaidh, agus nàire a ghabhail dhomh féin, nach robh tuille mothachaidh agam a thaobh nan nithe chaidh a chur fa m' chomhair, agus a thairgseadh dhomh aig bord an Tighearn. O cia diomhain, amaideach, agus faoin an cridhe a ta agam: An uair a b'àill leam maith a dheanamh, an sin tha olc làthair maille rium. A Thighearn chaomh, bi trocaireach dhomh; agus maith aingidheachd mo nithe naomha,

agus na leig do m' neo-iomlaineachd mhinic ann am frithealadh dhuitse, bhi air a chur as mo leth, agus na cuireadh i bacadh orm o bhuanachd fhaotainn o'n t-sacramaint.

Bha mi nis a' foillseachadh bàis Chrìosd; deònaich, a Thighearn, le cumhachd an ni sin, gu'm bi am peacadh air a cheusadh ann-am;—an saoghal air a cheusadh dhomh, agus mise air mo cheusadh do'n t-saoghal! agus cuidich leam bhi a ghnàth a' giulan bàsachaidh an Tighearn Iosa Crìosd mu'n cuairt leam, chum gu'm bi beatha Iosa mar an ceudna air a deanamh follaiseach ann am chorp bàsmhor-se.

Bha mi nis a' faghail nan sochairean priseil a ta sruthadh o bhàs Chrìosd: deonaich, a Thighearn, nach cail mi a chaoidh na sochairean so! Ach mar a ghabh mi thugam an Tighearn Iosa Crìosd, thoir gràs dhomh chum gu'n gluais mi ann, agus gu'n tig mi beò mar aon nach leam mi féin, ach a ta air mo cheannachadh le luach, a' glòrachadh Dhé le m' chorp, agus le m' spiorad a's leis-san!

Bha mi nis agath-nuadhachadh mo chumhnant riut, agus g'am cheangal féin as ùr gu'm buin mi dhuitse, A nis, O Thighearn, thoir gràs dhomh chum mo bhòid a choimhlionadh. Cum so an comhnuidh am beachd smuainte mo chridhe, agus daingnich mo shlighean romhad. Gleidh mi, a Thighearn, le d' gbràs, chum nach pill mi a ris gu amaideachd! An deigh do'n Tighearn sìth a labhairt, na mill-eam-sa, lem' ghiulanfaoin agus neo-churamach,

na nithe a choimhlion mi air an là'n diugh ; ach air do m' chridhe bhi air a chur am farsuinneachd le sòlasaibh an Tighearn, thoir dhomh gu'n gluais mi ann an slighe t' àith-eanta, le gairdeachas agus seasmachd, agus gu'n gleidh mi an comhnuidh mo threibhdhireas.

An t-anam luachmhor so agam, a chaidh a dhealbh le d' lamhaibh féin, agus a shaoradh le fuil do Mhic, tha mi toirt thairis duit gu bhi air a naomhachadh le d' spiorad agus le ù' ghràs, agus air a chumadh ri d' thoil bheannaichte anns na h-uile nithibh. A Thighearn, cuir suas do rìgh-chaitir a'm' chridhe, sgriobh do lagh an sin, doirt a mach do ghràdh an sin, agus thoir gach smuain a ta an taobh a stigh dhìom fo cheannsal dhuitse, fo riaghladh cumhachdach do lagha, agus fo umhlachd thoileach do d' ghràdh ! Gleidh tre t'ainm féin, an ni sin a dh'earb mi riut ; gleidh e fa chomhair an là san gairmear air a shon ! Bitheam air mo ghleidheadh gu neo-choireach gu ruig teachd do ghlòire, chum's gu'm bi mi air mo chur gu neo-lochdach a'd' lathair le mòr-aoibhneas !

Tha mi fàgail mo ghnothuichean saoghalta gu riaghladh do fhreasdail caoimhneil agus neo-mhearachdach : A Thighearn, teasaig m' anam ; agus an sin, a thaobh nithe eile, dean rium an ni a's àill leat,—a mhàin thoir air gach ni tha teachd a'm' chrannchur oibreachadh chum mo bhuannachd spioradail agus shiorruidh. Biodh gach ni glan dhomhsa, agus thoir orm gu'm blais mi gràdh do

chumhnaint ann an sochairibh coitchionn; agus le do ghràs, bitheam air mo theagasg chum gu'm b' aithne dhomh uireabhuidh fhulang, agus pailteas a shealbhachadh,—soirbheas a mhealtuinn, agus àmhghar a ghiulan, mar a's cubhaidh do Chrìosduidh: agus aig gach uile àm biodh do ghràs uile-fhoghainteach air mo shon, agus oibrich annam araon an toil agus an gnìomh a réir do dheadh-ghean féin.

Agus a chum gu'n lean mi mo dhleasdhas, agus gu'm bi mi iomlan ann, biodh mo chridhe air a chur am farsuinneachd le gràdh do Iosa Crìosd, agus fo mhothachadh ceart air son àirde agus doimhneachd, fad agus leud a' ghràidh sin a nochd e dhomhsa, tha dol thar uile thuigse agus do-labhairt.

Agus mar dhearbhadh air a' ghràdh sin, biodh mo bheul air a lionadh le a mholadh: Is airidh an t-Uan a chaidh mharbhadh air beannachd, air urram, air glòir, agus air cumhachd fhaotainn; oir chaidh a mharbhadh agus shaor e fuigheall sonraichte do Dhia le 'fhuil, agus rinn e rìghrean agus sagairt dhinn. Beannaich an Tighearn, O m'anam! agus moladh gach nì tha an taobh stigh dhìom, 'ainm naomh-san, a mhaitheas dhomh mo pheacanna gu léir, agus a shlànuicheas m'uile euslaintè; a shaoras mo bheatha o sgrìos, agus a chrùnas mi le caoimhneas-gràidh, agus le caomh-thròcairibh; a thoisich deadh-obair annam, agus a choimhionas i gu là Chrìosd. Am fad a's beò mi, beannaichidh mi an Tighearn; Molaidh mi mo Dhia am feadh a ta bith agam; agus an

uair nach bi bith agam air thalamh, tha dò-chas agam ri bith air nèamh, far an coimhlion mi an ni so air doigh ni's fearr. O bitheam air mo chumail suas leis na gairdeinibh siorruidh, agus air mo ghiulan o neart gu neart, gus an nochdar mi an làthair Dhé ann an Sion ; air sgàth Iosa Criosd, a bhàsaich air mo shon, agus a dh'éirich a rìs, anns am miann leam bhi air m'fhaotainn beò no marbh. Nis do Dhia an t-Athair, am Mac, agus an Spiorad naomh, biodh an rioghachd, an cumhachd, agus a' ghlòir, nis agus gu siorruidh. *Amen.*

A' CHRIOCH.









	s.	d.
Hall's (Newman) Come to Jesus, ... ..	0	6
Haughton's "A Saviour for You," ... ..	0	2
History of Prince Charles, and Jacobite Songs, ...	3	0
James, Anxious Inquirer, ... ..	1	0
Job to Ecclesiastes, 12mo, <i>bound</i> , ... ..	0	6
Joseph, Life of, by Macfarlane, 18mo, <i>cloth</i> , ...	1	6
Laoidhean Eadar-Theangaichte o'n Bheurla, <i>cloth</i> ,	0	6
Lessons on the Shorter Catechism and the Holy Scriptures, by Forbes, 18mo, ... ..	0	4
Livingston's Gaelic Poems, <i>cloth</i> , ... ..	2	6
M'Callum's History of the Church of Christ, 8vo,	4	0
Maccallum's Sop as Gach Seid, 18mo, <i>sewed</i> , ...	0	3
Macdonald's (Rev. Dr) Waters of Jordan, 18mo,	0	2
M'Innes, (Rev. D.) Conversations in Gaelic and English, with preface by Professor Blackie,	1	0
Mackenzie's (A.) History of Scotland, Eachdraidh na H-Alba, 12mo, <i>cloth</i> , ... ..	3	6
Mackenzie's, (J.) Beauties of Gaelic Poetry, <i>large paper edition</i> , royal 8vo, ... ..	21	0
Mackellar's Tourist's Hand-Book of Gaelic and English Phrases, with Pronunciation, ...	0	6
Macleod, Rev. Dr, Sermon on the Life of the late, by Rev. John Darroch, 8vo, <i>sewed</i> , ... ..	0	6
Macleod, Rev. Norman, Caraid nan Gaidheal, 8vo, <i>half-bound calf</i> , ... ..	18	0
MacLean and Macgregor's Gaelic Hymns, 18mo,	2	0
Macneill's Neniae, and other Poems, <i>cloth</i> , ...	2	0
Menzies' Collection of Gaelic Songs, ... ..	3	6
Muir's Sermon "Cumail Gu Daingean samhladh Bhriather Fallain," translation by the Rev A. Macintyre, ... ..	0	2
Nicolson's (Sheriff) Collection of Gaelic Proverbs, with English Translation, cr. 8vo, <i>2nd edition</i> ,	6	0
The same, large paper, 4to, ... ..	21	0
Ossian's Poems, revised by Dr M'Lauchlan, <i>cloth</i> ,	3	0
Philipps' Seven Common Faults, translated by Rev. H. Maccoll, 12mo, ... ..	1	0
Proverbs of Solomon, 8vo, <i>sewed</i> , ... ..	0	2
Psalm Book, Smith's or Ross's, large type, 18mo,	2	0
Psalm Book, Gaelic and English, on one page, ...	1	6
Queen (H. M.) Our Journal in the Highlands, Illustrated, translated into Gaelic by Rev. I. P. St Clair, ... ..	5	0
Sankey's Hymns for Times of Blessing, translated by Rev. A. MacRae, ... ..	0	1

	<i>s.</i>	<i>d.</i>
Sinner's (The) Friend, 12mo, <i>sewed</i> ... ..	0	3
Smith's (Rev. Dr J.) Sean Dana, with English Translation and Notes, by C. S. Jerram, ...	2	6
... Gaelic Prayers for Families, 12mo, <i>sewed</i> ,	1	0
... The same, <i>cloth boards</i> , ... ..	1	6
Thomson's (Dr) Sacramental Catechism, <i>sewed</i> ,	0	2

ENGLISH WORKS RELATING TO THE  
HIGHLANDS.

Antient Erse Poems Collected among the Scottish Highlands, in order to Illustrate the OSSIAN of Mr Macpherson, 8vo, <i>sewed</i> , ... ..	1	0
Blackie's (Prof.) Language and Literature of the Scottish Highlands, 8vo, <i>cloth</i> , ... ..	6	0
Brown's History of the Scottish Highlands, Highland Clans, and Regiments, with Por- traits and Tartans, by Keltie, 2 vols., 56s. for	40	0
Cameron's Gaelic Names of Plants, ... ..	7	6
Logan's The Scottish Gael, or Celtic Manners of the Highlanders, 2 vols., <i>plates</i> , 28s. for	15	0
Macgregor's Life of Flora Macdonald and her adventures with Prince Charles, <i>cloth</i> , ... ..	3	6
M'Intyre (Rev. D.) on the Antiquity of the Gaelic Language, 8vo, <i>sewed</i> , ... ..	1	6
Mackenzie's Tales and Legends of the Highlands,	2	6
... History of the Mackenzies, ... ..	25	0
... History of the Macdonalds, 8vo, <i>cloth</i> , ... ..	25	0
... History of the Mathesons, 8vo, <i>cloth</i> , ... ..	10	6
... Prophecies of the Brahan Seer, .. ..	2	6
... History of the Highland Clearances ... ..	7	6
... The Isle of Sky in 1882-3, ... ..	3	6
Maclagan's Scottish Myths, Notes on Scottish History and Tradition, 8vo, <i>cloth</i> , ... ..	7	6
M'Lauchlan's (Rev. Dr) Celtic Gleanings; or, Notices of the History and Literature of the Scottish Gael, fcap. 8vo, <i>cloth</i> , ... ..	2	6
M'Naughton (Peter) on the Authenticity of the Poems of Ossian, 8vo, <i>sewed</i> , ... ..	0	6
Masson's Vestigia Celtica: Celtic Footprints in Philology, Ethics, and Religion, cr. 8vo, <i>sewed</i> ,	2	0

BIBLES, TESTAMENTS, AND PSALM BOOKS,  
AT VARIOUS PRICES AND BINDINGS.

